

Am Prionnsa Teàrlach agus Ban-diùc na Còirne  
Sgrùdadh Bliadhnail 2010

## SGRÙDADH BLIADHNAIL 2010

Tha an Sgrùdadh Bhladhna seo ag amas air cunntas a thoirt seachad air obair oifigeil agus carthannach Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirne, a bharrachd air fiosrachadh a thaobh an teachd-a-steach agus caiteachais oifigeil thairis air a' bhliadhna gu 31mh Màrt 2010.

Tha an Sgrùdadh seo a' toirt iomradh air dreuchd agus obair Prionnsa na Cuimrigh, agus trì prìomh eileamaidean na lùib: a' gabhail os làimh dhleastanasan rìoghail mar chùl-taic don Bhanrigh, ag obair na neach-tionnsgain carthannach agus a' brosnachadh agus a' dìon nòsan, bheusan agus sàr-mhathas gu nàiseanta.

### **[www.princeofwales.gov.uk](http://www.princeofwales.gov.uk)**

An làrach-lìn oifigeil aig Prionnsa na Cuimrigh, Ban-diùc na Còirne, a' Phrionnsa Uilleam agus a' Phrionnsa Eanraig. Gheibhear naidheachdan ùra, òraidean, altan naidheachd, bhideothan àraidh, clàr-ama làitheil agus raon farsaing de dh'fhiosrachadh beatha eachdraidh.

## CLÀR-INNSE

### DUILLEAG 16 A' CUMAIL TAIC RIS A' BHANRIGH

#### 02 | 09 RO-RÀDH

- 02 | 03 Geàrr-chunntas
- 04 | 05 Co-gheallaidhean agus obair
- 06 | 07 Uallach na h-àrainneachd
- 08 | 09 Diùcachd na Còirne

#### 10 | 15 FEARTAN SÒNRAICHTE

- 10 | 11 Phrionnsa na Cuimrigh ann an Afganastan
- 12 | 13 Pròiseact Coilltean-uisge a' Phrionnsa
- 14 | 15 Ban-Diùc na Còirne a' cur taic ri fulangaichean ionnsaigh feise

### DUILLEAG 22 NEACH-TIONNSGAIN CARTHANNACH

#### 16 | 21 A' CUMAIL TAIC RIS A' BHANRIGH

- 18 | 19 An Rìoghachd Aonaichte agus thall thairis
- 20 | 21 Na Feachdan Armaichte

#### 22 | 33 NEACH-TIONNSGAIN CARTHANNACH

- 24 | 25 £110 millean do charthannas
- 26 | 27 Cothrom agus iomairt
- 28 | 29 Gnothachas cunntachail
- 30 | 31 An àrainneachd thogte
- 32 Foghlam
- 33 Slàinte

### DUILLEAG 34 A' BROSACHADH AGUS A' DÌON

#### 34 | 37 A' BROSACHADH AGUS A' DÌON

- 36 | 37 A' togail chùisean

#### 38 | 53 TEACHD-A-STEACH, CAITEACHAS LUCHD-OBRACH AGUS SEASMHACHD

- 40 Cunntas teachd-a-steach agus caiteachais
- 40 | 41 Teachd-a-steach agus maoineachadh
- 42 | 43 Caiteachas
- 44 | 48 Luchd-obrach
- 49 Tursan bliadhna
- 49 Cosgaisean oifigeil air an sgrùdadh a rèir seòrsa caiteachais
- 54 | 57 Cunntas seasmhachd

#### 58 | 60 EÀRR-RÀDH

- 58 | 59 Cùraman nan Ceannardan Stiùiridh
- 60 Carthannais a' Phrionnsa

# Geàrr-chunntas

Tha an Sgrùdadh Bliadhna seo a' ruith air a' bhliadhna suas gu 31 Am Màrt 2010. A thuilleadh air an ro-ràdh seo agus taghadh de thachartasan tron bhliadhna, tha còig prìomh earrannan ann; aon air feartan sònraichte a' soilleireachadh obair Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirne; trì a tha a' mineachadh gach prìomh eileamaid de dhreuchd a Mhòrachd Rìoghail; agus an còigeamh a' toirt mion-chunntas air mar a thathar a' maoinachadh gnìomhachd agus oifis Prionnsa na Cuimrigh, is e a' toirt dealbh air a' bhuidheachd a th' aca air an àrainneachd.

Ged nach eil dleastanas bun-reachdail stèidhichte aig Oighre na Rìgh-chathrach, bidh am Prionnsa, le taic bho a mhnaoi Ban-diùc na Còirne, a' dèanamh uile oidhirp air leas na Rìoghachd Aonaichte agus an t-saoghail. Gheibhear cunntas simplidh air na h-oidhirpean seo anns na trì earrannan a leanas.

## A' gabhail dhleastanasan os làimh mar chùl-taic don Bhanrigh

Tha seo a' ciallachadh gum bi am Prionnsa a' cumail taic ris a' Bhanrigh na dreuchd mar chulaidh-bhuillsgein a thaobh uail nàiseanta, aonachd agus dilseachd agus a' tarraing dhaoine còmhla thar gach raon den chomann shòisealta, a' riochdachadh seasmhachd agus leantainneachd, a' sònrachadh euchd ghnìomha agus a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha seirbheis agus an raon saor-thoileach le brosnachadh agus le eisimpleir.

## Ag obair mar neach-tionnsgain carthannach

Airson iomadh bliadhna tha Am Prionnsa air a bhith ag obair gus feumalachdan carthannais a dhearbhaithneachadh agus gus carthannais a stèidheachadh agus a stiùireadh air adhart mu choinneamh sin. An-diugh, tha The Prince's Charities, mar a tha na prìomh 20 buidheann air an ainmeachadh, a' dèanamh suas an iomairt carthannais ioma-adhbharach as motha san Rìoghachd Aonaichte. Gach bliadhna, bidh Am Prionnsa Rìoghail a' cuideachadh le togail, gu dìreach no neo-dhireach, barrachd na £100 millean gus taic a chur ri gnìomhachdan nan carthannas. A thuilleadh air an sin, tha Am Prionnsa air sia iomairtean sòisealta a chruthachadh, leis a' phrothaid ga thoirt do charthannas.

## A' brosnachadh agus a' dìon nòsan, bheusan agus sàr-mhathas gu nàiseanta

Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cumail taic ri coimhearsnachdan dùthchail Bhreatainn, a' brosnachadh fulangas agus tuigse nas motha eadar chreideamhan agus choimhearsnachdan, agus a' toirt euchdan am follais no cùisean nach faigheadh, às aonais a chuid taic, ach glè bheag de dh'aithneachadh. Air sgàth sin, bidh Am Prionnsa glè thrìc ag obair mar neach-saoraidh airson deasbad agus atharrachadh a dhèanamh nas fhasa tro cheanglaichean le Ministearan Riaghaltas agus daoine eile le cumhachd, agus le bhith a' toirt seachad òraidean agus a' sgrìobhadh artaigilean. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha e an-còmhnaidh faiceallach deasbad phoilitigeach a sheachnadh. Bidh e a' conaltradh le Ministearan mar bhall den Chomhairle Dhìomhair agus a' toirt iomradh air cùisean a tha air an togail le daoine nuair a bhios e a' dol mun cuairt na dùthcha.

Ann a bhith a' coileanadh a dhleastanas mar Oighre na Rìgh-chathrach, tha Prionnsa na Cuimrigh a' faighinn taic sa h-uile nì bho a mhnaoi, Ban-diùc na Còirne. An àite a bhith a' lorg iomhaigh làidir poblach dhi fhèin, is e dleastanas na Ban-diùc a bhith sa chiad àite a' cumail taic ri a cèile, a' dol còmhla ris gu mòran de choinneamhan poblach air feadh na dùthcha agus a-null thairis. Bidh a' Bhan-diùc cuideachd a' frithealadh thachartasan na h-aonar, agus a' dèanamh obair carthannais is eile.

TEACHD-A-STEACH AGUS CAITEACHAS

A' bhliadhna gu 31mh Màrt	2010 £000an	2009 £000an
Teachd-a-steachd bho Dhiùcachd na Còirne	17,161	16,458
Maoineachadh bho Tabhartasan-mar-chuideachadh agus Roinnean Riaghaltais	1,664	3,033
<b>Teachd-a-steach iomlan agus maoineachadh</b>	<b>18,825</b>	<b>19,491</b>
Caiteachas oifigeil	10,723	12,513
<b>Còrr às dèidh chosgaisean oifigeil</b>	<b>8,102</b>	<b>6,978</b>
Cìsean	3,484	3,093
Caiteachas neo-oifigeil	1,694	1,710
Caiteachas calpa (le isleachadh), Pàigheadh air ais iasad agus gluasadan gu tasgaidhean	2,695	2,018
<b>Còrr airgid lom</b>	<b>229</b>	<b>157</b>

CUNNTAS SEASMHACHD

A' bhliadhna gu 31mh Màrt	2010 tonnaichean	2009 tonnaichean
<b>Sgaoilidhean co-ionann CO<sub>2</sub></b>		
Muintireachd Rìoghail	2,718	2,601
An Tac	2,044	2,377

Bidh am Prionnsa Uilleam agus am Prionnsa Eanraig, le Muintireachd an Teaghlaich stèidhichte aig Lùchairt an Naoimh Seumas, a' coileanadh co-gheallaidhean poblach agus a' toirt taic do charthannais agus buidhnean eile, ged is ann mar oifigearan armailteach a' phrìomh dhòigh anns am bi iad a' frithealadh na dùthcha. Tha an dithis an-dràsta a' trèanadh gu bhith nam paidhleatan heileacoptair; Am Prionnsa Uilleam ann am Feachd Lorg is Teasairginn an RAF agus am Prionnsa Eanraig ann am Buidheann-adhair an Airm.

Geàrr-chunntas

Tha an dòigh sa bheil Prionnsa na Cuimrigh a' cuairteachadh a dhleasdanasan poblach gu mòr air an aon ràmh bho bhliadhna gu bliadhna, agus ann an 2009-10 b' iad na prìomh chuspairean aon uair eile dion na h-àrainneachd, taic am Mòrachdan Rìoghail do na Feachdan Armaichte agus an obair do Riaghaltas Bhreatainn air turais a-null thairis.

Tha am Prionnsa a' tarraing aire dhaoine gu duilgheadasan atharrachadh gnàth-shìde bho chionn iomadh bliadhna. Ann an 2009-10, rinneadh adhartas mòr air sgàth oidhirpean a Phròiseact Coilltean-uisge co-aonta fhaighinn air gnìomhan an aghaidh dì-choillteachadh tropaigeach. An dèidh Co-labhairt Atharrachadh Gnàth-shìde nan Dùthchannan Aonaichte ann an Copenhagen san Dùbhlachd 2009, thug dùthchannan leasaichte barantas gun rachadh \$4.5 billean a liubhairt a chum astar sgrios nan coilltean-uisge a lùghdachadh.

Le Feachdan Bhreatainn a' gnìomhachadh air feadh an t-saoghail, tha àite cudromach aig an Teaghlach Rìoghail ann a bhith a' soilleireachadh an obair agus an iobairt agus ann a bhith a' brosnachadh nan saighdearan agus an teaghlaichean. Mar bu dual dhaibh, ghabh am Prionnsa agus a' Bhan-diùc os làimh an raon farsaing de cho-gheallaidhean nam Feachdan Armaichte rè na bliadhna, agus b' e turas A Mhòrachd Rìoghail gu Afganastan sa Mhàrt 2010 aon de na puingeann bu chudromaiche dhiubh sin.

Rè na bliadhna, ghabh Am Mòrachdan Rìoghail turais oifigeil a-null thairis don Eadailt 's don Ghearmailt, Chanada agus gu trì dùthchannan ann am Meadhan na Roinn-Eòrpa, a thuilleadh air grunnan thurais obrach nas giorra a-null thairis.

### Teachd-a-steach agus maoinachadh

(Gu h-iomlan £18.825m)

£17.161m Teachd a-steach bho  
Dhùicachd na Còirne  
£1.664m Maoinachadh bho  
Thabhartasan mar chuideachadh agus  
Roinnean Riaghaltais

### Caiteachas agus cìsean

(Gu h-iomlan £18.596m)

£10.723m Caiteachas oifigeil  
£3.484m Cìsean  
£1.694m Caiteachas neo-oifigeil  
£2.695m Caiteachas calpa  
(le isleachadh), ath-phàigheadh  
iasadan agus tar-aiseagan don chùl-stòr

Airson seann dàta ionmhasail  
theirigibh gu:

[www.princeofwales.gov.uk/  
mediacentre/annualreview](http://www.princeofwales.gov.uk/mediacentre/annualreview)

03 | SGRÙDADH BLIADHNAIL AMR 2010

### Income and funding

(Total £18.825m)

£17.161m Income from  
Duchy of Cornwall  
£1.664m Funding from  
Grants-In-Aid and  
Government Departments

### Expenditure and tax

(Total £18.596m)

£10.723m Official expenditure  
£3.484m Taxation  
£1.694m Non-official  
expenditure  
£2.695m Capital expenditure  
(less depreciation), loan  
repayments and transfers  
to reserves

For historical financial  
data please visit:

[www.princeofwales.gov.uk/  
mediacentre/annualreview](http://www.princeofwales.gov.uk/mediacentre/annualreview)

03 | TRH ANNUAL REVIEW 2010

## co-gheallaidhean agus obair

Ann an 2008-09, ghabh Prionnsa na Cuimrigh os làimh 658 coinneamh oifigeil gu h-iomlan, le 83 dhiubh thall thairis agus ghabh Ban-diùc na Còirne os làimh 225 coinneamh le 56 dhiubh thall thairis. Tha na coinneamhan agus na gnìomhachdan a leanas a' sealltainn an raon obrach a tha aig am Mòrachd Rìoghail rè na bliadhna.

Prionnsa na Cuimrigh a' toirt òraid aig tachartas "Zeitgeist" Google.

Sa Chèitean 2009, fhuair A Mhòrachd Rìoghail fiathachadh air a' phrìomh òraid a thoir do riochdairean bho ghniomhachas nam meadhanan ùra aig "Zeitgeist", cruinneachadh bliadhnail Eòrpach Google ann an Siorrachd Hertford. Na òraid thuir e gum faodadh cumhachd an eadar-lìon – "an t-inneal as buadhaiche ann an eachdraidh" – cuideachadh leis an t-saoghal cathachadh ri atharrachadh gnàth-shìde.

Ban-diùc na Còirne a' fosgladh goireas ùr de Ionadan Cùram Aillse Magaidh ann an Alba

San Ògmhios 2009, dh'fhosgail A Mòrachd Rìoghail gu h-oifigeil, mar Cheann-suidhe Ionadan Cùram Aillse Magaidh, gàrradh leigheasach aig Ionad Mhagaidh ann an Dùn Dèagh. Tha an carthannas a' sireadh ri àiteachan le àrainneachd fhàilteach a thoir do dh'fhulangaichean aillse agus an teaghlaichean. 'S e ionad Dhùn Dèagh a' chiad fhear aig a bheil gàrradh a chaidh a dhealbhadh le feartan slànachaidh agus ath-ùrachaidh leithid snaigheadh leis an neach-ealain Antony Gormley agus àite airson Tai Chi agus clasaichean eile.

A' tadhal air coimhearsnachdan ann am Meadhan na Cuimrigh rè Seachdain Samhraidh bhliadhnail anns a' Chuimrigh

San Ògmhios 2009, chuir Am Mòrachd Rìoghail seachad grunn làithean a' dol mun cuairt bailtean agus bailtean mòra ann am Meadhan na Cuimrigh, nam measg Llandovery, far an do choinnich iad ri luchd-obrach agus luchd-saor-toileach PRIME-Cymru, meur Chuimreach de charthannas a stèidhich Am Prionnsa gus cuideachadh le daoine os cionn 50 an gnothachasan fhèin a chur air chois, tilleadh gu obair làn-ùine agus obair saor-thoileach a lorg.

An làthair aig fosgladh a' charragh-cuimhne airson fulangaichean bomadh Lunnainn

San Luchair 2009, bha Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirne an làthair aig foillseachadh a' charragh-cuimhne ann am Pàirce Hyde don 52 neach a chaidh a mharbhadh le bomaichean ceannaircich ann am meadhan Lunnainn air 7mh den Luchar 2005. A' bruidhinn aig an tachartas, thug A Mhòrachd Rìoghail iomradh air teaghlaichean nam fulangach, na daoine a thàinig às beò agus seirbheisean èiginn Lunnainn a bha ag obair air an latha sin mar "samhla drùidhteach air giùlan treun an aghaidh cùis-uabhais mì-dhaonna, maslach."

A' toirt seachad 33mh òraid Ridseird Dimbleby don BhBC

San Luchair 2009, chaidh fiathachadh a thoir do Phrionnsa na Cuimrigh an òraid bhliadhnail a libhrigeadh mar chuimhneachan air a' chraoladair chliùteach Ridseard Dimbleby. Air a chraoladh air BBC1, thug A Mhòrachd Rìoghail rabhadh mu na cunnartan mura cuireadh aghaidh ri atharrachadh gnàth-shìde, is e ag ràdh "Ma theirigeas an Talamh, teirigidh an cinne-daonna."

Am Prionnsa Eanraig an làthair aig Duaisean WellChild ann an Lunnainn

San t-Sultain 2009, thug am Prionnsa Eanraig seachad duaisean do chuid den chlann iongantach ghaisgeil a bha air an cuideachadh le WellChild, carthannas stèidhichte san RA a tha a' toirt cùram meidigeach speisealta agus taic dhachaigh do chlann seac-thinneach agus an teaghlaichean. Tha am Prionnsa air a bhith na chùl-taice de WellChild bho 2007.

#### A' toirt urram do luchd an airm a chaill am beatha rè Gnìomh Telic

San Dàmhair 2009, thàinig Am Mòrachdan Rìoghail agus am Prionnsa Uilleam còmhla ris A' Bhanrigh agus buill eile den Teaghlach Rìoghail aig seirbheis cuimhneachaidh Iorac ann an Cathair-eaglais an Naoimh Pòl ann an Lunnainn. Chaidh an t-seirbheis a chumail airson urram a thoirt don 179 neach-airm Breatannach a chaill am beatha sa chòmhrag, ris an canar Gnìomh Telic, eadar 2003 agus 2009.

#### Prionnsa na Cuimrigh a' bruidhinn aig Co-labhairt nan Dùthchannan Aonaichte air Atharrachadh Gnàth-shìde ann an Copenhagen

San Dùbhlachd 2009, dh'innis A Mhòrachd Rìoghail do riochdairean aig co-labhairt Copenhagen "ceart mar a bha a' chumhachd aig a' Chinne-daonna an saoghal a shladadh gu bìle na creige, tha a' chumhachd cheudna againn a thoirt air ais ann an co-chòrdadh nàdarra." Chaidh fiathachadh a thoirt don Phrionnsa bruidhinn aig an Àrd-choinneamh airson aithne a thoirt do obair thar iomadh deichead gus mothachadh àrainneachail àrdachadh agus cathachadh ri atharrachadh gnàth-shìde.

#### Ban-diùc na Còirne a' toirt buinn chòmhraig do 4mh Cath-bhuidheann Na Raidhfìlean

San Dùbhlachd 2009, thuir A Mòrachd Rìoghail gun robh an dùthaich "fo fhiachaibh thar tomhais" do na saighdearan a bha a' sabaid ann an Afganastan nuair a bha i a' toirt buinn chòmhraig don chuideachd à 4mh Cath-bhuidheann Na Raidhfìlean aig Campa Bulford ann an Wiltshire air beulaibh nan ceudan de an caraidean agus an teaghlach. Tha a' Bhan-diùc na Còirnealair Rìoghail air a' chath-bhuidheann bho chaidh a chur air bhonn ann an 2007.

#### Am Prionnsa Uilleam a' fosgladh togalach ùr an Àrd-Chùirt ann an Wellington, Sealainn Nuadh

San Fhaoilleach 2010, ghabh am Prionnsa Uilleam os làimh a chiad thuras oifigeil às leth na Banrigh, a' siubhal gu Astràilia agus Sealainn Nuadh. Fhad's a bha e ann an Sealainn Nuadh, dh'fhosgail e togalach ùr Àrd-Chùirt na dùthcha ann am prìomh-bhaile Wellington, a' gairm an tachartais mar "chlach-mhìle ann an turas bun-reachdail shònraichte Shealainn Nuadh."

#### A' toirt taing do mhuinntir Wootton Bassett ann an Wiltshire

San Fhaoilleach 2010, thadhail Am Mòrachdan Rìoghail air baile Wootton Bassett ann an Wiltshire gus taing a thoirt do mhuinntir a' bhaile airson an taic "neo-chrìon" do na Feachdan Armaichte. Gach turas a bhios cuirp luchd-seirbheis an airm a chaidh a mharbhadh sa bhlàr air an tilleadh air turais-adhair gu RAF Lyneham a tha faisg air làimh, bidh àireamhan mòra de mhuinntir a' bhaile a' tighinn a sheasamh nan sreath ri taobh nan sràidean mar chomharra sìtheil air a' mheas agus miadh a th' aca orra.

#### Ban-diùc na Còirne a' cuideachadh Age Concern Wiltshire le subhachas co-là-breith 60 bliadhna

San Fhaoilleach 2010, b' i Ban-diùc na Còirne an t-aoigh urramach aig cuirm a' comharrachadh 60 bliadhna de Age Concern Wiltshire agus gus taing a thoirt don iomadh neach-obrach agus luchd-saor-thoileach aig a' charthannas airson an obair shònraichte a' cuideachadh le seann daoine.

#### A' tadhal air saighdearan Bhreatainn agus a' Cho-fhlaitheis ann an Afganastan

Sa Mhàrt 2010, rinn Prionnsa na Cuimrigh turas dà latha gu Afganastan, far an do chuir e seachad ùine sa phrìomh-bhaile, Kabul, a' coinneachadh ri ceannardan airm, poileataigs agus creideimh, agus ann an Roinn Helmand a' toirt taing do shaighdearan Bhreatainn agus a' Cho-fhlaitheis agus sgiobachd shìobhalta a tha ag obair airson seasmhachd agus sìth ath-aisig don dùthaich.

646

co-gheallaidhean oifigeil

123

co-gheallaidhean thall thairis

## uallach na h-àrainneachd

Tha Prionnsa na Cuimrigh ag iomairt às leth na h-àrainneachd bho chionn còrr is 30 bliadhna, ag obair ann an com-pàirteachas le gnìomhachas, riaghaltasan agus buidhnean nàiseanta is eadar-nàiseanta eile gus cur ri dìon na h-àrainneachd agus cathachadh ri atharrachadh gnàth-shìde.

Tha Muinntireachd am Mòrachdan Rìoghail a' strì gus an ìre de sgaoilidhean gualain a lùghdachadh, a' mhòr-chuid den seo a' tighinn bho shiubhal, bho theas agus solais agus bhon Tac aig Highgrove.

Thathar a' coileanadh seo sa mhòr-chuid le bhith a' lùghdachadh na thathar a' caitheamh de chonnadh agus le bhith a' dèanamh barrachd feum de lùth ath-nuadhachail. Lean A' Mhuinntireachd Rìoghail oirre ag àrdachadh na bhathar a' cleachdadh de lùth ath-nuadhachail tron bhliadhna; tha mu 22 sa cheud de iarrtasan lùth iomlan aig a' Mhuinntireachd Rìoghail (airson teas, solais agus siubhal) a-nis a' tighinn bho stòran ath-nuadhachail.

Chaidh sgaoilidhean gualain a lùghdachadh an-ùiridh le 4 sa cheud. Bha seo air sgàth isleachadh mòr ann an sgaoilidhean an Tac agus na Muinntireachd Rìoghail, nì a bha na leasachadh air an àrdachadh a bh' ann mar bhuil air turais oifigeil a-null thairis.

Aig an Tac, tha sgaoilidhean air tuiteam air sgàth atharrachaidhean ann am meud an treud bhainne. Anns a' Mhuinntireachd Rìoghail tha grunnan cheumannan air cuideachadh gus cleachdadh connadh fosail agus sgaoilidhean gasaichean taigh-glainne a lùghdachadh. Nam measg sin tha goileadairean sliseagan fiodha aig Highgrove, Birkhall agus Llwynywermod agus pumpaichean teas aig Highgrove a tha a' tarraing teas bhon talamh agus an èadhar.

Chaidh lùghdachadh ann an cleachdadh dealain a dhèanamh anns na h-oifisean le bhith a' cur choimpiutairean ùra an àite feadhainn na bu shine agus uidheam eile le feadhainn na bu lùth-èifeachdach agus a bhith a' cleachdadh uidheam lùth-sgrùdaidh gus sàbhalaichean a chomharrachadh. Tha planaichean an sàs airson cleachdadh phumpaichean teas agus seòrsachan eile de lùth ath-nuadhachail a mheudachadh.

A thuilleadh air an sin, thathar a' cur bith-diosail à ola còcaireachd caithte gu feum anns an Trèana Rìoghail agus ann an càraichean A' Phrionnsa.

Ged a bhios a' Mhuinntireachd Rìoghail a' leantainn oirre le iomairtean gus sgaoilidhean a' lùghdachadh far a bheil smachd dhìreach aice, 's iad tursan a-null thairis air iarrtas an Rìoghaltas as motha a tha a' tàrmachadh sgaoileadh ghasaichean taigh-glainne .

Am measg nan turais eadar-nàiseanta sin - shiubhail Am Mòrachdan Rìoghail còmhla no fa-leth don Eadailt, don Ghearmailt, a Chanada, don Fhraing, don Danmhairc, don Phòlainn, don Ungair, do Phoblachd na Seice, Cuatàr agus Saudi Arabia ann an 2009-10 – a' riochdachadh 54 sa cheud de sgaoileadh ghasaichean taigh-glainne aig a' Mhuinntireachd Rìoghail an-ùiridh.

Thathar a' measadh agus a' sgrùdadh na sgaoilidhean aig an Tac le dùil lùghdachadh fad-ùine a choileanadh. Air a ruith mar thuathanas fàs-bheairteach bho 1985, tha an Tac ag amas air dòighean tuathanachais seasmhach a chur air adhart, agus ann an 2009-10 chaidh lùghdachadh a dhèanamh air na sgaoilidhean taigh-glainne co-cheangailte ris an tuathanas bho 2,377 tunna gu 2,044 tunna. Tha seo a' riochdachadh mu 1.6 tunna gach acair ach dh'fhaodadh gur e thar-thuairmse a tha seo oir cha tugadh fa-near an gualan a th' air a shùghadh a-steach don talamh.

A thuilleadh air a bhith a' riaghladh lorgan gualain a Mhuinntireachd agus an Taca, tha Prionnsa na Cuimrigh air cumail air a' cur aghaidh ri dùbhlán atharrachadh gnàth-shìde le obair a dhìofar iomairtean àrainneachd agus phròiseactan, gu tric ann an com-pàirteachas le riaghaltasan, leis an roinn prìobhaidich agus le buidhnean neo-riaghaltasach (NGOan). Am measg nan iomairtean sin tha Pròiseact Choilltean-uisge A' Phrionnsa, iomairtean stèidhichte air roinn a' bhuidheann "ClimateWise" de phrìomh chompanaidhean àrachais, am buidheann "P8" de na prìomh mhaoinèan peinnein agus Cairdeachas Na Roinn Ighail, Lionra May Day A' Phrionnsa de chòrr is 2,300 gnìomhachas na RA agus Pròiseact Cunntasachd airson Seasmhachd A' Phrionnsa.

B' e prìomh bhuil Co-labhairt Gnàth-shìde nan Dùthchannan Aonaichte ann an Copenhagen san Dùbhlachd 2009, far an do bhruidhinn A Mhòrachd Rìoghail, gun deach ainmeachadh gun deigheadh \$3.5 billean (air àrdachadh gu \$4.5 billean às a dhèidh) a ghealltainn le na dùthchannan leasaichte airson taic a chumail ri dùthchannan nan coilltean-uisge gus aghaidh a chur ri di-coillteachadh. Bha seo gu mòr air sgàth leasachadh mhòlaidhean agus cur-air-chois chòmhruidhean eadar-nàiseanta le Pròiseact Choilltean-uisge A' Phrionnsa. Chùm Am Prionnsa co-labhairt trì-latha aig Lùchairt an naoimh Seumas aig an robh 60 neach-saidheans agus 20 Laureate Nobel an làthair, 's aig deireadh gnothaich chuireadh meòrachan a-mach ag iarraidh gnìomhachd air atharrachadh gnàth-shìde. Tha A Mhòrachd Rìoghail gu riaghailteach a' coinneachadh ri luchd-saidheans aimsire gus tuilleadh ionnsachadh mu an rannsachadh agus an-uiridh thadhail am Prionnsa air Prìomh-oifis Oifis na Sìde ann an Exeter agus Sgoil Saidheansan na h-Àrainneachd aig Oilthigh Anglia an Ear ann an Norwich.

Chumadh Àrd-choinneamh May Day A' Phrionnsa, an cruinneachadh bliadhna as motha san RA de ghnìomhachasan a tha an geall air cathachadh ri atharrachadh gnàth-shìde, air 29mh den Chèitean 2009 ann an 10 àiteachan air feadh na RA. Bhruidhinn A Mhòrachd Rìoghail aig an tachartas ann an Lunnainn, ag innse do riochdairean gum biodh cùram mòr air na ginealaichean ri teachd mu chor a' phlanaid a fhuair iad mar dhìleab agus co-dhiubh an cumadh e seasmhachd riutha. "Saoilidh mi nach e a-mhàin gur e am prìomhachas as èiginnich againn an dìleab sin a thoirt dhaibh, ach cuideachd gur e seo an cothrom as motha a th' againn," thuirt e.

Tha Pròiseact Cunntasachd airson Seasmhachd A' Phrionnsa a' cumail air ag obair anns an RA agus gu h-eadar-nàiseanta, gus stiùireadh practaigeach agus innealan a leasachadh airson seasmhachd a chur an sàs ann am modhan co-dhùnaidh agus iomraidh. Tha Roinn an Ionmhais a' cur an gnìomh Frèam Co-cheangailte Aithris, a tha air a chleachdadh a-cheana leis a' Mhuinntireachd agus buidhnean eile, airson a bhith air a chleachdadh leis an roinn phoblach san RA.

Mu dheireadh, an dèidh a Phròiseact Coilltean-uisge, tha Am Prionnsa air iomairt ùr na h-àrainneachd ris an canar an Aonad Seasmhachd Eadar-nàiseanta (ISU) a stèidheachadh. Cumaidh an ISU air le obair nan coilltean-uisge agus aig an aon àm bidh e an sàs ann an cùisean deatamach eile air clàr-gnothaich seasmhachd na cruinne, a leithid àrainneachd na mara gu h-àraidh (agus gu seachd àraidh, iasgach thar na còrach), àiteachas seasmhach agus a' gleidheadh seirbheisean eag-shiostaman. Tha an aonad ag amas air aghaidh a chur ri falmhachadh calpa nàdarra an t-saoghail le bhith na chùl-taic do chruthachadh co-aontachd air na dòighean as fheàrr air tèarainteachd fad-ùine bidh, uisge agus lùth a leasachadh.

Anns a' choitcheannas, tha dòigh dèiligidh aonaichte aig A Mhòrachd Rìoghail air a bhith a' cur aghaidh ri duilgheadasan na h-àrainneachd. Nam measg, tha oidhirpean gus lorg truailidh agus caitheamh lùth a Mhuinntireachd a lùghdachadh, a phròiseactan is iomairtean àrainneachd sònraichte, agus cuideachd, a chuid obrach ann an iomadh raon eile. Tha an obair seo a' ruith air raon farsaing eadar-fhillte, bho bhith a' brosnachadh àiteachas seasmhach, a' toirt taic do thuathanaich bheaga agus a' cur cuideam air stòrasan ionadail bidh agus foghlam bidhe nas fheàrr, gu bhith a' brosnachadh iùl nas seasmhaich air planadh agus dealbhachadh dhachaighean agus choimhearsnachdan, ann an dòigh a tha a' toirt piseach air agus a' cur luach ris an àrainneachd shòisealta, nàdarra agus thogte.

## DIÙCACHD NA CÒIRNE

Is e oighreachd phrìobhaideach a th' ann an Diùcachd na Còirne a bhios a' maoineachadh gnìomhachdan poblach, carthannach agus prìobhaideach Prionnsa na Cuimrigh agus a theaghlach. Tha 54,424 hectair de dh'fhearann ann an 23 siorrachdan, a' chuid as motha ann an Iar Dheas Shasainn, a' gabhail a-steach 27,000 hectair air Dartmoor. Mar Dhiùc na Còirne tha am Prionnsa gu mòr an sàs ann an ruith na Diùcachd, agus is e fheallsanachd piseach a thoirt air an oighreachd agus a fàgail ann an suidheachadh nas fheàrr agus nas làidire aig Diùcan eile san àm ri teachd.

Tha am Prionnsa, mar Dhiùc na Còirne, airidh air teachd-a-steach iomlan bliadhnaile na Diùcachd. Chan eil e airidh air toradh no prothaid bho reic mhaoinean calpa na Diùcachd, a tha air an cumail san Diùcachd gus teachd-a-steach a liubhairt do dh'oighrean san àm ri teachd. Chan eil an Oighreachd fo smachd cis chorporaid, oir chan e companaidh a th' ann ('s e sin, buidheann laghail air leth fo smachd chisean teachd-a-steach - san aon dòigh ri, mar eisimpleir, nach eil compàirteachas na bhuidheann laghail air leth fo smachd chisean teachd-a-steach), ach tha a Mhòrachd Rìoghail a' pàigheadh cis teachd-a-steach gu saor-thoileach air teachd-a-steach iomlan na h-oighreachd.

Tha an oighreachd fearainn air a dèanamh suas à seilbh àiteachais, coimearsalta agus còmhnaidheil. Tha màileid de thasgaidhean ionmhasail aig an Diùcachd cuideachd. Is e an ro-innleachd tasgaidh seilbh fad-ama a bhith a' sealbhachadh, a' stiùireadh agus far an gabh e dèanamh, a bhith a' leasachadh na màileid chothromaich a th' ann de sheilbh àrd-ghnèitheach. Bidh an ro-innleachd seo an sàs ann a bhith a' faighinn cuibhteas de sheilbh a tha a' chòrr, a' cur an seilbh ann an cumail suas agus leasachadh na h-oighreachd a th' ann agus a' faighinn togalaichean ùra a tha ag aontachadh ri amasan tasgaidh na Diùcachd.

Tha gnòthaichean ionmhais na Diùcachd air an stiùireadh le Roinn an Ionmhais, le cuideam sònraichte air dèanamh cinnteach gu bheil airgead calpa na Diùcachd air a ghleidheadh do luchd-tairbhe san àm ri teachd. Mar eisimpleir, chan urrainn do ghnothaichean fearainn thairis air £500,000 a bhith air an coileanadh ach le aonta Roinn an Ionmhais.

Tha còrr bliadhnaile Diùcachd na Còirne air meudachadh 4.3 sa cheud gu £17.2 millean. Thathar a' meas gu bheil na toraidhean ionmhasail math gu leòr ann am margaidh a tha air a bhith cruaidh. Tha an cunntas calpa air dol gu math cuideachd anns gach inbhe thogalaich, is thasgaidhean ionmhasail, is e a' nochdadh fàs anns an 12 mhios a dh'fhalbh gu h-àraidh.

'S e Poundbury, leasachadh air fearann na Diùcachd de leudachadh bailteil ri Dorchester ann an Dorset, aon de na proiseactan as motha air an Diùcachd. Tha Poundbury a' cumail air a' dèanamh math ann am margaidh togalaich doirbh le obair togail a' leantainn mar a bha san amharc. Ged a tha maille air tighinn air ìrean reic, chaidh 60 dachaigh phrìobhaideach agus so-ruigsinneach a chrìochnachadh agus daoine a' fuireach anna anns a' bhliadhna, shìos bho 100 anns na bliadhnaichean a b' àirde iarrtais. 'S e togail Ceàrnag Màthair na Banrigh an ath phròiseact mòr a bhios ann am Poundbury, anns am bi mòr-bhùth beag agus margadh luchd-toraidh ionadail, 30,000t.<sup>2</sup> de dh'oifisean agus 28 flataichean so-ruigsinneach. Gleidhidh an Diùcachd cuid den phròiseact nuair a bhios e deiseil mar stòras tasgaidh fad-ùine. Ann an àiteachan eile, tha an obair talmhainn air tòiseachadh air a' Cheathramh an Iar Dheas far an tèid 196 dachaigh phrìobhaideach, so-ruigsinneach a chrìochnachadh rè na dà bhliadhna a tha romhainn.

Bidh Prionnsa na Cuimrigh a' tadhal air Poundbury gu riaghailteach, agus san Dùbhlachd 2009 dh'fhosgail e Ionad Togail agus Trànaidh Colaiste Weymouth, a tha a' teagasg sgilean togail seasmhach, a leithid tughadh, togail bhallachan cloiche agus clachadaireachd.

Ann an àite eile air oighreachd na Diùcachd, chaidh crìoch a chur air leasachadh 12 dhachaigh so-ruigsinneach air iomall bhaile beag Upton Cross, faisg air Liskeard sa Chòrn, le Comann Taigheadais Westcountry. Bha na taighean air an dealbhachadh mar shamhla air stoidhle traidiseanta na sgìre agus ghabhadh sa bhad iad le muinntir an àite aig an robh duilgheadas lorg fhaighinn air taighean saor freagarrach.

Tha an tuilleadh fais ri fhaicinn ann an oighreachd coille Diùcachd na Còirne san 12 mhìos a dh'fhalbh bhon a cheannaicheadh farsaingeachd mhòr fearainn ann an Siorrachd Hereford, ri taobh fearann tuathanais na Diùcachd agus Coille Aconbury. Thathar an dùil teannadh ri caochladh seòrsa chraobhan le duilleag-leathann a chur 's altram air an fhearann choillteach leithid darach, uinnsean, agus craobh gheanmchnò. 'S tric a tha coilltean na Diùcachd a-nis air an cur gu feum foghlaim agus trànaidh. Mar eisimpleir, san earrach 2009 chleachd pròiseact tùsaireach air an robh 'Work in the Woods Week' coilltean na Diùcachd airson sgilean rianachd coille ionnsachadh do 30 daoine òga ach gann. Chaidh grunnan de na bha an làthair a thaghadh an dèidh làimh airson foghlamaichean-ciùird coilltearachd dà bhliadhna, air a mhaoinicheadh ann am pàirt le Coimisean na Coilltearachd.

Tha seasmhachd aig cridhe gach leasachadh air fearann na Diùcachd. Tha an oighreachd bho chionn ghoirid air a dhol an sàs ann an co-iomairt leis an amas ionad lùth ath-nuadhachail a thogail agus obrachadh, is iad a' cleachdadh bith-gas air a dhèanamh le cnàmhadair an-èarabach a tha suidhichte faisg air Dorchester. Bidh an ionad air a suidheachadh gu ro-innleachdail a chum teas agus dealan a libhrigeadh do Phoundbury, 's do sgoiltean agus ghnìomhachasan ionadail. Bheir e sèine solar aonaichte co-obrachail agus cosnadh ionadail ann an tuathanachas, cùnnradhaireachd sgudail agus giollachd.

'S e feart eile de dh'obair sheasmhachd na Diùcachd a bhith a' cumail suas èifeachdas an talamh mònach mar dhòigh nàdarach airson gualain a stòradh, agus air Dartmoor tha a chom-pàirteachas le Ùghdarras a' Phàirce Nàiseanta, Ministrealachd an Dion, Sasainn Nàdarach, Uisge an Iar Dheas, Buidheann na h-Àrainneachd agus buidhnean iomairt ionadail air a bhith ag obair gus stòradh gualain a chumail suas ann am boglaichean plangaid mònach na sgìre.

Ann an ceàrnaidhean sònraichte de Dhartmoor, tha buaidh air a bhith air a' bhoglach bho shean le buain na mòine agus bleith nàdarach, a dh'fhaodadh toirt air a' mhòine tiormachadh agus gualan a leigeil don àile. Tha am pròiseact ag amas air a' bhleith seo a chasg ann an diofar dhòighean. Tha damaichean, air an dèanamh air fiodh agus mòine no mòine a-mhàin, gan cur an sàs gus an ìre thaiseachd a ghleidheadh sa mhòine a tha ann, 's mar sin a' cur bacadh air leigeil às gualain. 'S i a' bhuannachd a bharrachd a gheibhear à seo, gu bheil an obair a' cur ri maothachadh cunnart tuile agus ri leasachadh càileachd an uisge.

# PRIONNSA NA CUIMRIGH ANN AN AFGANASTAN

“Tha meas ro mhòr agam air na Feachdan Armaichte  
agus bidh mi a’ cumail uiread de thaic ri an obair  
's a bhios an comas dhomh a dhèanamh.”

Prionnsa na Cuimrigh

## PRIONNSA NA CUIMRIGH ANN AN AFGANASTAN

Sa Mhàrt 2010, ghabh Prionnsa na Cuimrigh turas gu Afganastan gun fhios no forfhais aig daoine gun robh e a' tighinn. Rè a thurais dà latha, chuir e seachad ùine sa phrìomh bhaile, Kabul, agus ann an ceann a deas na dùthcha ann an Roinn Helmand, far a bheil a' chuid as motha de dh'fheachdan Bhreatainn suidhichte.

Fhad 's a bha e ann an Kabul, choinnich e ris an t-Seanailear Stanley McChrystal, ceannard na Feachd Taic Tèarainteachd Eadar-nàiseanta, a thuilleadh air prìomh luchd-poileataics Afganastan, riochdairean dioplòmasach, ceannardan cràbhach, luchd-obrach àmbasaid Bhreatainn agus luchd-obrach sìobhalta a tha a' cuideachadh gus sith agus seasmhachd a thoirt air ais don dùthaich.

Chaidh a dhràibheadh gu meadhan a' mhòr-bhaile gus tadhal air dà àite air an ruith le a charthannas Turquoise Mountain Foundation gus am faiceadh e dha fhèin an obair ann a bhith a' teagasg agus ag ath-bheothachadh sgilean ceàird traidiseanta agus ailtireachd traidiseanta Afghan, ag ath-nuadhachadh seann sgìrean bailteil a' mhòr-bhaile, a' cur foghlam bhoireannaich agus chloinne am feabhas agus a' cruthachadh cothroman obrach ionadail.

An dèidh Kabul, shiubhail a Mhòrachd Rìoghail gu deas gus an oidhche a chur seachad aig Campa Bastion ann an Roinn Helmand. An ath mhadainn sgèith e gu prìomh-oifis a' Bhuidheann Gnìomha ann an Laskhar Gah far an d' fhuair e brath-ullachaidh bho na ceannardan agus shuidh e sìos airson "shura" no coinneamh còmhla ri Rìaghladair Roinn Helmand agus eildearan treubha ionadail. An uair sin sgèith e ann an heileacoptair Chinook gus tadhal air còmhlan de dh'Fhreiceadain na h-Alba a bha aig ionad freiceadan-faire ann an teis-meadhan achaidhean chrom-lusan agus talamh tioram tachdta Nad-e-Ali.

Thadhail am Prionnsa air Arm Nàiseanta Afganastan aig Campa Shorabak gus coinneachadh ri saighdearan Afganach a bha a' faighinn trèanadh bho feachdan Bhreatainn, mus do thill e gu campa Bastion airson ùine a chur seachad còmhla ri paidhleatan agus sgiobaidhean Feachd Choitcheann nan Heileacoptair. Rinn e cèilidh aig ospadal a' champa agus choimhead e air taisbeanadh de dh'obair iongantach sgiobaidhean Riarachadh Òrdanais Spreadhaidh. Chrìochnaich am Prionnsa an latha le bhith an làthair aig seirbheis dol fodha na grèine air carragh-cuimhe Champ Bastion, far an do chàraich e blàth-fhleasg de chrom-lusan agus càrnaidean geala pàipeir mar chuimhneachan air na saighdearan Breatannach a chaidh a mharbhadh san iomairt.

Dìreach mus do dh'fhàg e, mhinich A Mhòrachd Rìoghail don BhBC carson a thàinig e gu Afganastan. Thuirt e: "S e am prìomh adhbhar gu bheil meas ro mhòr agam air na Feachdan Armaichte agus bidh mi a' cumail uiread de thaic ri an obair 's a bhios an comas dhomh a dhèanamh. 'S e an rud eile gu bheil mi nam Phrìomh Chòirnealair air àireamh mhòr de rèiseimeidean – agus tha iomadh seòrsa aonad eile anns na feachdan anns am bi mi a' feuchainn ri ùidh a ghabhail. Mar sin, fhad 's a tha na daoine agam a-muigh an seo, bha mi ag iarraidh a thighinn gam faicinn ... gus faicinn an seòrsa suidheachadh anns an robh iad agus cuideachd gus ùidh a nochdadh annta agus am misneachadh san fharsaingeachd.

"Cuideachd bha mi toilichte coinneachadh ris a h-uile duine ann an Kabul aig an àmbasaid againn a tha a' dèanamh obair shònraichte an sin, agus sgioba ath-thogail na roinne, daoine a tha a' dèanamh obair mhiorbhaileach mar an ceudna, nach faicear 's air nach cluinnear iomradh ... Tha na daoine sin uile gu math iongantach. Mar sin bha mi dìreach ag iarraidh a thighinn agus a ràdh 'Tapadh leibh,'s math a rinn sibh."

# PRÒISEACT COILLTEAN-UISGE A' PHRIONNSA

Chaidh Pròiseact Coilltean-uisge a' Phrionnsa (PRP) a stèidheachadh ann an 2007 gus feuchainn ri fuasgladh fhaighinn do dhùilgheadas di-choillteachadh tropaigeach. Air sgàth nan suimean mòra gualain a tha air an leigeil ma sgaoil le di-choillteachadh, tha luchd-saidheans den bheachd nach eil e comasach freagairt a dh'obraicheas fhaighinn do dhùbhlach atharrachadh gnàth-shìde mura bheil na coilltean-uisge air an sàbhaladh bho an tuilleadh sgrios.

Gus co-aontachd fhaighinn mu fuasgladh comasach sam bith, bha e deatamach rè 2008 agus 2009 gun deighheadh na roinnean prìobhaideach agus poblach agus buidhnean neo-riaghaltasach (NGOan) an sàs ann le aon amas san amharc: gus dèanamh cinnteach gun robh feum air maoinneachadh mòr a thoirt gus casg a chur air di-choillteachadh air aithneachadh ron àm a bha ceannardan an t-saoghail a' cruinneachadh aig Co-labhairt Atharrachadh Gnàth-shìde nan Dùthchannan Aonaichte ann an Copenhagen san Dùbhlachd 2009.

B' e ceum deatamach ann a bhith a' coileanadh an amais seo a bh' ann an coinneamh de cheannardan an t-saoghail a chumadh le Prionnsa na Cuimrigh aig Lùchairt an Naoimh Seumas sa Ghiblean 2009. B' e buil chudromach den choinneamh sin gun deach Buidheann Obrach Eadar-nàiseanta (IWG) de 35 dùthchannan a stèidheachadh gus measadh ciamaar a dheighheadh ionmhas eadar-ama a thogail agus a chur an gnìomh gus dùthchannan nan coilltean-uisge a chuideachadh ann a bhith gan gleidheadh. Mar stèidh airson obair, chleachd am buidheann Molaidhean Pasgan Èiginn a' Phròiseict fhèin, a chaidh fhoillseachadh nas tràithe air a' bhliadhna, an lùib mholaidhean eile bho riaghaltasan agus buidhnean eadar-nàiseanta.

An dèidh sin dh'fhoillsich an IWG aithisg san Dàmhair a' toirt mion-chunntas air an t-suim de mhaoineachadh èiginn a dh'fheumar airson di-choillteachadh tropaigeach a lùghdachadh agus mar a dh'fhaodadh dùthchannan coilltean-uisge airgead-diolaidh fhaighinn a rèir an inbhe choileanaidh; nì a bhrosnaicheadh seòrsachan beag-gualain nas seasmhaiche de leasachadh eaconamach .

Fhuair an aithisg, agus na fuasglaidhean na cois, taic bhitheanta san t-Samhain 2009 nuair a chùm am Prionnsa an dàrna coinneamh choilltean-uisge aig Lùchairt an Naoimh Seumas. Aig a' choinneamh, chuir ministearan riaghaltais, ceannardan gnìomhachais eadar-nàiseanta agus riochdairean prìomh NGOan an cèill gun robh iad dìoghmhalta aonta làidir a ruigsinn ann an Copenhagen – rùn coitcheann an dèidh àrd-choinneamh an UN, a phobraich libhrigeadh \$4.5 billean a thathar a' cur ma seach fa chomhair cheumannan air di-choillteachadh a lùghdachadh air feadh an ath trì bliadhna.

A thuilleadh air a bhith a' feuchainn ri maoinneachadh fhaighinn do dhùthchannan nan coilltean-uisge, chuir am PRP air chois iomairt mheadhanan didseatach gus mothachadh poblach air an fheum airson dèiligeadh ri di-choillteachadh a leasachadh. Chaidh an iomairt a chur air bhog sa Chèitean 2009 le bhidio anns an robh Prionnsa na Cuimrigh, a mhic am Prionnsa Uilleam agus am Prionnsa Eanraig, diofar aghaidhean ainmeil bho air feadh an t-saoghail agus losgann air a thoirt beò air coimpiutair a bha mar shamhla air na coilltean-uisge.

Thathar air coimhead air a' bhidio seo còrr agus sia millean turas. Rè na bliadhna, chuir còrr agus cairteal de mhillean neach brathan taice chun an làraich-lìn, agus bha 1.6 billean cothrom ann teachdaireachd na h-iomairt fhaicinn air feadh meadhanan an t-saoghail.

## \$4.5 billean

air a ghealltainn le riaghaltasan an dèidh Copenhagen airson a chosg air ceumannan gus di-choillteachadh a lùghdachadh rè an ath trì bliadhna

## 700,000

ghabh còrr agus 700,000 sgoilear pàirt ann am prògram sgoiltean PRP

# BAN-DIÙC NA CÒIRNE A' CUR TAIC RI FULANGAICHEAN IONNSAIGH FEISE

Rè na bliadhna a dh'fhalbh, tha a Mòrachd Rìoghail air grunn cho-gheallaidhean a choileanadh airson taic a chur ri fulangaichean èigneachaidh agus droch-dhiol feise; agus gus taing a thoirt do na buidhnean agus na daoine a tha nan cùl-taic do bhoireannaich ann a bhith a' fàs slàn an dèidh an dochainn a bhualadh orra.

Bha a' Bhan-diùc air a gluasad gu mòr leis na chuala i rè nan co-gheallaidhean, agus tha a h-uile coltas ann gum gur e cuspair a tha seo a nochdas barrachd an lùib a h-obrach poblaich thar na bliadhnaichean a tha romhainn.

San t-Samhain 2009 fhuair a Mòrachd Rìoghail fiathachadh tadhail air Ionad Cobhair Èigneachaidh agus Droch Dhiol Feise ann an Croydon, ceann a deas Lunnainn, far an cuala i bho fheadhainn a thàrr às bhon ionnsaigh agus a dh'innis sgeulachdan mar a bha buaidh aig na dh'fhulaing iad air am beatha làitheil. Bha na boireannaich làn mholaidhean mun leigheas agus an cobhair a fhuair iad aig an Ionad, agus mar a chuidich e leotha am beatha a ghluasad air adhart. An dèidh na coinneimh thuirt A' Bhan-diùc riutha: "Tha mi air leth taingeil dhuibh airson a thighinn agus bruidhinn mun seo, chan urrainn gun robh e furasta. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil sibh do-chreidsinneach. Tha e fìor mhath gu bheil àite mar seo agaibh dom faod sibh a dhol agus bruidhinn ri chèile. Chan eil rian nach eil e a' dèanamh diofar mhòr nur beatha."

An deidh an turais seo, bha A Mòrachd Rìoghail ag iarraidh a h-eòlas air an obair anns an raon seo a leudachadh agus bha i airson barrachd fios fhaighinn air mar a bha na poilis agus na seirbheisean meidigeach a' dèiligeadh ri ionnsaighean. Air an adhbhar sin, sa Ghearran 2010 chaidh i gu ionad tar-chur do dh'fhulangaichean 's do stèisean poilis faisg air làimh a bha a' sònrachadh air rannsachadh cùisean èigneachaidh.

Bha a ciad thuras chun an 'Haven' aig Ospadal an Naomh Màiri ann am Paddington far am bi luchd-proifeiseanta le trèanadh sònraichte a' tabhann cobhair agus comhairle mheidigeach agus a' tionail fianais mòdach. Lean a' Bhan-diùc a h-uile ceum a bhiodh an fhulangaiche a' dol troimhe; bho cho-chomhairle le dotair gu sgrùdadh agus tionail fianais agus comhairleachadh. An dèidh sin, shiubhail A Mòrachd Rìoghail gu Stèisean Poilis Kilburn gus tadhal air oifisean agus seòmraichean agallaimh ann an aon de 19 aonadan 'Sapphire' Lunnainn. Chaidh an toirt a-steach ann an 2009 le 'Scotland Yard' mar tur-atharrachadh air an fhreagairt aige do dh'èigneachadh agus trom eucoirean feise eile. Mar phàirt den ath-leasachadh, chaidh aonadan eucoirean feise borgh Lunnainn uile a thoirt fo smachd chomainnd choitcheann. Aig an stèisean thachair a' Bhan-diùc ri na h-oifigearan a bha a' dèiligeadh ri cùisean èigneachaidh agus chuala i mu dheidhinn nan dùbhlain sònraichte ann a bhith a' dèiligeadh ri ionnsaigh feise.

Rè a turais gu Croydon, dh'ionnsaich a' Bhan-diùc gu bheil tuilleadh ionadan càs èigneachaidh anns an amharc do Lunnainn, agus thug i fiathachadh do Bhoris Jonson, Mèar Bhaile Lunnainn, a thighinn gu Taigh Chlarence gus barrachd a chluinntinn mu dheidhinn nam planaichean. Bhruidhinn iad air an taic a chaidh a thoirt do dh'fhulangaichean ionnsaigh feise agus leudachadh nan goireasan a tha ri fhaotainn do bhoireannaich air feadh a' cheanna-bhaile.

Bha na boireannaich làn mholadh air an leigheas agus a' chobhair a fhuair iad aig an Ionad, agus mar a chuidich e leotha am beatha a ghluasad air adhart.

**BLANK PAGE**

# A' CUR TAIC RIS A' BHANRIGH

Is e prìomh phàirt de dhleastanas Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirne a bhith nan cùl-taic don Bhanrigh na dreuchd mar chulaidh-bhuillsgein a thaobh uairill nàiseanta, aontachd agus dilseachd, agus a bhith a' tarraing dhaoine còmhla thar gach raon den chomann shòisealta, a' riochdachadh seasmhachd agus leantainneachd, a' sònrachadh euchd ghniomha, agus a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha seirbheis agus an raon saor-thoileach le brosnachadh agus eisimpleir.

## AN RÌOGHACHD AONAICHTE AGUS THALL THAIRIS

Tron bhliadhna, ghabh Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirne os làimh raon farsaing de cho-gheallaidhean agus de thursan anns an dùthaich seo agus a-null thairis. An lùib iad seo, bha iad a' frithealadh thachartasan deas-ghnàthach agus a' cur taic riutha, 's a' riochdachadh nam Feachdan Armaichte, agus a' gabhail thursan oifigeil a-null thairis airson còraichean Bhreatainn a sheasamh ann an dùthchannan cèin.

### An Rìoghachd Aonaichte

Gach bliadhna, bidh am Mòrachdan Rìoghail a' siubhail gu riaghailteach gu tachartasan air feadh na Rìoghachd Aonaichte.

'S e pàirt cudromach de dh'obair an Teaghlach Rìoghail taic agus co-fhaireachdainn a thabhann aig àm dùbhlain nàiseanta no ionadail, agus an cuairt nam bliadhnachan a dh'fhalbh, tha am Prionnsa air tadhal air grunn àiteachan far an robh fìor droch thuiltean ann an Sasainn agus Alba.

B' e ceann an iar-thuath Chumbria an ceàrn a bu mhiosa a dh'fhulaing ann an 2009, agus thadhail Am Prionnsa air an sgìre rè na bliadhna, a' chiad turas san t-Samhain 2009 gus coinneachadh ri fulangaichean ionadail na tuile agus na dàoinne a bha an sàs anns na h-oidhirpean èiginn. Bha an dàrna turas sa Mhàrt 2010 gus fios fhaighinn às ùr air mar a bha an ath-thogail a' dol ann an àiteachan mar Ambleside agus Cockermouth. Thug A Mhòrachd Rìoghail prìomh cheannardan gnothachais leis gach turas gus am brosnachadh gus cuideachadh le obair an ath-thogail.

Bidh Am Mòrachdan Rìoghail gu tric is minig a' gabhail "làithean air falbh" gu mòr-bhailtean agus roinnean air feadh na dùthcha far a bheil iomadh seòrsa co-ghealladh agus cèilidh air an dèanamh. Ann an Sasainn an-uiridh bha làithean air falbh ann gu Manchester, Eilean Wight, Devon, Stoke-on-Trent, a' Chòrn agus taobh an ear-dheas Lunnainn, a thuilleadh air na ceudan de cho-gheallaidhean poblach air feadh Shasainn.

Mar chomharra air an dàimh shònraichte aige ris a' Chuimrigh, bidh Am Prionnsa a' tadhal gu riaghailteach air a' Phrionnsalachd, agus a' cosg seachdain ann a h-uile samhradh. Rè Seachdain na Cuimrigh 2009, a bha sa mhòr-chuid ann am Meadhan na Cuimrigh, thadhail Am Mòrachdan Rìoghail air sgoiltean, ospadalan agus coimhearsnachdan ionadail ann am Brecon, Llandoverly, Treorchy agus Tondy. Aig an dachaigh ann an Llwynywermod ann an siorrachd Carmarthen, a bhios iad a' cleachdadh mar am prìomh àite-fuirich rè Seachdain na Cuimrigh, chùm am Prionnsa agus a' Bhan-diùc cuirm do choimhearsnaich agus dhaoine ionadail à bailtean Myddfai agus Llandoverly.

San dàmhair 2009, shiubhail Am Prionnsa gu taobh an iar na Cuimrigh airson latha de cho-gheallaidhean ann an Dyfed. Rè a thuras, dh'fhosgail A Mhòrachd Rìoghail an Stèisean Poilis ann an Llandovey gu h-oifigeil, thadhail e air taighean turasachd Urras Nàiseanta Tafarn Cwmdy a tha air an ruith le coimhearsnachd Cwmdy agus ghabh e cuairt air pròiseact Baile Trastach Llandeilo.

An dèidh Llwynywermod a cheannach ann an 2008, tha A Mhòrachd Rìoghail air a làthaireachd sa Chuimrigh a leudachadh barrachd le bhith a' fosgladh oifis maireann ann an Cardiff far a bheil Manon Williams, Rùnaire Priobhaideach airson na Cuimrigh, suidhichte dà latha san t-seachdain ag obair gus taic a thoirt do dh'iomairtean agus chom-pàirtean Am Mòrachdan Rìoghail sa Chuimrigh.

Tha meas mòr aig A' Phrionnsa agus A' Bhan-diùc air Alba agus bidh iad a' cur seachad ùine an sin gach bliadhna, a' coileanadh cho-gheallaidhean poblach air feadh na dùthcha, agus a' cumail choinneamhan agus ag obair aig an dachaigh aig Birkhall, ann an siorrachd Obar Dheathain.

## A' CUR TAIC RIS A' BHANRIGH

Bidh Am Mòrachdan Rìoghail a' dol an sàs ann an seachdain de cho-gheallaidhean ann an Alba a h-uile samhradh. Do bhrìgh seo, bha tachartasan anns an Ògmhios 2009 bho Dhùn Èideann a-null a Ghlaschu agus suas gu Inbhir Nis agus Arcaibh, far an do thadhail iad air Institiùd Nàiseanta Rìoghail nam Bàta-teasairginn ann an Sromnis. Ghabh iad tlachd cuideachd à ceòl traidiseanta air a chluich air bogsaichean ciùil agus fìdhlean le clann coimhearsnachd Baile na h-Eaglaise.

San Luchair 2009, dh'fhosgail A Mhòrachd Rìoghail, mar Neach-taice "A' Chruinneachaidh 2009", gu h-oifigeil an tachartas eadar-nàiseanta a bu mhotha air an t-saoghal de na Fineachan Gàidhealach ann am Pàirce Taigh an Ròid ann an Dùn Èideann. Thug Am Prionnsa, leis A' Bhan-diùc na chois, iomradh air an tachartas fìor mhòr seo anns an robh ceòl, bàrdachd agus spòrs mar "chòmhdhail dhùsgach de dh'eachdraidh na h-Alba agus a dualchas beò."

A' toirt luaidh air cùis dhòrainneach ge-tà, bha Am Prionnsa agus A' Bhan-diùc an làthair sa Ghiblean 2009 aig seirbheis cuimhneachaidh ann an Obar Dheathain do 16 fir a chaidh a mharbhadh nuair a thàinig an heileacoptair sìos anns a' Chuan a Tuath air a slighe air ais bho chrann-ola.

### Thall thairis

Gach bliadhna bidh dleastanasan Am Mòrachdan Rìoghail gan toirt a-null thairis, agus ann an 2009-10 ghabhadh barrachd nan àbhaist de chaochladh thurais oifigeil air iarrtas aig Oifis nan Dùthchannan Cèin 's a' Cho-fhlaitheis gus taic a chur ri còraichean Bhreatainn thall thairis.

Sa Ghiblean 2009, thadhail Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirne air An Eadailt, Am Bhatacain agus A' Ghearmailt. San Eadailt, shiubhail Am Mòrachdan Rìoghail gu Venice gus cùisean ath-nuadhachaidh a shoilleireachadh agus don Ròimh far an tug am Prionnsa seachad òraid air an àrainneachd do Sheòmar nan Leas-mhinistearan. Fhad's a bha iad ann am prìomh-bhaile na h-Eadailt, thadhail Am Mòrachdan Rìoghail air "A' Chathair Naoimh" airson coinneamh leis a' Phàp BenedictXVI agus coinneamh le Càirdeanail Rùnaire na Stàite gus bruidhinn air, am measg nithean eile, atharrachadh gnàth-shìde agus tuigsinn eadar-chreideamh. B' iad seasmhachd cruinne, in-ghabhaltachd sòisealta agus com-pàirteachas fad-ùine eadar Breatainn agus a' Ghearmailt a bha mar cheann-fàth an turais don Ghearmailt.

San t-Samhain 2009, shiubhail Am Prionnsa agus a' Bhan-diùc gu Canada air a' chiad turas aca còmhla chun na dùthcha sin. Rè turais trang, shiubhail iad gu 12 mhòr-bhaile ann an 11 latha, nam measg sin stad iad ann am Baile an Naoimh Iain air oirthir a' Chuain Siar, Toronto, Montreal agus ann am Bhictòria agus Bhancùbhar air fìor taobh an iar na dùthcha.

Sa Mhàrt 2010 thadhail iad air trì dùthchannan ann am Meadhan na Roinn Eòrpa. Thug an turas cothrom do Am Mòrachdan Rìoghail na ceanglaichean làidir eadar an RA agus A' Phòlainn, An Ungair agus Poblachd nan Seic a dhaingneachadh agus gus comharrachadh còmhla riutha gluasad soirbheachail nan dùthchannan a b' àbhaist a bhith anns a' Bhloc Shobhietach gu deamocrasaidhean buadhach beò beagan agus fichead bliadhna an dèidh do cho-mhaoineas tuiteam às a chèile.

Rè na bliadhna thadhail A Mhòrachd Rìoghail na aonar air an Danmhairc gus prìomh òraid a thoirt do Cho-labhairt Atharrachadh Gnàth-shìde nan Dùthchannan Aonaichte san Dùbhlachd 2009, gu Afganastan sa Mhàrt 2010 gus coinneachadh ri agus taing a thoirt do dh'Fheachdan Armaichte Bhreatainn a tha stèidhichte an sin, agus anns an aon mhìos, gu Cuatàr agus Saudi Arabia airson coinneamhan obrach cuide ri na teaghlachan Rìoghail a tha a' riaghladh.

Tha a bhith a' coinneachadh ri Ceannardan Stàite agus Riaghaltasan a tha a' tadhal ann an Lunnainn gus bruidhinn air cùisean air an leas choitcheann an lùib roinn den obair aig Prionnsa na Cuimrigh taic a chumail ri ceanglaichean na dùthcha thall thairis. Rè na bliadhna, choinnich A Mhòrachd Rìoghail ri Ceann-suidhe Hu Jintao Shìona, Prìomh Mhinistear Nouri Al Maliki Iorac, Ceann-suidhe Iacob Zuma Afraga a Deas agus Ceann-suidhe Phaileastain Mahmoud Abbas, am measg feadhainn eile. Chùm an Prionnsa cuirm aig Lùchairt an Naoimh Seumas san Fhaoilleach 2010 do luchd-ionaid a bha an làthair aig a' cho-labhairt eadar-nàiseanta air na tha san amharc do dh'Afganastan san àm ri teachd.

# NA FEACHDAN ARMAICHTE

Tha an dàimh a th' aig Prionnsa na Cuimrigh ri na Feachdan Armaichte stèidhichte air ceithir cuspairean: a' sònrachadh dànadas, dealas agus iobairt shaighdearan agus sheann saighdearan; a' cur aithne air cho proifeiseanta 's a tha iad agus air inbhe an trèanaidh; a' leudachadh àite nam Feachdan ann am beatha na dùthcha, le bhith a' tadhal air na h-àiteachan obrach aca, agus le na dleastanasan deas-ghnàthach aige; agus le bhith a' cumail taic ri teaghlaichean nan saighdearan a tha an sàs ann an iomairtean cogaidh.

Tha an aon dealas aig bean agus mic A' Phrionnsa do na Seirbheisean Armaichte 's a tha aige fhèin. Tha Bann-diùc na Còirne na Còirneal Rìoghail de 4mh Buidheann-catha na Raidhfìlean, Prìomh Chomodair Seirbheisean Meidigeach a' Chabhlaich Rìoghail, agus Sheirbheisean Seaplain a' Chabhlaich Rìoghail, Neach-urrais HMS Astute agus Chomodair Adhair Urramach air an dà chuid RAF Leeming agus RAF Halton. Tha am Prionnsa Uilleam agus am Prionnsa Eanraig le chèile anns na feachdan agus tha iad an-dràsta a' trèanadh gu bhith nam paidhleatan heileacoptair.

Rè na bliadhna a dh'fhalbh, bha am Mòrachdan Rìoghail dha-rìribh dripeil ann a bhith a' toirt taic do dh'fhir agus mhnathan fastaidh an airm, agus an teaghlaichean, le bhith an làthair aig 77 co-ghealladh còmhla no fa leth, nam measg sin seachd cuirmean bonn iomairt gu rèiseamaidean bhon 1d Bhuidheann-catha de Freiceadan na Cuimrigh agus an 2na Buidheann-catha de Rèiseamaid Mercian gu 3 sguadronan de sgioba heileacoptair a' Chabhlaich Rìoghail agus luchd-airm taice.

B' e turas A' Phrionnsa gu Afganastan sa Mhàrt 2010 aon de na prìomh thachartasan agus fhad 's a bha e an sin, chunnaic e saighdearan a' cur an gnìomh an trèanadh a' chunnaic e rè iomadh turas a choimhead saighdearan air eacarsaich anns an RA. Direach mìos roimhe sin, bha A Mhòrachd Rìoghail air a bhith a' coimhead 2,000 saighdear a' gabhail pàirt ann an eacarsaich air Faiche Salisbury ann an Wiltshire agus thadhail e air Campa Obrachaidh Aghaidh (FOB), campa a chaidh a chur air chois gus atharrais a dhèanamh air cor an t-suidheachaidh ann an Afganastan, far an do choinnich e ri saighdearan agus oifigearan bhon Rèiseamaid Mercian.

'S i obair an FOB taic agus dìon a thoirt do bhuidhnean-catha air an làr agus rè a thurais, chaidh A Mhòrachd Rìoghail am broinn sangar, ionad faire agus gunna a tha ag amas air a bhith a' dìon a' champa; sia seachdainean an dèidh sin thadhail e air Freiceadan na h-Alba aig Ionad Freiceadan-faire Pimon ann an Nad e-Ali ann an Roinn Helmand.

Rè a thurais gu Faiche Salisbury, thachair A Mhòrachd Rìoghail ri Sàirdseant Anndaidh Hawkins, ris an do thachair e roimhe ann an 2000 nuair a bha an Sàirdseant a' faighinn os cionn leòntan a fhuair e nuair a bha e ann an Cìopras. Aig an àm sin, bha Am Prionnsa air botal uisge-beatha a chur thuige mar fhurtachd dha. "Bha cuimhne aige orm agus bhruidhinn mi mun uisge-beatha," arsa Sàirdseant Hawkins. "Bha e math fhaicinn. 'S e faireachdainn math a th' ann nuair a tha fios agad gu bheil thu a' dol gu Afganastan agus am Prionnsa agus an dùthaich air ar taobh."

Nas fhaide den mhìos cheudna, bha Am Prionnsa a' coimhead air 200 saighdear bhon 1d Bhuidheann-catha Na Raidhfìlean Rìoghail Gurkha a' trèanadh air Còmhnard Salisbury mus deach iad an sàs ann an Afganastan. Rè an turais sin choinnich Am Prionnsa, Prìomh Chòirnealair na rèiseamaid, ri grunn shaighdearan a bha air seirbheis còmhla ri a mhac, am Prionnsa Eanraig, nuair a bha esan ann an Afganastan tràth ann an 2008.

## DREUCHDAN AIRM PRIONNSA NA CUIMRIGH

Tha inbhean-airm Àrd-mharaiche sa Chabhlaich Rìoghail, Seanailear san Arm agus Prìomh Mharagsal an Adhair ann am Feachd Rìoghail an Adhair aig Prionnsa na Cuimrigh an-dràsta, agus tha e a' cumail suas dàimh shònraichte leis an fheadhainn a leanas:

Freiceadan Eachraidh na Banrigh

Freiceadan an Eachraidh Rìoghail

Freiceadan na Cuimrigh

Am Freiceadan Dubh, 3mh Buidheann-catha

Rèiseimid Mercian

An Rèisimeid Paraisiut

Na Raidhfilean Gurkha Rìoghail

Buidheann-adhair an Airm

Tuath-cheatharna na Banrigh Fhèin

51d Gàidhealach. 7mh Buidheann-catha  
Rèisimeid Rìoghail na h-Alba

Tha Am Prionnsa cuideachd na Chomodair Adhair Urramach air Royal Air Force Valley agus na Phrìomh Chomodair Arm Cabhlaich an Adhair air Ùghdarras a' Chabhlaich Rìoghail ann am Plymouth. Tha e a' cumail suas dàimh shònraichte le 10 aonadan a' Cho-fhlaitheis mar am Prìomh Chòirnealair: Cùl-chuideachd Adhair Chanada, Eachraidh Morair Srathcona (Canèidianaich Rìoghail) Buidheann-airm Armaichte Astràilia, Feachd-adhair Rìoghail Sealain Nuadh (Comodair Adhair), Rèisimeid Rìoghail Chanada, Raidhfilean Rìoghail Winnipeg, Rèisimeid Rìoghail Eileanan a' Chuain Shèimh, Eachraidh Rìoghail Chanada, Freiceadan Dubh Chanada, Rèisimeid Albannach Toronto.

#### **CEANGLAICHEAN AIRM BAN-DIÙC NA CÒIRNE**

Tha Ban-diùc na Còirne na Còirnealair Rìoghail de 4mh Buidheann-catha Na Raidhfilean, Neach-urrais HMS Astute, Prìomh Chomodair air Seirbheisean Meidigeach a' Chabhlaich Rìoghail agus Comodair Adhair Urramach Rìoghail air RAF Halton agus RAF Leeming.

Gach bliadhna bidh Prionnsa na Cuimrigh, a bhean agus a mhic a' nochdadh an taic do shaighdearan a chaidh a leòn nan obair gnìomha, agus ann an 2009-10 thadhail iad uile air fir agus mnathan an airm a bha a' fàs slàn ann an ospadalan armailteach san RA. San Dàmhair 2009, thadhail a' Bhan-diùc air Ionad Ath-ghnàthachadh Meidigeach an Dìona aig Cùirt Headley ann an Surrey far am faca i saighdearan leònta agus dearbhadh ga chur air an comasan cuirpe air caochladh uidheim airson cur ri an càradh ann an roinn leigheas cuirpe. B' e aon dhiubh seo inneal ùr neo-iom-tharraing as àbhaist a bhith air a chleachdadh le sàr lùth-chleasaichean.

Ghabh Am Prionnsa dà thuras rè na bliadhna chun an Ionad Rìoghail airson Leigheas Armachd (RCDM) aig ospadal Selly Oak ann am Birmingham, a' chiad fhear san Ògmhios 2009 agus an dàrna fear san Dùbhlachd. An sin, chuir e seachad ùine gu prìobhaideach le 30 euslainteach a bha a' faighinn cùram ann an uàrd dochainn agus aonad cùraim èiginneach. Thuirt Brigadier Chris Parker, Ceannard an RCDM, gun robh na saighdearan agus an teaghlach a' cur luach mòr air a' chèilidh: "Tha ùidh mhòr aig A' Phrionnsa anns na saighdearan fhèin, cho math ri luchd-obrach an ospadail agus luchd an airm a bhios ag obair nan cois." Choinnich am Prionnsa Uilleam agus am Prionnsa Eanraig ri euslaintich agus luchd-obrach aig Selly Oak rè na bliadhna cuideachd, a' cèilidh orra gu neo-oifigeil san t-Sultain 2009.

Chan e a-mhàin gum faod gnìomhan-cogaidh buaidh throm a thoirt air bodhaig muinntir an airm, ach faodaidh iad buille chruaidh a thoirt air inntinn cuideachd. Do bhrìgh seo, bha Am Prionnsa agus A' Bhan-diùc an làthair aig grunn thachartasan tron bhliadhna gus taic a thoirt do charthannais a tha a' dèiligeadh ri feadhainn a tha troimhe-chèile an dèidh na dh'fhiosraich iad sa chòmhrag. Sa Chèitean 2009, thàinig Am Mòrachdan Rìoghail còmhla ri luchd-airm a bh' ann roimhe gus an 90mh cuimhneachadh bliadhna Combat Stress a chomharrachadh, an carthannas a chaidh a stèidheachadh an dèidh a' Chiad Chogaidh gus cobhair a thoirt do shaighdearan air a bheil tinneas-intinn air sàilleabh oillt a' bhlàir. Sa Mhàrt 2010, chuidich Am Prionnsa, a tha na Neach-taice Combat Stress, gus iomairt ùr air a bheil "The Enemy Within" a chur air bhog às leth a' Charthannais. Tha seo ag amas air chan ann a-mhàin £30 millean, ach mothachadh cuideachd a thogail air droch staid shaighdearan a tha a' fulang le dochainn inntinn.

Tha an Teaghlach Rìoghail cuideachd a' toirt taic do sheann saighdearan bho chogaidhean na bu tràithe, agus san Ògmhios 2009, thàinig Am Prionnsa còmhla ri ceannardan an t-saoghail - nam measg, Ceann-suidhe Barack Obama agus Ceann-suidhe Nicolas Sarkozy aig tachartasan ann an Normandy san Fhraing gus 65mh cuimhneachan bliadhna Lath-D a chomharrachadh. Am measg nan tachartasan, bha seirbheis cuimhneachaidh aig Cathair-eaglais Bayeux le seirbheis an dèidh sin aig Cladh Uaighean a' Cho-fhlaitheis a tha faisg air làimh agus cuirm do sheann saighdearan, luchd-obrach agus luchd-taic Legian Rìoghail Bhreatainn ann an taigh-òsta sa bhaile.

Tha àite cudromach aig teaghlach nam Feachdan ann a bhith a' cumail taic ri obair fir agus mhnathan an airm, agus sa Ghearran 2010 thadhail Ban-diùc na Còirne air Campa Bulford ann an Wiltshire, cairtealan-cinn 4mh Buidheann-catha Na Raidhfilean. Fhad 's a bha i an sin, chaidh a' Bhan-diùc, a tha na Còirnealair Rìoghail air an rèisimeid, timcheall air na sgoiltean ionadail gus coinneachadh ri clann nan saighdearan a tha a' frithealadh ann an Afganastan. Thuirt Susan Raeburn, ceannard na sgoile, gun tug turas na Ban-diùc togail mòr do mhiseachd a sgoilearan: "Tha mi den bheachd gu bheil e glè chudromach dhaibh fios a bhith aca gu bheil cuideigin cho cudromach ri A Mòrachd Rìoghail a' tuigsinn na tha na teaghlach a' fulang. Tha fìor cho-fhaireachdainn aig a' Bhan-diùc riutha."

BLANK PAGE

## NEACH-TIONNSGAIN CARTHANNACH

Bho chionn còrr is 30 bliadhna, tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith air ceann iomairtean feuman carthannach a chomharrachadh, agus e a' cur air bhonn agus a' sparradh carthannais air adhart airson dèiligeadh riutha. Bho chiad làithean de The Prince's Trust ann am meadhan nan 1970an tha a chom-pàirtean carthannach air fàs chun na h-ìre an-diugh far a bheil a phrìomh 20 carthannas a' riochdachadh, mar bhuidheann, an iomairt carthannach ioma-adhbhar as motha anns an RA. Tha meud na h-obrach cho mòr 's gun robh a Mhòrachd Rìoghail ann an 2009-10 a' cuideachadh gu dìreach no gu neo-dhìreach ann a bhith a' togail cha mhòr £110 millean airson taic a thoirt do dh'obair Charthannas a' Phrionnsa. A thuilleadh air an sin, tha am Prionnsa air sia iomairtean sòisealta a stèidheachadh agus tha na prothaidean bhuapa sin air an toirt do charthannas.

## £110 millean do charthannas

'S dòcha gur e Urras a' Phrionnsa as motha a tha a' tarraing aire an t-sluaigh gu obair charthannach a' Phrionnsa. Chuir e an carthannas seo air bhonn gus cuideachadh le daoine òga, air an do bhuail aimhreit nan inntinn agus dochair nam beatha, faighinn os cionn nan cnapan-starra ris am bi iad a' coinneachadh, a chum piseach a thoirt air am beatha. Ann an iomadh dòigh tha an t-Urras, a chaidh a stèidheachadh bho chionn 34 bliadhna, na shamhla mhath air modh-obrach a Mhòrachd Rìoghail a thaobh tionnsgaineachd charthannach. An toiseach, bidh e a' lorg a-mach easbhaidh nach do ghabh gnothach ris fhathast, agus an uair sin cuiridh e air chois carthannas a lionas am beàrn sin. An dèidh sin, bidh e a' dol an ceann ro-innleachd agus stiùireadh na buidhne, agus a' togail airgid airson obair a' charthannais a mhaoineachadh.

Ann an 2009-10, chuidich Am Prionnsa, gu dìreach no gu neo-dhireach, gus beagan a bharrachd air £110 millean a thogail mar taic do dh'obair 20 de a phrìomh charthannais. Ged a tha gach carthannas na buidheann neo-eisimeileach le Bòrd Urrasairean air leth, tha iad uile ag obair còmhla taobh a-staigh Buidheann Carthannais A' Phrionnsa le Sir Tom Shebbeare os an cionn. Tha iad a' dlùth obrachadh air nithean mar riaghladh corporra, togail maoin, planadh, ionmhas, conaltradh, goireasan daonna agus rannsachadh gus co-obrachadh, tarbhachd agus cosg-èifeachdas a bharrachadh.

Tha beachdan nam bith-bhrìgh de bhuidheann soirbheachail sam bith agus tha Prionnsa na Cuimrigh air sruth sheasmhach de rannsachadh agus tairgsean leasachaidh a chur air chois agus air iomairtean agus pròiseactan ùra a stèidheachadh. Bha an iomairt "Start" am measg nam pròiseactan ùra a chaidh a chur air bhog ann an 2009-10. Tha seo a' toirt dealbh air saoghal ri teachd a dh'fhaodas a bhith nas lùth-èifeachdaich, nas glaine agus nas falainne ma bhios daoine air feadh na RA beò air dòigh nas seasmhaiche. Tha am pròiseact a' faighinn taic bho dhiofar ghiomhachasan mòra agus tha làrach-lìn ann ([www.startuk.org](http://www.startuk.org)) làn de dh'fhiosrachadh simplidh agus practaigeach, sreath de thachartasan san Fhoghar 2010 air feadh na RA gus fiosrachadh a thoirt do dhaoine a thaobh seasmhachd, co-labhairt a rannsaicheas ciamar as urrainn do chompanaidhean barrachd a dhèanamh airson a bhith nas seasmhaiche, agus turas air feadh na rìoghachd le Prionnsa na Cuimrigh a chuireas solas air pròiseactan ionadail a tha a' gnàthachadh seasmhachd mu thràth .

A' cur air bhog Start sa Ghearran 2010, thuirt Am Prionnsa gun robh e dìongmhaltach freagairt a thoirt don eagal a th' air iomadh duine gum feumar ceumannan daor doirbh a ghabhail gus beatha a tha nas seasmhaich a chumail suas. Mar a mhinich e: "Ma bheirear sùil aithghearr air a' chuid-mhòr de làraich-lìn a tha a' bruidhinn mu atharrachadh ghnàth-shìde, chithear gu bheil iad làn de chainnt àicheil: 'stad', 'geàrr', 'lùghdaich', 'na...' 'S gann gum bruidhinn mòran dhiubh air mar a dh'fhaodas saoghal seasmhach ri teachd – a bhith againn agus aig Nàdar – a bhios nas fheàrr 's nas taitnich na tha an saoghal a th' againn an-dràsta."

'S e leasachadh sònraichte an-uiridh a bh' ann a bhith a' fosgladh san dàmhair 2009 oifis Beijing de Stèidheachd Carthannas A' Phrionnsa (Sìona). Ni an oifis comasach sreath co-bhannan eadar Stèidheachd Carthannais A' Phrionnsa agus na h-ùghdarrasan Sìonach agus buidhnean carthannach ionadail, gu h-àraid ann an earrannan ailtireachd, dualchais, slàinte agus sna h-ealain.

CARTHANNAIS A' PHRIONNSA  
& STÈIDHEACHDAN CARTHANNAIS A' PHRIONNSA  
THE PRINCE'S CHARITIES & THE PRINCE'S CHARITIES FOUNDATIONS

THE PRINCE'S DRAWING SCHOOL

SGOIL TARRAING A' PHRIONNSA

THE PRINCE'S SCHOOL

SGOIL A' PHRIONNSA  
AIRSON NA H-EALAIN THRAIDISEANTA  
INSTITIÙD TEAGAISG A' PHRIONNSA

OF TRADITIONAL ARTS  
THE PRINCE'S TEACHING INSTITUTE

THE PRINCE'S FOUNDATION  
FOR CHILDREN & THE ARTS

STÈIDHEACHD A' PHRIONNSA  
DO CHLANN & NA H-EALAIN

THE PRINCE'S FOUNDATION  
FOR INTEGRATED HEALTH  
(TO BE CLOSED JULY 2010)

STÈIDHEACHD A' PHRIONNSA  
AIRSON SLÀINTE AONAICHTE  
(RI DHÙNADH ANN AN 2010)

THE PRINCE'S TRUST

URRAS A' PHRIONNSA

THE PRINCE'S  
SCOTTISH YOUTH BUSINESS TRUST

URRAS GNOTHACHAS ÒIGRIDH  
ALBANNACH A' PHRIONNSA

THE PRINCE'S  
YOUTH BUSINESS INTERNATIONAL

GNOTHACHAS ÒIGRIDH EADAR-NÀISEANTA  
A' PHRIONNSA

PRIME

PRIME

PRIME-CYMRU

PRIME-CYMRU

THE BRITISH ASIAN TRUST

URRAS ÀISIANACH BHREATAINN

THE PRINCE'S FOUNDATION  
FOR THE BUILT ENVIRONMENT

STÈIDHEACHD A' PHRIONNSA  
DON ÀRAINNEACHD THOGTE

THE GREAT STEWARD OF  
SCOTLAND'S DUMFRIES HOUSE  
TRUST

URRAS TAIGH DHÙN PHRIS AIG  
ÀRD STIÙBHART NA H-ALBA

THE PRINCE'S REGENERATION TRUST

URRAS ATH-BHEOTHACHAIDH A' PHRIONNSA

TURQUOISE MOUNTAIN

TURQUOISE MOUNTAIN

BUSINESS IN THE COMMUNITY

GNOTHACHAS SA CHOIMHEARSNACHD

IN KIND DIRECT

IN KIND DIRECT

ARTS & BUSINESS

EALAIN & GNOTHACHAS

THE UNIVERSITY OF  
CAMBRIDGE PROGRAMME FOR  
SUSTAINABILITY LEADERSHIP

PRÒGRAM OILTHIGH CHAMBRIDGE AIRSON  
CEANNARDAS SEASMHACH

SCOTTISH BUSINESS  
IN THE COMMUNITY

GNOTHACHAS ALBANNACH  
SA CHOIMHEARSNACHD

DUCHY ORIGINALS

DUCHY ORIGINALS

TURQUOISE MOUNTAIN ARTS

TRADITIONAL ARTS LTD

EALAIN THRAIDISEANTA EARR.

THE PRINCE'S CHARITIES EVENTS LTD

TACHARTASAN CARTHANNAIS A' PHRIONNSA EARR.

NORTH HIGHLAND INITIATIVE

IOMAIRT CEANN A TUATH NA GÀIDHEALTACHD

HIGHGROVE ENTERPRISES

IOMAIRTEAN HIGHGROVE

Tha an co-obrachadh seo a' gabhail a-steach Obair le Stèidheachd A' Phrionnsa airson an Àrainneachd Thogte ann a bhith a' dèanamh suas às ùr nàbachdan eachdraidheil Hutong anns na ceàrnaidhean mun cuairt air a' Mhòr-bhaile Thoirmisgte ann an Beijing, stèidheachadh sreath de bhùthan-obrach air an ruith le Sgoil A' Phrionnsa de na h-Ealain Thraidiseanta agus Acadamaidh Shìonach nan Ealan gus an eòlas air dealbhadh Sìonach a roinn, agus aithriseachd telebhisean mu bhith a' dèanamh suas às ùr pàirt de Ghàrradh Qian Long bhon 18mh Linn ann am Mòr-bhaile Thoirmisgte Bheijing.

Tha Carthannais A' Phrionnsa daonnan a' sireadh ri modhan-obrach nas co-òrdaichte a thogail airson dèiligeadh ri cùisean, agus san t-Sultain 2009, chruinnich buidheann dhiubh airson seachdain de cho-chonaltraidhean aig Llwynywermod, dachaigh A' Phrionnsa sa Chuimrigh. Còmhla ri com-pàirtichean bho na roinnean poblach agus prìobhaideach, choinnich na carthannais gus bruidhinn air raon chùisean ris am faodadh iad dèiligeadh còmhla, nam measg sin: cion cosnaidh don òigridh, na tha daoine as aosta a' cur ris an eaconamaidh, gnìomhan ghnìomhachasan air atharrachadh ghnàth-shìde agus ath-ùrachadh dùthchail. Tha planaichean an sàs mu thràth airson seo a chumail a-rithist ann an 2010 le aire air a bhith a' cleachdadh Pròiseact Start mar chulaidh a dhùisgeas gnìomh coimhearsnachdan na Cuimrigh air atharrachadh gnàth-shìde.

'S fhada bho bha Prionnsa na Cuimrigh den bheachd gum faod buidhnean gnìomhachais a bhith soirbheachail agus aig an aon àm a bhith air feum leas choitcheann a' chomainn-sòisealta agus na h-àrainneachd. Airson seo a thoirt gu buil phragtaigeach, tha e air sia iomairtean sòisealta a stèidheachadh a bhios a' tabhann am prothaidean do charthannais (tha iad san liosta gu-àrd). 'S i Duchy Originals an tè as motha 's as aithnichte, companaidh bidhe fàs-bheairteach agus raon-saor a tha a' toirt a phrothaidean do charthannais. An dèidh suidheachadh malairt doirbh thar dà bhliadhna, thòisich an gnothachas air ìre fais ùr ann an 2009 nuair a dh'aontaich e com-pàirteachas ceadachd agus riarachaidh shònraichte còmhla ri buidheann Mòr-bhùth Waitrose. Air sgàth an aonta seo, meudaichidh na tabhartasan carthannach a tha Duchy Originals a' toirt seachad gu mòr mar a bhios Waitrose a' tasgadh ann agus a' leasachadh iomhaigh anns na bliadhnan ri thighinn.

Gheibhear mion-chunntas air 20 carthannas agus fiosrachadh greimeachaidh air taobh-duilleig 56 den Sgrùdadh seo agus aig [www.princescharities.org](http://www.princescharities.org)

## COTHROM AGUS IOMAIRT

Tha Prionnsa na Cuimrigh a' feuchainn bho chionn iomadh bliadhna, tro a bhuidhnean carthannais, ri daoine a cuideachadh gus an tàlant agus an comas a thoirt gu buil iomlan, biodh sin le bhith a' cumail taic ri fir agus mnathan òga an ana-chothrom tro obair Urras a' Phrionnsa, no le bhith a' toirt taic do dhaoine nas aosta tro a bhuidheann carthannais PRIME (Tionnsgnadh a' Phrionnsa airson Iomairt Inbheach), an aon bhuidheann nàiseanta coisrigte ri bhith a' cuideachadh le daoine a tha còrr is 50 bliadhna a dh'aois gnothachas a chur air chois.

'S e Urras a' Phrionnsa an carthannas as aosta agus as ainmeile aig A Mhòrachd Rìoghail. Stèidhich e am buidheann ann an 1976 le £7,400, am pàigheadh sgaraidh a fhuair e nuair a dh'fhàg e an Cabhlach Rìoghail. Tha e ag amas air daoine aois 14 gu 30 an comasan a thoirt gu deagh bhuil agus an cuid beatha atharrachadh gu mòr le bhith a' tabhann taic phractaigeach; am measg sin, trèanadh agus cuideachadh dhaibh a thuilleadh air a bhith a' toirt taic airgid do luchd-tionnsgainn òga.

Gach bliadhna, bidh Prionnsa na Cuimrigh a' dol gu raon farsaing de cho-gheallaidhean, chuirmean agus choinneamhan às leth an Urrais, nam measg sin: cuirmean Duaisean Comharrachadh Soirbheachais a tha a' comharrachadh na choilean daoine òga a tha air sineadh saoghail ath-bhuidhinn dhaibh fhèin le cuideachadh bhon charthannas. Chaidh na duaisean às ùra a chumail sa Mhàrt 2010 aig taigh-dhealbh an Odeon ann an Ceàrnag Leicester ann an Lunnainn, agus bha mòran luchd-clù an làthair - nam measg sin, Sir Micheal Caine, cailinn Bond Gemma Aderton, agus an neach-comadaidh Micheal Mac an t-Saoir.

Am measg na choisinn duais bha tràill dhrogaichean ath-leasaichte Karen NicLachlainn, 26, a fhuair mòr-bhualadh-bhas bho 1,500 luchd-amhairc a bha an làthair nuair a chaidh a h-ainmeachadh mar Neach-coileanaidh Òg na Bliadhna. Chaidh a beatha na smùr aig aois 11, a' tòiseachadh leis a' chainb, a' teannadh ri amphetamines agus gu heroin aig a' cheann thall. Chuidich cùrsa leasachaidh 12-seachdain còmhla ris an Urras i a beatha a chur air an t-slighe cheart, agus tha i an dèidh pàipear a sgrìobhadh air ana-chleachdadh stuthan ceimigeach do Chomhairle Bhaile Shunderland. Cuideachd, tha i na Tosgaire Òg do dh'Urras a' Phrionnsa.

Fhuair a' Bh-Uas NicLachlainn, a tha an dòchas a bhith na neach-comhairle air ana-chleachdadh stuthan ceimigeach a duais bho Sir Micheal Caine. Thuirt an seann chleasaiche cliùiteach an dèidh làimh: "Tha an saoghal a dh'fhiosraich Karen air mo ghluasad 's m' irioslachadh. Tha beatha chruaidh air a bhith aice, ach chan e a-mhàin gu bheil i air faighinn os cionn a trioblaidean fhèin - ach gu bheil dealas oirre cuideachd gus taic a thoirt do dhaoine òg eile airson 's nach bi a leithid de chruadal a' bualadh orrasan."

B' e neach eile a choisinn duais a bh' ann am Marc Livesy, 30, a stèidhich a chompanaidh liubhairt pharsailean fhèin ri aodann fèith-chnàmhainn, tinneas a thàinig air nuair a bha e 18. Bha e a' faireachdainn gun robh a chion comas gluasaid a' toirt droch bhuaidh air a chothroman cosnaidh, nì a dh'fhàg e gun mòran spèis dha fhèin agus duilgheadasan na chrìdhe. Ach, fhuair e taic a-steach do chosnadh air a cheann fhèin tro Phrògram Gnothachais an Urrais. Thuirt an cluicheadair ball-coise a b' àbhaist a bhith a' cluich aig Sasainn, Anndra Cole, is e a' toirt dha Duais Iomairt RBS; "Bu chòir do bhuaidh Mharc an-diugh a bhith na eisimpleir dhuinn uile."

Bho 2007, tha an Urras air a bhith a' dearbhadh, le brosnachadh bhon Phrionnsa, iomairt shònraichte gus obrachadh còmhla ri eucoirich òga mus fàg iad am prìosan. Tha am prògram a' cleachdadh feadhainn a bha nan eucoirich roimhe gus comhairle a thoirt do dh'eucoirich òga a thaobh a bhith gan gleusadh fhèin anns a' phrìosan airson beatha neo-eisimeileach às a dhèidh. Tha e cuideachd a' cuideachadh le briseadh an stiogma a tha co-cheangailte ri bhith nad eucoireach. San t-Sultain, chaidh Am Prionnsa gu Prìosan Belmarsh ann an Lunnainn a dh'fhaicinn cuid de na gnìomhan ath-ghnàthachaidh a thathar a' ruith ann, agus fhad 's a bha e an sin, chaidh e an sàs ann an còmhradh mun bhòrd le buill de phrògram comhairleachaidh an Urrais.

'S e Adrian Wheeldon fear de na miltean de dhaoine òga a tha air buannachd fhaighinn bho thaic Urras a' Phrionnsa ann a bhith a' faighinn os cionn a dhuilgheadasan. 'S e seo a sgeulachd – a tha a' nochdadh ann an iomairt sanasachd ùr an Urrais “Undiscovered” – na fhacail fhèin:

“Thogadh mi air ionad-thaighean Chomhairle Bhognor Regis. Bha mi a' saòilsinn gun robh fios aig a h-uile duine ach mi fhìn air na bha iad a' dèanamh nam beatha. Chaidh mo chur ann an dachaigh chloinne nuair a bha mi 11 rè saor-làithean an t-samhraidh. Mheas iad gun robh mo phàrantan neo-chùramach agus nach robh smachd aca orm.

“Bhiodh daoine gu tric a' tighinn chun an taigh againn 's iad fo bhuidhean dhrogaichean agus ag òl. Theann mi ri ana-chleachdadh lionn-sgaoilidh agus òl aig an taigh. An dèidh sin thòisich mi air eacstasaidh agus còc a ghabhail. B' èiginn do mo phàrantan gluasad air falbh bhuan oir bha eagal aca romham.

“Agus an uair sin, thàinig an dà latha orm. Mun do sheall mi rium fhìn, bha mi a' sàth-stealladh hearoin annam fhìn. Thàinig mi gu bhith gun dachaigh. Bha mi a' cadal air sràidean Bhrighton – ann an càrlannan, clobhsaichean, sguatan.

Tha a bhith a' cuideachadh le daoine òga ceàird ionnsachadh mar aon de na nithean as cudromaiche ann an obair an Urrais, agus sa Mhàrt 2010, chaidh Am Prionnsa air turas gu na cidsinean aig Sgoil Aoiagheachd Colaiste Westminster Kingsway ann am meadhan Lunnainn agus choinnich e ri daoine òga ag ionnsachadh sgilean airson dreuchd anns a' ghnìomhachas bidhe. Nam measg bha deugairean gun obair a bha clàraichte anns a' phrògram carthannais “Get into Cooking” a tha a' cuideachadh òganaich dreuchdan fhaighinn ann an gnìomhachas solarachd bidhe.

Rè an turais, b' iad rionnach a chaidh a ghlacadh air driamlach 's a bh' air a smocadh aig an sgoil, leasradh uan Cuimreach, paidh ciobair de mhuilt-fhèoil, agus cèic dinnsear parkin mar mhilsean a bh' air a' chlàr-bidh. Fhad 's a bha e ann, thàinig A Mhòrachd Rìoghail còmhla ri clas de dh'òileanaich sgeadaichte ann an aparanan agus adan còcaire 's a bha ag ionnsachadh mar a bhuidsearadh iad cìosach fèidh.

'S e Urras A' Phrionnsa aon de na carthannais a tha an sàs ann an “Youth United” - iomairt a chuir A Mhòrachd Rìoghail air bhog an-uiridh. Tha seo ag amas air barrachd dhaoine òga a thàladh gu buidhnean òigrìdh, leithid nan Cadets agus comann nan Scout, agus barrachd inbhich a bhith gan ruith gu saor-thoileach. 'S e aon de na prìomh amasan eile aig Youth United diofar bhuidhnean òigrìdh a bhrosnachadh gus an goireasan a cho-riarachadh, an gnìomhan a cho-òrdanachadh agus obrachadh nas dlùithe le chèile san fharsaingeachd. Tha an iomairt cuideachd a' faighinn taic bhon Phoileas agus na seirbheisean èiginn eile.

Tha Youth United a' fàs gu bhith na sgeama air feadh na RA. San Ògmhios 2009, rè turas gus coinneachadh ri Feachd Aonaichte nan Cadet aig Sgoil Choitcheann Treorchy ann an ceann a deas na Cuimrigh, dh'ainmich Am Prionnsa gun robh “Young Dragons” air an stèidheachadh.

San Iuchar 2009, bha e an làthair aig cuirm gàrraidh aig Lùchairt Bhuckingham gus coinneachadh ri riochdairean nam buidhnean a bha an sàs ann an “You London”. Agus sa Ghearran 2010, chuir e air bhog meur an iar-thuath de Youth United air turas gu Manchester.

“Mu dheireadh, an dèidh mu 12 dì-thogsadh agus còig ionadan frithealaidh eadar-dhealaichte, fhuair mi cuidhteas dhiubh. B' ann mun àm sin a thuir cuideigin rudeigin mu Urras A' Phrionnsa agus thòisich mi air creidsinn annam fhèin.

Thug an t-Urras dhomh tabhartas £1,000 agus iasad £800 gus tòiseachadh air gnòthachas plèastairidh. Tha mo ghnòthachas – AD Plastering – a' ruith a-nis airson còrr agus dà bhliadhna. Tha mi air a bhith glan airson còrr agus ceithir bliadhna. Tha mi cuideachd ag obair ann an ionad ath-ghnàthachaidh dhrogaichean air an oidhche gus daoine eile a chuideachadh.

“Bhon àite às an tàinig mi gu far a bheil mi an-diugh – chan urrainn dha facail innse. O chionn ghoirid thuir mo mhàthair gun robh i moiteil asam agus thòisich mi a' rànaid. Chan eil fios agam ciamar a chuireas mi ceart na chaidh seachad. Ach nuair a thuir i sin, bha coltas ann gur mise am mac a bha iad ag iarraidh bho chionn fhada.”

*Dealbh air a thoir le Seòras Brooks.*

# GNOTHACHAS CUNNTACHAIL

Le ùidh fad-ùine ann an cùisean coimhearsnachd agus a dhlùth-cheanglaichean le ceannardan bho shaoghal gnìomhachais, tha Prionnsa na Cuimrigh ann an deagh shuidheachadh airson inbhe a chleachdadh gus taic a thoirt do leasachadh iomairtean dleastanas corporra sòisealta air feadh na RA agus thall thairis. Tha e a' creidsinn gu bheil an comas aig an roinn phoblach diofar mòr a dhèanamh a thaobh mòran de na cùisean agus na trioblaidean a tha fa chomhair choimhearsnachdan.

Ma dh'fhaoidte gur e atharrachadh gnàth-shìde as cudromaiche de na trioblaidean sin, agus tha a Mhòrachd Rìoghail a' cumail air a' cleachdadh a cheanglaichean làidir le saoghal a' ghnòthachais gus obair chorporra a bhrosnachadh airson an àrainneachd a dhìon.

Sa Chèitean 2009, bha Am Prionnsa an làthair aig an treas àrd-choinneamh May Day air atharrachadh gnàth-shìde do cheannardan gnòthachais. Chan ann a-mhàin airson aon latha sa bhliadhna a tha iomairt May Day a' gabhail àite; ga ruith le carthannas Gnìomhachas sa Choimhearsnachd (BITC), tha e a-nis air a dhèanamh de chòrr agus 2,300 companaidh Breatannach bho bhuidhnean ioma-nàiseanta gu companaidhean beaga teaghlach. Tha an lionra a' toirt cothrom do ghnòthachasan modhan-obrach a chom-pàirteachadh agus gus ionnsachadh bho chàch a chèile mun phàirt bhrìghmhor a ghabhas iad ann a bhith a' lùghdachadh sgaoilidhean gualain na RA.

Tha Prògram Gnòthachais & na h-Àrainneachd (BEP) aig A' Phrionnsa air fear de na h-iomairtean seasmhachd as fhaide maireann ann an saoghal gnìomhachais. Tha e air a ruith le Prògram Oilthigh Chambridge airson Stiùireadh Seasmhachd (CPSL), agus 's e A Mhòrachd Rìoghail an Neach-taice. Tha BEP a' faighinn aithne eadar-nàiseanta airson a cho-chonaltraidhean stiùiridh a bhios gan ruith gach bliadhna ann an sia àiteachan air feadh an t-saoghail. Bidh iad a' tarraing prìomh cheannardan gnìomhachais a bhios ag iarraidh tuigse air na cunnartan ro-innleachdail agus na cothroman a tha co-cheangailte ri na dùbhlain shòisealta agus àrainneachd a tha mu choinneamh ar co-chomainn.

Tha CPSL cuideachd a' ruith grunn iomairtean eile do A Mhòrachd Rìoghail, nam measg sin Buidheann Stiùirichean Corporra A' Phrionnsa air Atharrachadh Gnàth-shìde (CLGCC), agus trì pròiseactan stèidhichte air roinntean: iomairt P8 a tha a' brosnachadh roinn nam peinneanan gus co-obrachadh ri aodann dùbhlain co-cheangailte ri atharrachadh gnàth-shìde; ClimateWise, iomairt coltach ri seo le aire air roinn an àrachais; Caidreachas na Roinn Laghail (LSA) air a dhèanamh de 18 prìomh chompanaidhean lagha, Stèidheachd Lagh na h-Àrainneachd agus Comann an Lagh.

San ògmhios 2009, chruinnich buill de CLGCC ann an Lunnainn airson co-labhairt, "Copenhagen and Beyond" far an tug A Mhòrachd Rìoghail tàing do phrìomh stiùirichean gnìomhachais airson an ainmean a chur ri Communiqué Chopenhagen— co-aithris bhon choimhearsnachd gnìomhachais eadar-nàiseanta a chaidh a chur gu stiùirichean a bha an làthair aig Co-labhairt Atharrachadh Gnàth-shìde an UN ann an Copenhagen san Dùbhlachd.

An-uiridh, chaidh iomairt P8 bho neart gu neart leis a' bhallrachd a' dol suas gu mòr chun na h-ìre gu bheil iad le chèile a' stiùireadh còrr agus \$3 trillean de chalpa tasgaidh air feadh an t-saoghail. Tha am pròiseact a' sireadh ri piobrachadh a thoirt air na maoinean pennsein ach an cleachd iad an cumhachd mar luchd-tasgaidh mòr, agus an àite sònraichte anns an roinn poblaich a chum poileasaidh eadar-nàiseanta agus a' mhargaidh a dhealbhadh gus cathachadh ri na dùbhlain agus na cunnartan a bhuineas do dh'atharrachadh gnàth-shìde.

## NEACH-TIONNSGAIN CARTHANNACH

Tha uallach air A' Phrionnsa bho chionn fhada gun lean sinn oirnn a' milleadh agus a' caitheamh cus de chalpa nàdarrach a' phlanaid, nì ris a bheil sinn an urra airson a bhith beò, mura tèid siostaman treasa practaigeach a leasachadh, gus an dèanar cinnteach gun tèid eileamaidean nas farsainge agus fad-ùine a chur san àireamh nas èifeachdaiche ann an cunntasachd agus co-dhùnaidhean. Tha Pròiseact Cunntasachd airson Seasmhachd A' Phrionnsa (A4S) air a bhith ag obair le stiùirichean gnìomhachais, riaghaltasan agus luchd-acadaimigeach gus dearbhadh gum bi seasmhachd na pàirt riatanach de dh'obair nam buidhnean bho latha gu latha.

San Dùbhlachd 2009, dh'fhoillsich Am Prionnsa an aonta gus "Comataidh Coileanta Aithriseachd Eadar-nàiseanta" (IIRC) a stèidheachadh aig coinneamh bhliadhnaile a Fòram A4S. Bheil an IIRC companaidhean, luchd-tasgaidh agus luchd-suidheachaidh inbhean còmhla gus modail aithriseachd ùr in-aoonachta a thoirt a-steach, a nì cinnteach gu bheil aithriseachd ionmhasail a' sealltainn an ìre gu bheil a' bhuidheann an urra ri stòrasan nàdarrach a' phlanaid, daoine agus coimhearsnachdan gus maireachdainn agus soirbheachadh.

Ann an 2009, leasaich P8 prògram sgìreil, leis a' chiad chuimse air Àisia agus tha e a' cumail air ag obair gu dlùth le Riaghaltas na RA, Banca Leasachaidh Àisia agus Banca an t-Saoghail ann a bhith a' leasachadh maoinan bun-structair gus cuideachadh le dùthchannan a bhith a' coileanadh am planaichean a thaobh leasachadh beag gualain.

Tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith air ceann na h-oidhirp gnìomhachas le cùram sòisealta a bhrosnachadh cho fada ri neach sam bith ann am beatha phoblach Bhreatainn, agus ann an 2010 tha BITC a' comharrachadh 25 bliadhna de A Mhòrachd Rìoghail mar cheann-suidhe. Airson mòran de na bliadhnachan sin tha e gu pearsanta air a bhith a' toirt prìomh luchd-gnothaich air turais "Seeing is Believing" gu ceàrnaidhean easbhaidheachd shòisealta den RA gus sealltainn dhaibh na trioblaidean as urrainn dhaibh cuideachadh le fuasgladh. Mar eisimpleir, san Fhaoilleach 2010 thug e bus làn stiùirichean gnìomhachais gu Sgoil Óigridh Ceàrnag Surrey ann an ceann a deas Lunnainn gus an cluinneadh iad dhaibh fhèin mar a bha companaidhean ionadail a' cuideachadh gus diofar mòr a dhèanamh anns a' choimhearsnachd.

Chaidh innse do luchd-gnìomha bho chompanaidhean a leithid a' chompanaidh cafaidh ana-mhòr, Starbucks, agus an solaraidhe lùth, EDF, mar a bha an sgoil, a bha air inbhe "Barraichte" fhaighinn bho luchd-measaidh bho chionn ghoidid, a' faighinn cuideachadh bho raon de ghnòthachasan ionadail agus nàiseanta, am measg sin na cunntasairean PricewaterhouseCoopers. An dèidh an turas chun na sgoile bha seisean obrachaidh aig Lùchairt an Naoimh Seumas do dh'àrd-oifigearan gnìomha a bha os cionn turais "Seeing is Believing" roimhe air chor 's gum b' urrainn dhaibh innse don Phrionnsa dè a' bhuaidh a bha aig an obair air cuid de na cùisean sòisealta a bu chudromaiche san RA.

# \$3 trillean

THA BUILL DE DH'ÌOMAIRT P8 LE CHÈILE A' RIANACHADH CÒRR AGUS \$3 TRILLEAN DE CHALPA TAISGTE SAN T-SAOGHAL AIR FAD

# 25 bliadhna

ANN AN 2010, THA BITC A' COMHARRACHADH 25 BLIADHNA DE A MHÒRACHD RÌOGHAIL MAR CHEANN-SUIDHE

Thèid comhairle a thoirt air obair a' chomataidh le stiùireadh practaigeach a thèid a leasachadh le A4S ann an 2009 gus cuideachadh le buidhnean modh aithriseachd co-cheangailte no coitcheann a chur an sàs. Tha barrachd bhuidhnean air gabhail ris a' mhodh seo, nam measg riaghaltas na RA agus prìomh ghnòthachasan mar Aviva, BT, EDF Energy, Hammerson, HSBC agus Northern Foods. Gheibhear cunntas seasmhachd na Muinntireachd, a' cur na prionnsabalan aithriseachd co-cheangailte sin an gnìomh, air taobh-duilleagan 50 gu 53.

Tha an A4S air soirbheachadh cho mòr 's gu bheil 19 buidhnean cunntasachd bho air feadh an t-saoghail anis ag aithneachadh, sa bhliadhna seo a dh'fhalbh, an àite riataich a dh'fheumas a bhith aig "cunntasachd airson seasmhachd" ann a bhith a' toirt do luchd-co-dhùnaidhean an-diugh an fhiosrachaidh a dh'fheumas iad, agus ag ionnsachadh do chunntasairean an latha a-màireach mar a chuireas iad seasmhachd an sàs air feadh na h-obrach.

# AN ÀRAINNEACHD THOGTE

Tha Prionnsa na Cuimrigh am beachd gu bheil buaidh mhòr aig an àrainneachd thogte air inbhe beatha dhaoine, agus gun gabh barrachd dèanamh airson dachaighean, oifisean agus togalaichean poblach a chruthachadh a bhrosnaicheas mothachadh coimhearsnachd agus moit san àite, ann a bhith a' toirt air adhart math nan daoine a tha a' fuireach an sin agus a' lùghdachadh thrioblaidean sòisealta aig an aon àm ri bhith a' cur barrachd ri seasmhachd na h-àrainneachd.

'S ann gu sònraichte an urra ri Urras a' Phrionnsa airson na h-Àrainneachd Thogte a tha e na smuaintean seo a chur an gnìomh. 'S e carthannas foghlaim a th' ann, a stèidhich am Prionnsa ann an 1998, agus a thàinig às an Institiùd airson Ailtireachd a bh' ann an toiseach a bha e air stèidheachadh ann an 1992. Tha an carthannas ag ionnsachadh agus a' cleachdadh mhodhan-obrach maireannach agus eac-eòlachail ann a bhith a' planadh, a' deilbh agus a' togail. Suidhichte ann an Lunnainn an Ear, tha an carthannas a' gabhail pàirt ann an sreath de phròiseactan air feadh na RA agus thall thairis – bho ath-nuadhachadh bailteach agus leudachaidhean bhailtean gu leasachaidhean air raointean donn.

A bharrachd air a bhith ag obair mar cho-chomhairliche planaidh airson nan roinnean poblach agus priobhaideach, tha an t-Urras ag ionnsachadh sgilean ann an leasachadh seasmhach tro bhuidhnean-obrach agus tro choinneamhan, agus tha e a' sgaoileadh eisimpleirean ùra de dhòigh-obrach tron lìonra fharsaing aige. Aig amannan, tha an carthannas a' dèanamh soilleir cho cudromach 's a tha an dà chuid innleachdas agus seann phrionnsapalan ann a bhith a' togail choimhearsnachdan soirbheachail.

Chuir am Prionnsa cuideam air na prionnsabalan air cùl na h-obrach seo na òraid sa Chèitean 2009 aig Institiùd Rìoghail Ailtirean Bhreatainn (RIBA), is e a' comharrachadh 175 bliadhna bho chaidh am buidheann a stèidheachadh. Rè òraid 40-mionaid shònraich A Mhòrachd Rìoghail bailteachadh cruinne, a' toirt fan comhair gum biodh 60 sa cheud de shluagh an t-saoghail a' fuireach ann am mòr-bhailtean ro 2030. Dh'innis e do bhuill an RIBA: "Gu ruige seo, bha a' mhòr-chuid againn a' meas gu bheil am bailteachadh seo a tha a' sìor dhol an luathas na dhùbhlan sgèile geàrr-ùine, agus ga fhreagairt le bhith a' sìor thogail nas motha 's nas luaithe, seach a bhith a' faighneachd dè cho seasmhach 's a tha na leasachaidhean seo ann an da-riribh a thaobh an eaconamaidh, a' chomainn-sòisealta agus na h-àrainneachd, is iad stèidhichte air eisimpleir de phlanadh is dealbhachadh a tha sean-fhasanta."

Tha Am Prionnsa ag iomairt bho chionn iomadh bliadhna airson 's gun dèilig an saoghal ri atharrachadh gnàth-shìde agus dh'innis e don luchd-èisteachd gum biodh feum ann air modh-obrach trì ìre mar a bhiodh a' bhuidheann aige seo ga toirt air togalaichean agus àiteachan: "An tòiseach ag obair air ro-imeachd, a' togail air na dh'obraich gu math roimhe seo; san dàrna h-àite a' tuigsinn na sgìre, an 'DNA' shònraichte, mar gum biodh, aig àite, a' gabhail a-steach fàisneis ionadail agus cur-a-steach na coimhearsnachd; agus san treas àite a' gabhail a-steach a' chuid as fheàrr de theicneòlas ùr."

B' ann a bhith a' togail thogalaichean gualain nas isle aon de na cuspairean air an deach bruidhinn aig co-labhairt bhliadhnail a' PFBE aig Lùchairt an Naoimh Seumas sa Ghearran 2010, far am b' e cuspair an tachartais "Togail: Eaconamaidh Ùr Uaine". Chuala riochdairean bho raon eòlaichean agus luchd-labhairt agus ghabh iad pàirt ann am fòram deasbaid le Jonathan Porritt, a bha roimhe na Chathraiche air Coimisean Leasachaidh Seasmhach, os a chionn. Aig a' cho-labhairt bhruidhinn Hank Dittmar, àrd-oifigear gnìomha a' PFBE mu rannsachadh ùr a' charthannais a bha a' sealltainn mar a chuireadh togail na b' uaine agus na b' fheàrr obraichean agus airgead a-steach do na h-eaconamaidhean ionadail, agus aig an aon àm a' coinneachadh ri targaidean lùghdachaidh gualain an riaghaltais.

San Fhaoilleach 2009, le iarrtas bho Phrionnsa na Cuimrigh, thòisich Stèidheachd A' Phrionnsa airson na h-Àrainneachd Thogte air eag-dhachaigh shònraichte a thogail. Thugadh an t-ainm simplidh “an Taigh Nàdarrach” air, agus chaidh a thogail le stuthan nàdarrach, nam measg blocaichean crèadha, plàst aoil, agus clòimh chaorach airson còmhdach teas-gleidhidh. Tha am pròiseact ag amas air sealltainn do luchd-togail thaighean gun urrainn dhaibh an targaidean beag-gualain airson taighean ùra a choileanadh le bhith a' gabhail a-steach nan dreachan deilbh traidiseanta air a bheil fèill cho mòr ann am margaidh nan taighean.

Sa Chèitean 2009, chaidh Am Prionnsa a choimhead air adhartas a' phròiseict aig Pàirce Ùr-gnàthach Stèidheachadh Rannsachadh Togail ann an Watford far a bheil an taigh ga thogail. Nuair a bhios e deiseil san Fhoghar 2010, thèid an Taigh Nàdarrach a roinn na dhachaigh teaghlaich le trì seòmraichean cadail, maisonette, agus flata bheag gus stoidhle so-lùbach an dealbhachaidh a nochdadh. Tha seo a' soilleireachadh do luchd-togail thaighean na buannachdan a tha ann an seòrsa togail a dh'fhaodas a bhith air atharrachadh gu furasta a rèir atharrachaidhean ann an àireamhan sluaigh agus feumalachd taigheadais.

San t-Samhain 2009, thàinig am PFBE còmhla ri Gnothachas sa Choimhearsnachd gus co-chonaltradh leis an tital “Live/Work Spaces in the 21<sup>st</sup> Century” ann am Baile Marylebone ann am meadhan Lunnainn. B' e amas a' cho-labhairt, aig an robh A Mhòrachd Rìoghail an làthair, fiosrachadh a thoirt do stiùirichean gnìomhachais mu na buannachdan ann a bhith a' leasachadh choimhearsnachdan bailteil fìor sheasmhach. Chaidh innse do riochdairean bho 36 de phrìomh chompanaidhean na RA ann an gnìomhachasan togail agus Planaidh, marsantan mòra agus luchd-tasgaidh thogalaichean choimearsalta mar a dh'adhbhraich stiùireadh Sràid Àrd Marylebone le riochdairean bho Oighreachd Howard de Walden ath-bheothachadh na sgìre agus gun robh seo a' dearbhadh gun do chuidich le togalaichean coimearsalta agus dachaighean taobh ri taobh, coimhearsnachdan so-coiseachd agus ailtireach thraidiseanta freagarraichte fa chomhair cleachdaidhean an latha an-diugh gus luach thaighean a ghleidheadh.

'S e Urras Ath-bheothachaidh A' Phrionnsa (PRT) aon de na carthannais eile a tha ag obair air a bhith a' leasachadh na h-àrainneachd thogte, agus sa Mhàrt 2010 chaidh an carthannas a chur an dreuchd gus a bhith a' stiùireadh pròiseact ath-bheothachadh Pàirc Bhletchley, a bha ann an teis-meadhan obair di-cheil chòdan Bhreatainn aig àm an Dàrna Cogaidh agus aon de na làraich as cudromaiche ann an eachdraidh armailteach an 20mh linn. Sa phròiseact seo bidh am PRT ag ath-leasachadh grunn earrannan den làrach, nam measg sin cuid de na bothain anns an robh briseadh chòdan a' tachairt.

Ach mura h-eil sgilean aig luchd-ciùird airson obair fhreagarrach a dhèanamh ann an togalaichean eachdraidheil, chan eil e gu bhith comasach an ath-ùrachadh, agus tha Am Prionnsa, fad iomadh bliadhna, air a bhith a' moladh an fheum a th' ann airson trèanadh anns na sgilean ciùird traidiseanta. Sa Mhàrt 2010, thug A Mhòrachd Rìoghail teisteanas ceumnachaidh do dh'fhoghlamaichean ciùird às an RA, Stàitean Aonaichte Ameireagaidh agus lameuga. Bha iadsan air pàirt a ghabhail ann an cùrsa sgilean ciùird fo stiùir PFBE. Bha na h-oileanaich Ameireaganach air a bhith an sàs ann am Prògram Ath-thogail Choimhearsnachdan aig Prionnsa na Cuimrigh stèidhichte san 9mh Uàrd Ìosal ann an New Orleans, agus bha iad air an trèanadh ann an diofar sgilean bho obair-iarainn agus clachaireachd gu saorsainneachd. Chaidh am prògram a' stèidheachadh le A Mhòrachd Rìoghail ann an 2009 gus trèanadh, obraichean, ath-leasachadh thogalaichean eachdraidheil agus ath-bheothachadh eaconamach air an robh feum mhòr a thoirt do na ceàrnaidhean bu bhochda de New Orleans.

B' e togail thogalaichean gun uiread de ghualan ga chaitheamh aon de na cuspairean air an deach deasbad aig co-labhairt bhliadhnail PFBE aig Lùchairt an Naoimh Seumas sa Ghearran 2010 agus b'e “Togail: Eaconamaidh Ùr Uaine cuspair an tachartais”.

# FOGHLAM

Tha am Prionnsa a' creidsinn gu dùrachdach anns na prionnsabalan fad-ùine a tha nan stèidh airson gach deagh theagasg agus anns an rud ris an can e "na snàithleanan luachmhor a bha riamh a' ceangal gach linn ri chèile."

Tha na prionnsabalan buan sin, agus tuigse air an fheabhas a dh'fhaodar na h-ealain agus cultar a thoirt air beatha dhaoine, aig meadhan obair nan carthannas foghlaim agus ealain aig a' Phrionnsa.

Sa phrìomh àite nam measg tha Institiùd Teagasg A' Phrionnsa (PTI), carthannas foghlaim a tha a' tabhann trèanadh fad na bliadhna do thidsearan sgoiltean stàite. Bhathar ag amas an toiseach air Beurla, Eachdraidh agus Saidheans agus an dèidh sin, air Cruinn-eòlas agus Matamataig cuideachd. Tha prìomh fheallsanachd PTI a' freumhachadh sa bheachd gu bheil eòlas air cuspair, deagh obair sa chuspair agus dealas a thaobh an conaltraidh deatamach airson teagasg a tha èifeachdach, agus cuideachd gum bu chòir a bhith a' coimhead air foghlam mar mhodh-obrach ann a bhith a' faighinn eòlas agus tuigse 's chan e sgilean a-mhàin.

San t-Samhain 2009, chùm am Prionnsa co-chonaltradh agus cuirm do cheannardan sgoile agus thidsearan bho 51 sgoiltean air feadh na RA a choisinn Comharra Prògram Sgoiltean PTI. Air a chur air bhog leis A' Phrionnsa san t-Samhain 2007, tha am program a' toirt duaisean airson a bhith a' leasachadh bheachdan agus ghnìomhan brosnachail a tha a' toirt feabhas air teagasg Beurla, Eachdraidh agus Saidheans. Rè na cuirme chunnaic na h-aoghean taisbeanaidhean le sgoilearan bho na diofar sgoiltean a choisinn duais, nam measg Àrd-sgoil Bhictòria Ulverton ann an Cumbria. Dh'innis oileanach Ìre-A à Ulverton, Laura Moss, don luchd-èisteachd mar a bha obair PTI agus pròiseactan leis an tidsear Tammy Nicholls os an cionn air a dioghras airson Beurla àrdachadh agus i ag iarraidh a teagasg air an sgàth. Choisinn Ulverton Comharra Prògram nan Sgoiltean airson obair agus am measg sin bha fèis litearra, adhartachadh leughaidh agus turais gu taighean-cluich le tidsearan. Ro dheireadh na bliadhna, bha 228 roinn à 151 sgoil air chlàrachadh airson pàirt a ghabhail sa phrògram.

'S e Sgoil Tharraing A' Phrionnsa aon de charthannais foghlaim eile A' Phrionnsa. Tha a' bhuidheann seo a' cuimseachadh air tarraing dhealbhan ionnsachadh mar chàinnt bheò agus bheòthail agus aig a bheil prìomh àite ann a bhith a' tuigsinn agus a' cur luach air ealain agus ailtireachd. Tha Shoreditch, cridhe cruthachail Taobh an Ear Lunnainn, stèidhichte ann an seann taigh-bathair ath-leasaichte. Tha an sgoil a' tabhann raon farsaing de chùrsaichean, nam measg clasaichean foghlaim anns na stiùdiothan, ann an taighean-tasgaidh nàiseanta agus ann an ionadan eile, a thuilleadh air a bhith a' ruith bhùthan-obrach rè nan saor-làithean agus phrògraman coimhearsnachd.

'S e carthannas a tha a' cuimseachadh air foghlam a thoirt do chlann nas òige a th' ann an Urras A' Phrionnsa airson Chloinne & nan Ealain. Thathar ag amas air cothrom a thoirt do chlann agus daoine òga pàirt a ghabhail anns na h-ealain as fheàrr a th' ann. Bha Am Mòrachdan Rìoghail an làthair aig cluiche gala de "Peter Pan" a rinneadh mar taic don charthannas.

## SLÀINTE

Tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith an sàs bho chionn fhada ann an iomadh buidheann cùram slàinte eadar-dhealaichte, nam measg ospadalan agus ospaisean a bhios e a' cuideachadh le taicphearsanta, maoineachadh agus le bhith a' tadhal orra gu cunbhalach. 'S fhada bho mhol e dòigh aonaichte airson dèiligeadh ri cùram slàinte.

'S e is ciall do seo ach a bhith a' cur cuideam air bacadh agus dèiligeadh ri na h-adhbharan sòisealta agus àrainneachdail airson euslaint, a thuilleadh air a bhith a' cleachdadh slànachadh co-phàirteach còmhla ri cungaidhean-leigheis gnàthach gus fìor shlàinte a chruthachadh seach a bhith a' toirt leigheas airson an tinneis a-mhàin.

Tha am modh-gabhail seo aig teis-meadhan obair Stèidheachd A' Phrionnsa airson Slàinte Aonaichte (FIH), bho chaidh a chruthachadh ann an 1993. Sa Chèitean 2009, bhruidhinn Am Prionnsa mu chungaidhean-leigheis aonaichte aig co-labhairt dà latha an FIH aig prìomh-oifis Maoin an Rìgh ann an Lunnainn. An dèidh dha pròiseact ath-leasachaidh £3 millean Maoin an Rìgh fhosgladh agus duaisean a thoirt seachad do bhuidhnean a tha air dòighean ùr-ghnàthach a leasachadh airson dèiligeadh ri feumalachdan an luchd-cleachdaidh mar aon, dh'fhaighnich A Mhòrachd Rìoghail do riochdairean: "Ma tha aonachadh cho cunnartach carson nach do chuala mi riamh iomradh air buidhnean euslainteach a' dèanamh iomairt na aghaidh agus carson nach eil sinn air barrachd a chluinntinn na aghaidh bho dhotairean agus nursaichean?" An dèidh 17 bliadhna ann a bhith ag àrdachadh iomhaigh cùram-slàinte aonaichte agus a' toirt taic do riaghladh chungaidhean leigheis co-phàirteach, bidh an FIH a' dùnadh san Iuchar 2010.

Tha Am Prionnsa na neach-taice do ghrunn phrìomh charthannas aillse, agus sa Ghiblean 2010 chaidh cuid de an riochdairean còmhla ris air turas gu Ospadal Colaiste Oilthigh Lunnainn (UCLH) gus ionnsachadh mu a sheirbheisean slànachaidh foto-dinamach (PDT). 'S e dòigh anns a bheil euslaintich a' faighinn drogaichean sònraichte a tha mothachail air solas dearg a th' ann am PDT. Faodar solas bho leusair a chur dìreach air màin gus an aillse a sgrios. Tha UCLH air faighinn a-mach gu bheil luach sònraichte aig PDT ann a bhith a' làimhseachadh raon de ro-aillsean agus aillsean tràth a' chraicinn (chan e melanomathan) air sgàth am buadhan maise, a thuilleadh air a bhith comasach air droch bhuaidhean a thig nan cois a lùghdachadh.

Tha Ban-diùc na Coirn cuideachd an sàs ann an grunnan charthannas slàinte mar an Neach-taice, nam measg sin Ionadan Cùram Aillse Magaidh. Sa Ghearran 2010 bha A Mòrachd Rìoghail an làthair aig taisbeanadh fasain aig àrd Chùirt Lunnainn airson Magaidh agus na ro-ràdh san leabhran-sanais mhìnich i mar a chaidh i an sàs sa charthannas an toiseach nuair a thadhail i air ionad ann an Dùn Èideann ann an 2007. Sgrìobh A' Bhan-diùc: "Air a' chiad turas sin, bhuail am mothachadh de sholas agus dath, blàths agus farsaingeachd mi sa bhad. 'S e togalach a tha air a dhealbhadh gu bòidheach a th' anns gach Ionad Magaidh a' tabhann comhairle dheatamach agus taic làn fhaireachdainn, tèarmann ann an saoghal far a bheil a h-uile càil air a chur bun-os-cionn."

'S ann mar Cheann-suidhe air a' Chomann Osteoporosis Nàiseanta as follaisiche a tha a h-obair, agus san Dàmhair 2009 chomharraich i Latha Nàiseanta Osteoporosis an t-Saoghail le bhith a' tadhal air Bun-sgoil St Clement Danes ann an Lunnainn gus meal-a-naidheachd a chur orra air dhaibh co-fharpais a bhuannachadh a bha a' dearbhadh "teisteanas fallaineachd an cnàmhan. B' e leasan dannsa a fhuair na sgoilearan mar duais, agus bha Craig Revel Horwood, fear de na brìtheamhan air prògram mòr-chòrdte a' BhBC, "Strictly Come Dancing", os a chionn. Fhuair A' Bhan-diùc leasan cha cha cha ann an làrach nam bonn bhon bhrìtheamh a thug "10-a-mach-à-10" dhi airson a dannsaidh.

BLANK PAGE

34 | SGRÙDADH BLIADHNAIL AMR 2010

# A' BROSNACHADH AGUS A' DÌON

A thuilleadh air a bhith a' toirt taic don Bhanrigh le a dleastanasan mar Cheann-stàite agus a' gabhail riochd neach-tionnsgain carthannach, tha Prionnsa na Cuimrigh airson traidiseanan, deagh-bheusan agus sàr-mhathas maireannach na dùthcha a bhrosnachadh agus a dhion. Am measg nithean eile, tha an obair seo a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh euchdan no chùisean, nach biodh air mòran follais fhaighinn, às aonais a thaic, a' toirt taic do choimhearsnachdan dùthchail Bhreatainn, a' brosnachadh tuathanachas seasmhach, agus a' brosnachadh ceadachas agus tuigsinn nas motha eadar diofar chreideamhan agus choimhearsnachdan.

# A' TOGAIL CHÙISEAN

Annas a' bhliadhna a dh'fhalbh, tha Prionnsa na Cuimrigh, le taic bho Bhan-diùc na Còirne, aon uair eile air oidhirpeachadh gus a' chuid as fheàrr mu Bhreatainn agus a slugh bhrosnachadh agus a dhìon. Glè thrìc tha seo a' gabhail a-steach am Prionnsa a bhith ag obair gu pearsanta mar mheadhan a bhrosnaicheas atharrachadh, airson deasbad a ghineadh no airson sònrachadh chùisean a tha a' dol air dearmad.

## Euchd agus seirbheis

Bidh Am Mòrachdan Rìoghail gu riaghailteach a' gabhail pàirt ann an tachartasan airson aithne a thoirt do dh'obair nan seirbheisean èiginn, agus san Ògmhios 2009 thadhail Am Prionnsa air ionad thrèanadh speisealta a' Phoilis Phrìomh-bhailteach ann an Gravesend, Kent, gus faicinn mar a bhios na poilis a' trèanadh fa chomhair ùpraid agus suidheachaidhean dùbhlanaich eile. Rè a thurais chunnaic e aon bhuidheann oifigearan a' tighinn fo ionnsaigh bho bhomaichean peatrail, breicean agus sprùilleach eile ann an ùpraid mas fhìor, agus buidheann eile a' cur an gnìomh a bhith a' stad càr a bha air a dhràibheadh le daoine fo amharas gun robh iad armaichte. An dèidh nan taisbeanaidhean, choinnich A Mhòrachd Rìoghail ri na h-oifigearan agus thuirt e riutha gun robh iad uile a' dèanamh "obair sgoinneil" don dùthaich.

Thathar cuideachd a' gairm nan seirbheisean èiginn gus an sgilean a chleachdadh thall thairis agus sa Ghearran 2010 choinnich Am Prionnsa agus A' Bhan-diùc ri buidheann smàladairean à Greater Manchester a bha dìreach air tilleadh bho thobhtaichean Port-au-Prince ann an Haiti a bha air a sgrios le crith-thalmhainn. Dh'innis Iain Hughes bho Stèisean Smàlaidh Salford do Am Mòrachdan Rìoghail mun àm a shàbhail an sgioba nighean aois 2 bliadhna a bha glacte ann an tobhta a sgoil-àraich. Thuirt Mgr Hughes, a tha air a bhith na smàladair airson 12 bliadhna: "Bha i air a bhith shìos an sin airson trì latha ... B' e faireachdainn fìor mhath a bh' ann nuair a tharraing sinn a-mach i."

San t-Sultain 2009, chuir Ban-diùc na Còirne air bhog sgeama ùr a' chrannachair do Ath-thagraidh Carbad-eiridinn Adhair Wiltshire a tha a' togail airgead gus pàigheadh airson seirbheis èiginn riatanach ann an siorrachd far a bheil dachaigh teaghlach aig A Mòrachd Rìoghail. Thuirt Philip Selwood, cathraiche an Ath-thagraidh, aig an tachartais: "Tha sinn air leth moiteil gu bheil Ban-diùc na Còirne air aontachadh taic a thoirt do ar carthannas. Tha Neach-taice a bhith againn aig a bheil cliù cho àrd agus le ceanglaichean ionadail cho iomchaidh dhìreach a' dèanamh a' chàirdeis seo nas fheàrr buileach."

Tha Am Mòrachdan Rìoghail cuideachd a' dol an sàs ann an co-gheallaidhean a tha a' soilleireachadh obair luchd saor-thoileach air feadh na RA, agus sa Mhàrt 2010 thadhail Ban-diùc na Còirne air prìomh-oifis ShelterBox ann an Helston, carthannas a tha a' cur air dòigh libhrigeadh fàsgaidh ann an àm na h-èiginn agus solaran a shàbhalas beatha do na thàinig beò à mòr-thubaistean nàdarraich. Tha Shelterbox an urra ri luchd saor-thoileach gus an solaran a phacadh anns an taigh-bathair agus an toirt seachad anns an raon. Bha an turas air a chur air dòigh airson an aon àm ri cuimhneachadh 10 bliadhna ShelterBox agus thug e cothrom don Bhan-diùc, a tha na ceann-suidhe air ShelterBox, taing a thoirt don luchd-obrach agus luchd saor-thoileach airson an obair bho chionn ghoirid ann a bhith a' cuideachadh an fheadhainn a thàinig beò às na crith-thalmhainn ann an Chile agus Haiti.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

## Coimhearsnachdan dùthchail, tuathanachas agus biadh

Mar thuathanach e fhèin, tha spèis mhòr aig A' Phrionnsa do thuath Bhreatainn agus math nan daoine a tha a' fuireach agus ag obair air. Tha a bhith a' cumail roinn àiteachais fhallain ro chudromach don dùthaich, chan ann dìreach leis gu bheil an tìr an urra ri eòlas chruinnichte na coimhearsnachdan tuathanachais airson a stiùbhardachd bhuan, ach leis gu bheil structar sòisealta na dùthcha an urra ri bun-stèidh làidir tuathanachais.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Bho chionn iomadh bliadhna, tha A Mhòrachd Rìoghail a' cuideachadh gus iomairtean a leasachadh a tha a' toirt cuideachadh practaigeach do thuathanaich a thuilleadh air taic mhisneachail, agus san Fhaoilleach 2010 thòisich e air iomairt ùr air a bheil Pròiseact Clòimhe A' Phrionnsa. Chaidh a chur air bhonn an dèidh don Phrionnsa, air an robh iomagain mun phris iosal a bha tuathanach a' faighinn airson an cuid chlàimhe, riochdairean luchd-dèanamh bhratan-ùrlair, luchd-ceannach agus luchd-fàs clòimhe a ghairm còmhla gus faicinn dè ghabhadh dèanamh a thaobh taic a thoirt do reic clòimhe. B' e Pròiseact na Clòimhe buil an deasbaid a tha ag amas air reic clòimh Bhreatannach agus a' Cho-fhlaitheis a leasachadh le bhith a' soilleireachadh do luchd-cleachdaidh a bhuannachdan sòisealta agus don àrainneachd.

Tha e cudromach don Phrionnsa a bhith a' dìon fiadh-bheatha na dùthcha agus sa Ghiblean 2009 chur A Mhòrachd Rìoghail air bhog carthannas ùr gus aon de na gnèithean dùthchasach as motha a th' ann an cunnart san dùthaich a dhìon. Nuair a chaidh Urras Maireannachd an Fheòrag Ruaidh a chur air bhog ann an Kendal, Cumbria, thug e rabhadh gum faodadh am beathach, a tha ann an cunnart bhon àireamh lionmhor de dh'fheòragan glasa, a dhol à bith san RA taobh a-staigh 10 bliadhna. "S e tha fìor eagalach, mura h-urrainn dhuinn obrachadh còmhla airson a' mhaoineachadh a dh'fheumar a thoirt a-steach airson an obair a dh'fheumas dèanamh, gum faodadh an fheòrag ruadh a dhol à bith uile gu lèir san RA, taobh a-staigh deich bliadhna."

San Iuchair 2009, chùm Prionnsa na Cuimrigh cuirm aig Taigh Clarence gus deich bliadhna de Chomhairle Stiùbhartachd na Mara, buidheann a tha a' cur air adhart dòighean iasgaich sheasmhach air feadh na cruinne, a chomharrachadh. Thuir A Mhòrachd Rìoghail nan cumadh iasgach a' dol gun diù sam bith do sheasmhachd fad-ùine gum "bi sinn a dh'athghearr a' coimhead ris an stoc a' leigeil roimhe agus gort do-sheachanta am measg nan daoine as bochda air an t-saoghal."

#### Creideamh agus coimhearsnachdan cinneachail

Tha a bhith a' brosnachadh ceadachas ann am Breatainn den iomadh creideamh agus coimhearsnachd eadar-dhealaichte a tha innte, agus a' comharrachadh na tha iad a' cur ri beatha nàiseanta air feadh na RA air a bhith na chomharra air obair A' Phrionnsa bho chionn ùine mhòr.

Sa Ghearran 2010, mhol Prionnsa na Cuimrigh oidhirpean an fheadhainn sin ann an Eaglais Shasainn a bha a' cuideachadh le daoine tuigse spioradail a lorg ann an "saoghal sgarichte" rè a thurais gu Colaiste an Naoimh Melitus agus Eaglais an Naoimh Pòl ann an Lunnainn. Ghabh A Mhòrachd Rìoghail pàirt ann an deasbad mu dheidhinn mathanas agus Crìosdaidheachd còmhla ri oileanaich clèireach, agus choinnich e ri muinntir na paraiste, luchd-obrach òigridh agus feadhainn a bha na eucoraich roimhe a bhios ag obair air pròiseactan co-cheangailte ris an eaglais ann an Kensington. Ann an òraid, thuir Am Prionnsa gun robh e "moiteil agus taingeil" airson an obair a bhathar a' dèanamh ann an eaglaisean air feadh na dùthcha. "Ann an saoghal sgarichte an latha an-diugh, 's e an dùbhlán as motha mar a cheanglas tu daoine a-rithist ri rud sam bith a tha coltach ri tuigse spioradail," thuir e.

Air an aon mhìos, bha A Mhòrachd Rìoghail na aoigh urramach aig cruinneachadh mòr de bhuill coimhearsnachd Mhuslamach Sufi na RA. Aig an tachartas a chaidh a chumail aig lann-cluiche Old Trafford aig Manchester United, choinnich Am Prionnsa ri riochdairean Muslamaich Sufi à Breatainn, Kosovo, Pagastan agus Somalia, agus bha fèistean ann le taisbeanadh de dhervishean a' dol mun cuairt agus ceòl agus drumaichean Arabach.

#### Conaltradh agus coinneamhan

Bidh A Mhòrachd Rìoghail, mar Bhall den Chomhairle Dhiomhair, a' togail chuspairean gu poblach airson aire a thoirt do chùisean a dh'fhaodadh a dhol air dearmad mura togadh. Bidh e cuideachd a' sgrìobhadh gu priobhaideach gu, agus a' coinneachadh ri Ministearan an Rìaghaltais, ceannardan gnìomhachais agus daoine cudromach eile a thaobh diofar chuspairean a tha air an toirt gu aire no a tha a' dèanamh dragh dha air sgàth iomadh coinneamh agus turas air feadh na RA agus thall thairis. Ann a bhith a' dèanamh seo, bidh Am Prionnsa daonnan a' dèanamh cinnteach nach toir e taobh seach taobh ann an cùisean pàrtaidh poilitigeach.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

# BLANK PAGE

## TEACHD A-STEACH, CAITEACHAS, LUCHD- OBRACH & SEASMHACHD

Tha tuairisgeul air maoinachadh gnìomhachdan agus dreuchdan Prionnsa na Cuimrigh, Ban-diùc na Còirne, a' Phrionnsa Uilleim agus a' Phrionnsa Eanraig an cois na h-earrainn seo, agus tha i a' mineachadh dleastanasan an luchd-obrach aig an ìre as àirde. Tha a' chuid as motha den luchd-obrach agus de ghnìomhachdan oifigeil agus carthannach air am pàigheadh a-mach à teachd-a-steach a' Phrionnsa fhèin bho Dhiùcachd na Còirne. Tha an earrann cuideachd a' toirt cunntas air coileanadh seasmhachd Muinntireachd an Teaghlaich Rìoghail.

Formatted: Gaelic (Ireland)

## CUNNTAS TEACHD A-STEACH AGUS CAITEACHAIS

Bliadhna gu ruige 31 Màrt  
2010 2009  
£000an £000an

### Teachd-a-steach agus maoinachadh

Diùcachd na Còirne	17,161	16,458
Tabhartasan-mar-Chuideachadh	1,132	2,212
Roinnean Riaghaltais	532	821

**Teachd-a-steach agus maoinachadh iomlan 18,825 19,491**

### Caiteachas

Dleastanasan oifigeil agus obair carthannais 9,059 9,480

Tabhartasan-mar-Chuideachadh:

Oifis Lunnainn agus ionad-còmhnaidh oifigeil	360	422
Siubhal oifigeil adhair agus rèile	692	1,710
Taic conaltraidh	80	80
	1,132	2,212

Tursan thall thairis agus tànaisteachd cogaidh 532 821

**Caiteachas oifigeil 10,723 12,513**

**Còrr an dèidh Chosgaisean Oifigeil 8,102 6,978**

Cìsean luach-leasaichte 3,484 3,093

Caiteachas neo-oifigeil 1,694 1,710

**Còrr gnìomhachais 2,924 2,175**

Caiteachas calpa (le ìsleachadh),  
Ath-phàigheadh iasadan agus tàr-aiseag don chùl-stòir 2,695 2,018

**Còrr airgid lom 229 157**

### TEACHD-A-STEACH AGUS MAOINEACHADH

£millean  
**Diùcachd na Còirne 17.161**

Tha teachd-a-steach prìobhaideach Prionnsa na Cuimrigh a' tighinn bho Dhiùcachd na Còirne, oighreachd a tha air a dèanamh suas le maoin àiteachais, malairt agus còmhnaidhe ann an Ceann an Iar-dheas Shasainn air a' chuid as motha. Tha màileid tasgaidh ionmhais aig an Diùcachd cuideachd.

Chaidh oighreachd na Diùcachd a chruthachadh ann an 1337 le Èideard III airson a mhic, am Prionnsa Èideard, agus b' e a' phrìomh obair a bh' aice teachd-a-steach a thoirt do Phrionnsa na Cuimrigh mar Oighre don Chrùn. Mar Dhiùc na Còirne an-dràsta, tha Prionnsa na Cuimrigh an sàs ann an ruith na Diùcachd agus bidh e dèanamh cinnteach gu h-àraidh gum bi an cleachdadh as fheàrr mu àiteachas, leasachadh seasmhach agus obrachadh ann an compàirteachais le luchd-màil is le coimhearsnachdan ionadail aig cridhe modh-rianachd na Diùcachd thar nam bliadhna.

Bho thàinig Prionnsa na Cuimrigh gu bhith an urra ris an rianachd an dèidh dha 21 bliadhna dh'aois a ruighinn ann an 1969, tha fàs nach beag air a bhith ann am maoin calpa agus bho chaidh luachadh a thoirt a-steach, tha i air èirigh gu mòr seachad air a' mheudachadh air teachd-a-steach Prionnsa na Cuimrigh bhon oighreachd. Gus dèanamh cinnteach gum bi an teachd-a-steach ri fhaotainn bho ghinealach gu ginealach fhathast, chan eil cothrom sam bith aig Diùc na Còirne air calpa na Diùcachd. Tha seo a' ciallachadh nach bi na gheibhear de bhuannachd bho reic na maoin calpa ga thoirt do Phrionnsa na Cuimrigh ach gan tasgadh a-rithist taobh a-staigh na Diùcachd.

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

A bharrachd air seo, gus dèanamh cinnteach gun cuir rianachd air an Diùcachd cuideam gu leòr air dìon agus leasachadh na maoin calpa aice, chaidh reachdas a thoirt a-steach san 19mh linn gus an d'rachadh an Diùcachd a ruith air bonn malairteach agus gum biodh Roinn an Ionmhais mar gum b' ann na h-urrasair gus dèanamh cinnteach gum bi leas nan Diùc ri thighinn air a dhìon. Is e am prìomh rathad san dàn Roinn an Ionmhais seo le bhith a' ceadachadh a' ghnothaich uile a' bualadh air talamh 's air maoin air a bheil luach £500,000 no barrachd. Tha cunntasan na Diùcachd gan cur fa chomhair na Pàrlamaid a h-uile bliadhna gus am faod i dearbhadh gu bheil a cuid uallaichean gan tarraing a-mach aig Roinn an Ionmhais a thaobh seo. Chaidh an dòigh san dèanar rianachd air an Diùcachd a dhaingeachadh às ùr le Roinn an Ionmhais ann an 2005.

Formatted: Gaelic (Scotland)

'S e roghainn a Mhòrachd Rìoghail a' chuid as motha den teachd-a-steach aige bhon Diùcachd a riarachadh gus cosgais an obair carthannais a nì e fhèin, Ban-diùc na Còirne, am Prionnsa Uilleam agus am Prionnsa Eanraig a phàigheadh.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Gheibhear cunntasan bliadhnaile Diùcachd na Còirne air-loidhne aig [www.duchyofcornwall.org](http://www.duchyofcornwall.org).

Formatted: Gaelic (Ireland)

#### Tabhartasan-mar-chuideachadh

Emillean  
1.13

Field Code Changed

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

'S i a' Phàrlamaid a bhios a' toirt seachad a' mhaoineachaidh gus cosgaisean oifigeil na Banrigh, no cosgaisean dhaoine a chuireas taic rithe, a phàigheadh an àite teachd-a-steach bho Oighreachd a' Chrùin. Tha am maoineachadh seo air a thoirt seachad ann an trì dòighean: (i) Liosta Chatharra airson Na Banrigh agus Suim-bhliadhnaile bhon Phàrlamaid do Dhiùc Dhùn Èideann, (ii) Tabhartasan-mar-Chuideachadh, agus (iii) cosgaisean a phàigheas Roinnean Riaghaltais. Cha bhi Prionnsa na Cuimrigh no Ban-diùc na Còirne a' faighinn Liosta Catharra no Suim-bhliadhnaile bhon Phàrlamaid agus cleachdar na Tabhartasan-mar-Chuideachadh a thathar gan toirt do Theaghlach Na Bànrigh, gu ìre, mar thaic rin cuid ghnìomhachdan oifigeil.

Tha trì Tabhartasan-mar-Chuideachadh ann: Tabhartas-mar-Chuideachadh Sheirbheisean Maoine, a phàigheas na cosgaisean an lùib cumail suas nan ionadan-còmhnaidh agus oifisean a chleachdas An Teaghlach Rìoghail agus an luchd-obrach aca, Siubhal Adhair agus Rèile Rìoghail agus an Tabhartas-mar-Chuideachadh Rìoghail a phàigheas airson nan turas a nì An Teaghlach Rìoghail agus an luchd-obrach aca le adhar agus rèile; agus an Tabhartas-mar-Chuideachadh Conaltraidh is Fiosrachaidh Rìoghail a tha gu math nas ìsle na na dhà eile agus a phàigheas airson feadhainn de na cosgaisean conaltraidh a bhios ag èirigh às leth an Teaghlach Rìoghail.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Tha cunntasan bliadhnaile gam foillseachadh airson nan trì Tabhartasan-mar-Chuideachadh. Tha copaidhean rim faotainn air [www.royal.gov.uk](http://www.royal.gov.uk) no gheibhear iad bho Leas-ionmhasair na Bànrigh aig Lùchairt Bhuckingham, Lunnainn SW1A 1AA.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

#### Roinnean Riaghaltais

Emillean  
0.532

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Airson Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirne, bidh Roinnean Riaghaltais a' pàigheadh a' chaiteachais airson luchd-obrach air iasad gu Seirbheis an Airm (£391, 404 air a chaitheamh le Ministreachd an Dìona ann an 2009-10) agus feadhainn de na cosgaisean an lùib nan turas oifigeil thall thairis a ghabhar os làimh air iarrtas bho Oifis nan Dùthchannan Cèin 's a' Cho-fhlaitheis (£140,692 air a chaitheamh le Oifis nan Dùthchannan Cèin 's a' Cho-fhlaitheis ann an 2009-10).

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

## CAITEACHAS

### Dleastanasan oifigeil agus obair carthannais

£millean  
9.059

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Chaidh barrachd is 60 a-mach às a' cheud de theachd-an-steach Prionnsa na Cuimrigh an dèidh cìse bho Dhiùcachd na Còirne a chosg air dleastanasan oifigeil agus carthannais. A-mach às an £9.059 millean, ghabh cosgaisean luchd-obrach £6.3 millean no 69 a-mach às a' cheud. Tha sgrùdadh air caiteachas oifigeil ri fhaotainn air duilleag 49.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Tha Prionnsa na Cuimrigh a' fastadh 149 de luchd-obrach làn-thìde no co-ionann ris. A-mach asta seo, tha 124 a' cur taice rim Mòrachd Rìoghail, am Prionnsa Uilleam agus am Prionnsa Eanraig san àireamh, gus dleastanasan oifigeil agus carthannais a ghabhail os làimh agus tha 25 ri sgiobachd, gàirnealaireachd agus àiteachas.

Tha an clàr air duilleag 44 ag ainmeachadh an luchd-obrach oifigeil a rèir roinn Muinntireachd an Teaghlach Rìoghail agus a' chosgais iomlan, tuarastal agus caiteachas eile san àireamh, aig gach roinn.

£millean

### Tabhartas-mar-Chuideachadh: Oifis Lunnainn agus ionad-còmhnaidh oifigeil

0.360

Formatted: Gaelic (Ireland)

Is e Taigh Chlarence an oifis ann an Lunnainn agus an t-ionad-còmhnaidh oifigeil aig Prionnsa na Cuimrigh, Bhandiùc na Còirne, aig a' Phrionnsa Uilleam is aig a' Phrionnsa Eanraig. Thathar ga chleachdadh airson dinnearan, chuirmean agus choinneamhan oifigeil agus mar oifisean aig luchd-obrach Am Mòrachd Rìoghail. Tha na prìomh sheòmraichean, a th' air làr iséal Thaigh Chlarence, fosgailte don phoball bhon Lùnastal gu ruige 'n Dàmhair gach bliadhna ged a tha iad dùinte fad beagan làithean aig an àm seo fhad 's a bhios Am Prionnsa agus A' Bhandiùc a' fuireach ann. Fhuair còrr is 3,700 neach fàilteachadh oifigeil aig Taigh Chlarence tron bhliadhna agus bha còrr is 18,826 de luchd-tadhail a' pàigheadh gu faighinn ann. Tha oifisean aig a' Mhuinntireachd ann an àiteachan eile ann an Lùchairt Sheumais cuideachd. 'S ann à Tabhartas-mar-Chuideachadh Seirbheisean Seilbhe a thig an t-airgead gus Taigh Chlarence agus na h-oifisean eile ann an Lùchairt Sheumais a chumail suas.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

£millean

### Tabhartas-mar-Chuideachadh: Siubhal oifigeil adhair agus rèile

0.692

'S e cuid chudromach den àite aig Prionnsa na Cuimrigh mar Oighre a' Chrùin, le Ban-diùc na Còirne, a th' ann daoine à àiteachan eadar-dhealaichte san Rìoghachd Aonaichte a thoirt còmhla gus àite sa mheadhan a chur air chois airson na rìoghachd agus a riochdachadh thall thairis. Gus seo a dhèanamh feumar mòran siubhal a ghabhail os làimh air mhodh a bheir a-mach feumalachdan a thaobh èifeachdachd, tèarainteachd agus riochdachaidh. Ann an 2009-10, shiubhail Am Mòrachd Rìoghail 42,910 mìle air gnothach oifigeil san Rìoghachd agus thall thairis. Tha an àireamh seo a' gabhail a-steach 27,138 de mhiltean air siubhal thall thairis. B' e cosgais nan turas seo, gun siubhal ann an carbad fhèin san àireamh, £692.325 ann an 2009-10 agus chaidh a phàigheadh às an Tabhartas-mar-Chuideachadh airson Siubhal Rìoghail Adhair agus Rèile.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Tha an àireamh seo a' gabhail a-steach chosgaisean caochlaideach airson nan turas a dhèanar le Sgudron 32, Heileacopter na Bànrìghe agus an Trèana Rìoghail. Tha seo mar seo seach gum bi cosgaisean stèidhichte ann co dhiubh a thèid na soithich-adhair no an trèana a chleachdadh gus nach tèid agus cha bhì iad ag èirigh à sgrìoban sònraichte. Gus mineachadh slàn fhaighinn, seallaibh ri Aithisg Bhliadhnail 2009-10 mun Tabhartas-mar-Chuideachadh airson Siubhal Rìoghail Adhair agus Rèile – a tha ri fhaotainn aig [www.royal.gov.uk](http://www.royal.gov.uk).

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

£millean

### Tabhartasan-mar-Chuideachadh: Taic conaltraidh

0.080

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Bidh caiteachas a' tighinn air Oifis Prionnsa na Cuimrigh gus prògram conaltraidh a leasachadh agus a ruith, Oifis nam Meadhanan a chumail suas, an làrach-lìn aice ùrachadh agus leasachadh, fiosrachadh coitcheann agus fiosrachadh foghlaim a thoirt seachad do luchd nam meadhanan agus don phoball agus Oifigearan Mheadhanan a thoirt seachad a chuideachadh ris na meadhanan aig gnothach agus aig tursan oifigeil. 'S e Prionnsa na Cuimrigh e fhèin a phàigheas a' chuid as motha de na cosgaisean seo. An dèidh sin, ge-tà, tha feadhainn de na cosgaisean a bhios ag èirigh a chuideachadh ri luchd nam meadhanan aig gnothach oifigeil air feadh na rìoghachd, air a bheilear a' gabhail taic conaltraidh, air a bhith air am pàigheadh roimhe seo às an Tabhartas-mar-Chuideachadh airson Conaltraidh agus Fiosrachaidh.

Formatted: Gaelic (Ireland)

**Luchd-airm air iasad agus tursan a-null thairis**

**0.532**

Tha trì buill de dh'Oifis an Eachraich agus trì de na còig Oifigearan Riaghailteachd air an toirt air iasad le Feachdan Armailteach airson Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirne a chuideachadh nan dleastanasan oifigeil. Tha dreuchd Oifis an eachraich air a mhineachadh air taobh-duilleig 47. B' i a' chosgais do Mhinistearachd an Dion ann an 2009-10 £391,404.

Bidh Oifis nan Dùthchannan Cèin agus a' Cho-fhlaitheis a' pàigheadh nan cosgaisean airson turais oifigeil a nì Prionnsa na Cuimrigh, Ban-diùc na Còirne agus am Prionnsa Uilleam agus am Prionnsa Eanraig a-null thairis (ach a-mhàin cosgaisean siubhail a tha air am pàigheadh a-mach às an Tabhartas-Mar-Chuideachadh airson Siubhail Rìoghail Adhair agus Rèile). Ann an 2009-10 ghabh Am Mòrachdan Rìoghail tursan os làimh gu: An Eadailt, Am Bhatacan agus A' Ghearmailt sa Ghiblean 2009; Canada san t-Samhain 2009; agus A' Phòlainn, An Ungair agus Poblach nan Seic sa Mhàrt 2010. Cuideachd rinn A Mhòrachd Rìoghail tursan goirid rè na bliadhna dhan Fhraing, An Danmhairc, Afganastan, Cuatàr agus Saudi Arabia. Tha a tursan seo air an gabhail os làimh le iarrtas bho agus mar thaic do dh'Oifis nan Dùthchannan Cèin agus a' Cho-fhlaitheis airson an dàimh eadar an RA agus dùthchannan eile air feadh an t-saoghail a leasachadh agus a neartachadh. Thàinig cosgais nan turas seo air Oifis nan Dùthchannan Cèin agus a' Cho-fhlaitheis gu £140,692 ann an 2009-10.

Formatted: Gaelic (Scotland)

**Cìsean**

**3.484**

Tha Prionnsa na Cuimrigh a' pàigheadh cìse teachd-a-steach ga dheòin fhèin air còrr-airgid Diùcachd na Còirne, a rèir nan riaghailtean àbhaisteach a bhios a' bualadh air cìsean teachd-a-steach aig an ìre de 40 a-mach às a' cheud, mar a th' ann an-dràsta. Tha VAT mar chuid de chìsean na bliadhna. Ma chuireas maoin Àrachais Nàiseanta aig fastaichean, agus a' Chis Chomhairle ris, tha e ag èirigh gu £4.0 millean.

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

**Caiteachas neo-oifigeil**

**1.694**

A bharrachd air a bhith a' pàigheadh airson nan dleastanasan oifigeil aig Prionnsa na Cuimrigh agus aig Ban-diùc na Còirne, aig a' Phrionnsa Uilleam is aig a' Phrionnsa Eanraig, beagan de dh'obair charthannais agus fiachan cìse teachd-a-steach a' Phrionnsa, cleachdar an teachd-a-steach bho Dhiùcachd na Còirne gus cosgaisean neo-oifigeil Prionnsa na Cuimrigh agus a theaghlach a phàigheadh.

Tha caiteachas neo-oifigeil a' gabhail a-steach cosgais nan tuarastal aig 8.6 de luchd-obrach no co-ionann ris, a' toirt leis rùnairean pearsanta, luchd-obrach ri sgiobachd agus cunntasan, còcairean, gillean-coise, luchd-dràibhidh agus luchd obrach airson Prionnsa na Cuimrigh, Ban-diùc na Còirne, a' Phrionnsa Uilleam is a' Phrionnsa Eanraig. A bharrachd air seo, tha 16.4 de luchd-obrach làn-thìde no co-ionann ris an oighreachd is an tuath, ri gairnealaireachd agus ri obair nan stàball. Tha caiteachas pearsanta cuideachd a' gabhail a-steach a' chuibhrinn iomchaidh den chosgais ceangailte ri Taigh Highgrove agus Birkhall, agus airson oighreachd agus gàrradh Highgrove a chumail suas. 'S i maoin charthannais phrìseil a tha sa ghàrradh, air am bi barrachd is 34,000 neach a' tadhal, an-asgaidh, a h-uile bliadhna.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Tha na cosgaisean aig an Tac, tuathanas fàs-bheairteach a' Phrionnsa air Oighreachd Highgrove gan toirt a-steach fon cheann seo. 'S e tuath-obrach a th' anns an Tac, a chuir Prionnsa na Cuimrigh air bhonn gus na buannachdan a thaobh malairt agus na h-àrainneachd aig àiteachas fàs-bheairteach a shealltainn. Bidh mu 1,580 neach a' tadhal ann a h-uile bliadhna.

## LUCHD-OBACH

Mar aig agus airson na bliadhna 31 Màrt 2009

luchd-obrach  
co-ionann làn-thìde  
2010

Cosgaisean  
oifigeil  
£000an  
2010

### Prìomh Rùnaire Prìobhaideach agus Luchd-cuideachaidh

#### Oifis nam Prìomh Rùnairean

Rùnaire Prìobhaideach	1.0	
Leas-rùnairean Prìobhaideach	7.1	
Luchd-obrach Rannsachaidh agus Rianachd	12.5	
Conaltradh	3.5	

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: French (France)

#### Oifis a' Phrionnsa Uilleim agus a' Phrionnsa Eanraig

3.8  
31.4

2,705

#### Ionmhas, Sgiobachd agus Rianachd

Ionmhasair agus Neach-cuideachaidh	2.3	
Ionmhas agus Cunntasan	8.0	
Sgiobachd	7.6	
Clàraidhean	3.0	

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

#### Conaltradh

Rùnaire Conaltraidh agus Neach-cuideachaidh	2.0	
Rùnaire nam Meadhanan	1.0	
Rùnairean-cuideachaidh nam Meadhanan	2.2	
Oifigearan nam Meadhanan agus Neach-deasachaidh Làrach-lìn	4.0	

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

20.9

2,010

9.2

781

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

#### Maighstir Roinn na Muinntireachd

Maighstir na Muinntireachd agus Luchd-cuideachaidh	4.4	
Eachraichean	2.0	
Co-òrdanaichean Prògram is Siubhail	4.0	
Buidealairean	1.3	
Còcairean agus Luchd-giùlain	4.4	
Oifigearan Riaghailteach	5.3	
Fàilteachadh	1.0	
Luchd-dràibhidh	3.0	
Rianadairean Taighe agus Luchd-glanaidh	11.8	
Gillea-coise agus Luchd-sgeadachaidh	2.5	
Gàirnealairean agus Luchd-obrach Oighreachd	15.9	

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

#### Stiùiriche Oifis nan Carthannas

Stiùiriche agus Luchd-cuideachaidh	2.7	
Ceann ghoireasan	1.0	
Ceannard Leasachaidh agus Deasaiche Làraich-lìn	2.0	
Comhairliche	0.2	
Manaidsear Pròiseict	1.0	

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

55.6

3,563

### Luchd-obrach Oifigeil Iomlan air 31 Màrt 2010

124.0

9,059

### Obair Charthannach suidhichte aig Taigh Chlarence

Aonad Seasmhachd Eadar-nàiseanta	7.5	
Cunntasachd airson Seasmhachd	4.0	
Pròiseactan Carthannach eile	2.2	

13.7

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

## Oifisean

Is i a' phrìomh oifis aig Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirne, far a bheil a' chuid as motha den luchd-obrach aca ag obair, Taigh Clarence agus seòmraichean eile ann an Lùchairt an Naoimh Seumas ann am meadhan Lunnainn. Tha cosgaisean gus Taigh Clarence agus Lùchairt Sheumais, còmhla ri na goireasan agus na fònaichean stèidhichte (ach chan e cosgaisean eile airson oifis Lunnainn) gam pàigheadh a-mach à Tabhartas-mar-Chuideachadh nan Seirbheisean Maoine (faicibh td 42). Tha oifisean airson luchd-obrach oifigeil aig ionadan-còmhnaidh Am Mòrachd Rìoghail ann an Highgrove agus am Birkhell cuideachd gus cuideachadh ris a' Phrionnsa san obair a bhios a' dol air adhart aige. Mar sin bidh feadhainn de na cosgaisean a bhios ag èirigh à Highgrove agus Birkhall gan cur sìos mar chaiteachas air 'Dleastanasan oifigeil agus obraichean carthannais'.

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

## EAGRACHADH LUCHD-OBRACH AGUS OIFIS

### Am Prìomh Rùnaire Priobhaideach

'S e am Prìomh-rùnaire Priobhaideach am ball as àirde dreuchd ann am Muinntireachd Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirne agus e an urra ris a h-uile nì co-cheangailte ri rianachd na Muinntireachd agus ri stiùireadh air buidhnean-carthannais agus buidhnean eile A Mhòrachd Rìoghail.

Formatted: Gaelic (Scotland)

### Oifis nan Rùnairean Priobhaideach

Tha an Rùnaire Priobhaideach an urra ri rianachd air Oifis nan Rùnairean Priobhaideach bho latha gu latha. Bidh an Rùnaire Priobhaideach, na Leas-rùnairean agus Rùnairean-cuideachaidh a' cur taice ri dleastanasan, gnothach agus obraichean carthannais Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirne. Bidh iad a' cur leabhar-là A Mòrachd Rìoghail ri chèile, ag eagrachadh clàr nan turas aig an taigh agus thall thairis aca, a' cur ullachadh, fàilteachadh agus gnothach eile air dòigh, a' dèanamh rianachd air litrichean agus air rannsachadh is fiosrachadh mar thaic rin cuid obrach. Tha a h-uile Rùnaire Priobhaideach an urra ri raointean sònraichte agus ri conaltradh a chumail ri eagrachaidhean Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirne. Tha na dleastanasan sin, còmhla ris an fheadhainn aig an luchd-obrach eile aig an ìre as àirde, air an clàrachadh anns an Leasachan (faicibh duilleagan 54 agus 55). Bidh iad a' dèanamh cinnteach cuideachd gun cumar fios ri A Mhòrachd Rìoghail mu cheistean an là agus gun tèid fiosrachadh a thoirt dha airson litrichean a bhios e a' sgrìobhadh gu Ministearan aig an Rìaghaltais agus feadhainn eile aig ìre àrd agus ag ullachadh dhreachdan de na h-òraidean agus na h-altan aige. Bidh na Rùnairean Priobhaideach a' faotainn taice bho luchd-rannsachaidh, luchd-cuideachaidh pearsanta agus luchd-obrach rianachd agus bidh iad ag obair gu dlùth leis an luchd-obrach ann an Oifis Rùnairean Priobhaideach Na Bànrìghe.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Tha Prionnsa na Cuimrigh, Ban-diùc na Còirne, am Prionnsa Uilleam is am Prionnsa Eanraig a' faighinn tòrr litrichean a h-uile bliadhna. Ann an 2009-10, mar eisimpleir, fhuair iad 24,616 de litrichean. Bidh daoine air feadh na cruinne a' sgrìobhadh gu Am Mòrachd Rìoghail ach 's ann bhon Rìoghachd Aonaichte a bhios a' chuid as motha de na litrichean a' tighinn.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Bidh litrichean a' dèiligeadh ri farsaingeachd chuspairean agus gu tric thig iad mar thoradh air ceistean agus deasbadan an là. Chì Am Mòrachd Rìoghail taghadh farsaing de na litrichean agus sgrìobh Am Prionnsa 1,869 de litrichean e fhèin ann an 2009-10. Sgrìobh Ban-diùc na Còirne 818 dhiubh agus sgrìobh iad 22 còmhla. Nì am Mòrachd Rìoghail cinnteach gum faigh litrichean air nach toir iad freagairt iad fhèin no na Rùnairean Priobhaideach aca freagairt bho Roinn nan Litrichean às an leth. Far a bheil e iomchaidh, cuiridh Roinn nan Litrichean a-steach le freagairtean fiosrachadh mu obair-charthannais agus obraichean eile A' Phrionnsa, Ban-diùc na Còirne agus A' Phrionnsa Uilleam 's a' Phrionnsa Eanraig, agus fiosrachadh eachdraidheil agus mìneachaidh airson sgoiltean agus daoine òga. A bharrachd air seo, gheibh Am Prionnsa agus Ban-diùc na Còirne mòran iarrtas bho iomadh buidheann-carthannais agus eagrachadh eile airson tabhartasan no mirean ri reic. Bidh Roinn an Ionmhais a' dèiligeadh ri iarrtasan airson tabhartasan agus bidh Roinn nan Litrichean a' dèiligeadh ri iarrtasan airson mirean ri reic. Ged nach fhaodar freagairt a thoirt air a h-uile iarrtas airson mirean ri reic, bheir A Mhòrachd Rìoghail seachad nithean mar amhlaidhean de na dathan-uisge aige, leabhraichean le ainm-sgrìobhte agus tursan air a' ghàrradh ann an Highgrove.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Ann an 2009-10, thog nithean a chaidh a thoirt airson ròp còrr is £88,000 airson buidhnean carthannais.

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

### Muinntireachd Teaghlach a' Phrionnsa Uilleam 's a' Phrionnsa Eanraig

Tha an Rùnaire Priobhaideach aig a' Phrionnsa Uilleam 's a' Phrionnsa Eanraig an urra ri rianachd air an oifis aca bho latha gu latha, gnothach oifigeil agus obair-charthannais. Tha an oifis cuideachd a' tort seachad taic, dealbhachadh agus comhairle mu dhreuchdan nam Prionnsa san arm agus na dhèidh agus a' dèiligeadh ri ceistean rianachd pearsanta.

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

### Oifis an Ionmhasair

Tha Oifis an Ionmhasair an urra ri Ionmhas, Sgiobachd is Rianachd agus Clàraidhean is Cunntasan. Tha an Oifis cuideachd an urra ri rian an fhiosrachaidh sa Mhuinntireachd.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Tha Roinn an Ionmhais a' riaghladh an ionmhais tro mheasgachadh de bhuidseatan bliadhna, chunntasan-rianachd miosail agus rian is modhan-obrachaidh cunntasachd, gu h-àraidh gus caiteachas a cheadachadh. Tha i cuideachd an urra ris an luach as fheàrr fhaighinn air airgead agus tha cunntas ga cumail aice de thabhartasan agus de mhaoin nam Mòrachd Rìoghail.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Tha uallach ionmhais agus rianachd aig an Ionmhasair airson Urras Charthannais a' Phrionnsa san Rìoghachd Aonaichte agus Urras Carthannach nan Stàitean Aonaichte. Tha i cuideachd an urra ri aonan de dh'fho-chompanaidhean malairt Urras na Rìoghachd Aonaichte, A' G. Carrick Earranta, a bhios a' fhaighinn an teachd-a-steach bho reic amhlaidhean nan dealbhan aig A' Phrionnsa agus à airgead-rìoghalachd bho fhoillseachadh leabhraichean. A bharrachd air seo, bidh an t-ionmhasair a' cumail sùil air gnothaichean ionmhais nam buidhnean-carthannais aig A' Phrionnsa agus tha e an urra ri gnothaichean foillseachaidh, chunnraidhean agus laghail. Bidh Muinntireachd an Teaghlach Rìoghail a' feuchainn ri àrainneachd-obrach thaitneach a chruthachadh agus ris am feum as motha fhaighinn às an obair a nì daoine air leth. Tha Roinn na Sgiobachd a' dèanamh rianachd air toirt gu buil nan amasan seo, a ghabhas a-steach fastadh luchd-obrach, tuarastal, ullachadh agus leasachadh dhreuchdan, conaltradh air an taobh a-staigh agus dàimh le luchd-obrach. Bidh e cur iasadan, shuidheachaidhean nàiseanta is eadar-nàiseanta agus cur an dreuchd air dòigh cuideachd. Tha rian-fiosrachaidh na Muinntireachd air a thoirt seachad agus air a chumail suas air a' chuid as motha le roinn Rian an Fhiosrachaidh ann an Lùchairt Buckingham le cosgaisean na Muinntireachd air am pàigheadh aig Prionnsa na Cuimrigh.

Tha ceathrar Neach-tasgaidh an urra ri rianachd a dhèanamh air na pàipearan uile mu bheatha phoblach Prionnsa na Cuimrigh bho dheireadh nan 1960an. Tha an t-Àrd-neach-tasgaidh a' dèanamh rianachd cuideachd air iarrtasan gum bi Am Prionnsa no Ban-diùc na Còirne mar Luchd-taice no nan Cinn-shuidhe air eagrachaidhean agus air an fheadhainn dhiubh sin a th' ann mar-thà. Tha dithis luchd-riaghlaidh chunntas an urra ri clàradh agus gleidheadh na maoin gu lèir a bhuineas do Bhuidheann-conaltraidh nam Mòrachd Rìoghail.

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

### Conaltradh

Mar an t-Oighre don Chrùn, tha ùidh mhòr aig a' phoball agus aig luchd nam meadhanan ann an obair Prionnsa na Cuimrigh agus ann am Ban-diùc na Còirne, sa Phrionnsa Uilleam is sa Phrionnsa Eanraig. Is i dreuchd Oifis nam Meadhanan fiosrachadh a thoirt seachad agus tuigse nas fheàrr a thoirt do luchd-èisteachd farsaing mu obair Prionnsa na Cuimrigh. Bidh Oifis nam Meadhanan cuideachd a' dèiligeadh ri ceistean luchd nam meadhanan airson Ban-diùc na Còirne agus nam Prionnsan agus bidh iad ag obair gu dlùth leis an fheadhainn ann an Oifis nam Meadhanan aig Lùchairt Buckingham mu cheistean mun mhonarcachd anns an fharsaingeachd.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Tha Rùnaire a' Chonaltraidh an urra ri Oifis nam Meadhanan, anns a bheil Rùnaire Mheadhanan, dithis Leas Rùnairean Meadhanan, dithis Oifigear Meadhanan, Leas Oifigear Meadhanan, Deasaiche làraich-lìn agus PA roinne.

Ann an 2009-10 thàlaidh [www.princeofwales.gov.uk](http://www.princeofwales.gov.uk) 4.6 millean deargadh duilleig. 'S e goireas fiosrachaidh air a bheil na meadhanan, luchd-rannsachaidh agus am poball às an RA agus thall thairis measail. A thuilleadh air an naidheachd as ùire mu cho-gheallaidhean Am Mòrachdan Rìoghail, tha an làrach cuideachd a' toirt fiosrachadh mu an obair agus an gnìomhan carthannach.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

a thuilleadh air òraidean agus artaigilean bho chionn ghoirid, mion-phuingean eachdraidh-beatha agus gailearaidh dhealbhan. Tha fiosrachadh mun Phrionnsa Uilleam agus mun Phrionnsa Eanraig rim faighinn air an làrach cuideachd. Gheibhear bhidiothan a chaidh a dhèanamh san-taigh le Oifis nam Meadhanan air an làrach-lìn oifigeil agus air an t-Sianail Rìoghail air YouTube a tha air a' stiùireadh ann am pàirt le Lùchairt Bhuckingham. Tha dìreach beagan agus 30,000 neach a' toirt taic don t-Sianail Rìoghail agus thathar air coimhead air an 185 bhidio còrr agus seachd millean turas.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Tha làrach-lìn Coimhearsnachd Carthannais A' Phrionnsa (<http://princescharities.org>) air a ruithe le Oifis nan Carthannas agus tha e a' toirt ri chèile naidheachdan agus blogaichean bho charthannais Prionnsa na Cuimrigh air fad. Thathas a' brosnachadh dhaoine a bhith nam buill den choimhearsnachd agus tha seo a' toirt dhaibh còthrom litir-naidheachd mìosail fhaighinn agus a dhol an sàs ann am farpaisean.

Formatted: Gaelic (Scotland)

### Roinn Maighstir na Muinntireachd Rìoghail

Tha Maighstir na Muinntireachd an urra ri prògram cho-gheallaidhean do Phrionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirne, Oifis an Eachraiche, Ionadan-còmhnaidh, oifisean agus gàrraidhean, luchd-obrach pearsanta, fàilteachas agus cuirmean Am Mòrachdan Rìoghail, còmhla ri tèarainteachd agus diomhaireachd. Tha Oifis an Eachraiche a' stiùireadh clàran-ama Am Mòrachdan Rìoghail bho latha gu latha, a' libhrigeadh eadar-aghaidh eadar luchd-obrach, na Poilis agus buidhnean a-muigh agus a' planadh a' phrògram san fhad-ùine. Tha Oifis an Eachraiche cuideachd a' stiùireadh dòighean còmhdaidh airson turais oifigeil aig an taigh agus thall thairis. 'S àbhaist do ghrunn turais a bhith ann a-null thairis gach bliadhna. 'S e oifigear armailteach a th' anns an Eachraiche a tha air iasad bho na Feachdan Armaichte chun na Muinntireachd airson timcheall air dà bhliadhna.

Gach bliadhna, gheibh Am Prionnsa agus A' Bhan-diùc na mìltean de chuiridhean bho chaochladh bhuidhnean san roinn phoblach agus phrìobhaideach. Bidh Am Mòrachd Rìoghail agus an luchd-obrach a' beachdachadh air gach aon dhiubh gu faiceallach. Tha an Eachraiche a' cumail conaltradh ri na Rùnairean Prìobhaideach, Oifis nam Meadhanan agus prìomh bhuidhnean gus dèanamh cinnteach gu bheil Am Prionnsa agus A' Bhan-diùc a' gabhail a-steach raon farsaing de chom-pàirtean nan turais agus gu bheil iad a' coinneachadh ri diofar dhaoine anns na h-ùiread de cheàrnaidhean na dùthcha 's a tha comasach.

Tha an Eachraiche agus an Eachraiche Sealach cuideachd nan àite ceangail airson chùisean armailteach agus dìon. Tha Prionnsa na Cuimrigh a' gleidheadh dlùth-cheanglaichean ri na Feachdan Armaichte, chan ann a-mhàin ann am Breatainn ach cuideachd sa Cho-fhlaitheas. Tha inbhe Ceannard-mara sa Chabhlaich Rìoghail, Seanailear san Arm agus Àrd Mharasgal an Adhair ann am Feachd Rìoghail an Adhair aig A' Phrionnsa cuideachd. Bidh Am Prionnsa a' dèanamh in-shealbhachadh aig Lùchairt Bhuckingham (rinn e naoi ann an 2009-10), agus cuideachd bidh e a' frithealadh chruinneachaidhean stàite às leth Na Banrigh. Tha Oifis an Eachraiche an urra ri bhith ag ullachadh nan co-gheallaidhean sin.

Tha a bhith a' toirt aoigheachd oifigeil na phàirt cudromach de dh'obair Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirne. An-uiridh thug iad aoigheachd do 9,396 aoigh aig Taigh Chlarence agus àiteachan-còmhnaidh Rìoghail eile. Tha a bhith a' coinneachadh ri aoighean oifigeil agus uaislean cèin, agus a' toirt dinnearan agus chonsairtean don fheadhainn a tha an sàs ann an carthannais A' Phrionnsa agus na Ban-diùc an lùib nan tachartasan seo. Thug Am Mòrachd Rìoghail seachad 115 cuirm, co-chonaltradh, lòn agus dinnean ann an 2009-10. Airson cuirmean agus dinnearan nas motha, tha manaidsearan tachartais a-muigh a' dèiligeadh ri planadh agus ullachadh rianachd agus còcaireachd.

Feumaidh a' chuid as motha den luchd-obrach a bhios a' stiùireadh 's ag ullachadh nan tachartasan seo a bhith ris an obair seachd làithean san t-seachdain, 's a' mhòr-chuid de fheasgaran, le seachdain air/seachdain dheth mu seach. Thathar a' cur cosgais luchd-obrach a chuidicheas Am Prionnsa agus A' Bhan-diùc ann an dreuchd neo-oifigeil ri caiteachas neo-oifigeil. Bidh buidhealairean ag obair mar 'aghaidh an taighe' dom Mòrachd Rìoghail, a' coinneachadh ri aoighean, ag ullachadh dheochan agus a' cur seòmraichean air dòigh. Bidh iad ag obair an com-pàirt ri na manaidsearan taighe, a bhios a' cumail sùil air obair agus glanadh an taighe, 's ri na còcairean.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Tha aon bhuidealair air dleastanas fad na tìde. Tha gillean-coise is luchd-frithealaidh siubhail aig Prionnsa na Cuimrigh, a bhios ag obair mar dhithis seachdain mu seach gus a chuideachadh le èideadh oifigeil agus le a chuid aodaich fhèin, agus leis an iomadh iarrtas còmh-dhail agus siubhail. Nì na h-aon gillean-coise 's na fritheilichean car an aon obair don Phrionnsa Uilleam is don Phrionnsa Eanraig. Tha dithis de luchd-obrach aig a' Bhan-diùc a nì an aon obair dhi fhèin.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Tha Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirne a' cleachdadh an dachaigh aig Highgrove agus gu sònraichte Seòmar an Ubhal-ghoirt na ghàrraidhean, airson dleastanasan oifigeil agus aogheachd. Chaidh Seòmar an Ubhal-ghoirt a dhealbhadh agus a thogail leis A' Phrionnsa gu sònraichte airson aogheachd a thoirt do dh'aoghean oifigeil. Ann an 2009-10, bha e air a chleachdadh airson 15 cuirmean, co-chonaltraidhean agus brathan-ullachaidh airson còrr is 2,000 aigh, agus tha luchd-tadhail do na gàrraidhean a' faighinn deochan an sin. Tha aon den dà bhùth aig Highgrove ann cuideachd.

Formatted: Gaelic (Scotland)

An-uiridh, chaidh faisg air 34,000 neach timcheall a' ghàrraidh aig Highgrove, a' toirt an àireamh de luchd-tadhail iomlan don ghàrradh bho dh'fhosgail e don phoball ann an 1992 gu mu 244,000. Thug an luchd-tadhail eatarra gu saor-thoileach £315,000 gu buidhnean carthannais A' Phrionnsa. A thuilleadh orra sin, 's àbhaist don fheadhainn a bhios an làthair aig na cuirmean oifigeil samhraidh a bhith a' coimhead timcheall a' ghàrraidh. Bhon a tha rùn aige dualchas nàdair Bhreatainn a ghleidheadh, tha Am Prionnsa a' cleachdadh a' ghàrraidh mar àrainn gus caochladh lus an shithheanan agus chraobh a th' ann an cunnart a ghleidheadh is tha e an dòchas gum faic an fheadhainn a bhios a' tadhal air na buannachdan a tha an lùib rianachd nàdarra air fearann agus gairnealaireachd fàs-bheairteach.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Chaidh prìs a chur air turais gàrraidh aig Highgrove sa Mhàrt 2010, coltach ri àiteachan còmhnaidh Rìoghail eile a tha fosgailte don phoball. Tha an t-airgead bho na turais sin air an toirt do Stèidheachd Carthannais A' Phrionnsa. Faodaidh luchd-tadhail tiogaidean a cheannach airson tursan gàrraidh a' cleachd goireasan tiogaid a' Chruinneachadh Rìoghail.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Tha oileanaich gairnealaireachd agus luchd-rannsachaidh ag obair sa ghàrradh feadh na bliadhna agus tha Am Prionnsa cuideachd a' fastadh sgioba gairnealair. Seach gum bi an gàrradh ga chleachdadh sa mhòr-chuid airson luchd-tadhail poblach, bidh a' chuid as motha de chosgaisean a' ghàrraidh air an cur fo chaiteachas oifigeil (ged a phàighear airson chosgaisean oifigeil agus pearsanta à teachd-a-steach prìobhaideach A Mhòrachd Rìoghail). Tha an còrr, a thathar a' gabhail ris a bhith a' tighinn às an fheum a bheir Am Prionnsa agus A' Bhan-diùc às a' ghàrradh dhaibh fhèin, air a chur fo chaiteachas pearsanta.

Tha Luchd-frithealaidh (a chumas suas uidheam oifise agus a tha an urra ri stuth, pàipearachas agus carbadan a chur air dòigh) agus Luchd-fàilteachaidh anns an Roinn aig Maighstir na Muinntireachd Rìoghail agus tha uallach oirre airson slàinte 's sàbhailteachd. Tha an Roinn cuideachd an urra ri tèarainteachd is dìomhaireachd an cobhann ris a' Phoileas Chathrach.

#### Carthannais A' Phrionnsa

Tha Oifis nam Buidhnean-carthannais fo rianachd aig Stiùiriche nam Buidhnean-carthannais, le taic bho Leas-stiùiriche. Tha na cosgaisean aig Oifis nam Buidhnean-carthannais air am pàigheadh le Stèidheachd Carthannais A' Phrionnsa.

'S e prìomh uallach na h-Oifise taic agus comhairle a thoirt do na carthannais air cheistean mar riaghladh corporra, poileasaidh mu thabhartasan agus togail-airgid, dealbhachadh. ionmhas agus conaltradh.

Bidh Oifis nan Carthannais a' cur conaltradh air dòigh eadar na carthannais cuideachd, a' cuideachadh le cur-an-dreuchd Chathraichean is Urrasairean agus a' cumail sùil air beachdan is air tionnsgnaidhean ùra. Bidh Oifis nan Carthannais cuideachd a' stiùireadh pròiseact a' Phrionnsa Cunntasachd airson Seasmhachd. Pròiseact Choilltean-uisge a' Phrionnsa agus Aonad Seasmhachd Eadar-nàiseanta A' Phrionnsa.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

## TURSAN BLIADHNAIL

Bidh Am Prionnsa agus A' Bhan-diùc a' gabhail grunn thurais a dh'Alba agus don Chuimrigh a h-uile bliadhna, agus a thuilleadh air an sin tha iad a' fuireach airson seachdain obrachaidh aig Lùchairt Thaigh an Ròid ann an Dùn Èideann agus aig an dachaigh ann an Llwynywermod sa Chuimrigh. Thàinig cosgais nan turais bhliadhnail na b' fhaide seo, a bhuineas do dh' fhàilteachadh agus dìnnearan air a' chuid as motha, gu £23, 761 ann an 2009-10 agus thathar ga chur fo chaitheachas 'aoigheachd oifigeil'.

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

### COSGAISEAN OIFIGEIL AIR AN SGRÙDADH A RÈIR SEÒRSA CAITEACHAIS

Thathar air an caiteachas a sgrùdadh agus a mhineachadh sna h-earrainnean roimhe seo a rèir roinne. Sa chlàr seo a leanas tha sgrùdadh air caiteachas air dleastanasan oifigeil agus air obair-charthannais a rèir seòrsa.

Bliadhna gu ruige 31 Màrt

£000an

£000an

2010

2009

Cosgaisean luchd-obrach

6,303

6,244

Formatted: Gaelic (Scotland)

Ullachadh, fastadh agus sochair luchd-obrach

174

230

Formatted: Gaelic (Scotland)

Siubhal agus teachd-an-tìr (cosgais charbad san àireamh)

229

308

Faraidhean comhairle agus dreuchdail air an taobh a-muigh

141

171

Aoigheachd agus fàilteachadh oifigeil

252

527

Tabhartasan agus tiodhlacan

78

66

Goireasan

193

182

Ionadan-còmhnaidh agus oifisean nach eilear a' pàigheadh

545

703

Formatted: Gaelic (Scotland)

às an Tabhartas-mar-Chuideachadh

116

89

Formatted: Gaelic (Scotland)

Seirbheis nam meadhanan is seirbheisean fiosrachaidh

186

218

Pàipearachas agus uidheam oifise

364

347

Formatted: Gaelic (Scotland)

Coimpiutairean agus siostaman fiosrachaidh

122

105

Formatted: Gaelic (Scotland)

Taigheadas agus glanadh oifisean

58

45

Formatted: Gaelic (Scotland)

Àrachas

125

65

Formatted: Gaelic (Scotland)

Gàrraidhean

173

180

Formatted: Gaelic (Scotland)

Ìsleachadh

**Suim**

**9,059**

**9,480**

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

## CUNNTAS SEASMHACHD

Tha a' Mhuinntireachd air gabhail ri Frèam Aithisge Co-cheangailte, a chaidh a leasachadh le Pròiseact Cunntasachd airson Seasmhachd aig A' Phrionnsa, a chum aithris a thoirt air mar a thathar a' coileanadh seasmhachd. Le bhith a' toirt ri chèile fiosrachadh air ionmhas, àrainneachd agus coimhearsnachd, tha am frèam a' toirt clàr nas iomlain air coileanadh agus cor buidhne.

Tha prìomh bhuidhean seasmhachd na Muinntireachd mar thoradh air obair Am Mòrachdan Rìoghail le daoine, coimhearsnachdan agus buidhnean, gnìomhan gus sgaoileadh ghasaichean taigh-glainne air sgàth siubhail, teasachadh agus solais a lùghdachadh, agus tuathanachas seasmhach aig Highgrove.

### Coimhearsnachdan

Tha taic do dhaoine, choimhearsnachdan agus buidhnean na pàirt chudromach de lèirsinn agus obair A' Phrionnsa agus na rùn ro chudromach do a prògram charthannais agus cho-gheallaidhean.

Bliadhna gu 31 Am Màrt	2010 £m	2009 £m	2008 £m	2007 £m
Maoin air a thogail airson Carthannais a' Phrionnsa	110	130	122	110
Caiteachas air dleastanasan oifigeil agus gnìomhachdan carthannach	9.1	9.5	8.0	7.3
Cisean pàighte gu h-iomlan	4.0	3.6	3.9	3.8
Àireamh iomlan de cho-gheallaidhean oifigeil	755	743	671	688

Tha maoin a th' air a togail airson Carthannais A' Phrionnsa agus caitheachas agus cisean ag atharrachadh a rèir suidheachaidhean eaconamach agus eile. Tha a h-uile co-ghealladh a bhios Am Mòrachdan Rìoghail a' gabhail os làimh le chèile no fa leth san RA agus thall thairis an lùib na h-àireamh iomlain de cho-gheallaidhean oifigeil.

Tha Carthannais A' Phrionnsa a' riochdachadh, mar bhuidheann, an iomairt charthannais ioma-adhbhair as motha san RA. Tha mòran de dh'obair Charthannais A' Phrionnsa ag amas air a bhith a' cruthachadh, a' leasachadh agus a' neartachadh choimhearsnachdan.

Air an aon ràmh, thathar an dùil gum bi co-gheallaidhean Am Mòrachdan Rìoghail a' foillseachadh sàr-mhathas agus coileanadh ann an coimhearsnachdan air feadh gach earrann den chomann-shòisealta. Le sin, bheirear daoine còmhla mar chùl-taic do dh'iomairtean agus oidhirpean stèidhichte air coimhearsnachd agus bithear a' meudachadh 's a' gleidheadh nòsan do bheil an sluagh coitcheann uile a' toirt spèis ann an co-chomann a chèile. Bidh iad cuideachd nam meadhan a bhrosnaicheas aonachd agus co-cheangal ionadail agus nàiseanta.

### An àrainneachd

Tha Muinntireachd Am Mòrachdan Rìoghail a' strì ri a sgaoilidhean gualain a' lùghdachadh. Nithear seo le bhith a' lùghdachadh cleachdadh lùth agus le bhith a' cleachdadh barrachd lùth ath-nuadhachail.

#### Sgaoilidhean gasaichean Taigh-glainne

Bliadhna gu 31 Am Màrt	2010	2009	2008	2007
Sgaoileadh CO <sub>2</sub> e	tunnaichean	tunnaichean t	tunnaichean	tunnaichean
Lùth – teasachadh agus solais	484	530	656	917
Siubhal oifigeil agus eile san RA	755	818	1,177	1,579
Sgaoilidhean às leth na Muinntireachd	1,239	1,348	1,833	2,496
Sgaoilidhean às leth siubhal oifigeil thall thairis	1,479	1,253	962	929
Sgaoilidhean CO <sub>2</sub> e na Muinntireachd	2,718	2,601	2,795	3,425
An Tac aig Highgrove	2,044	2,377	2,422	2,322
Sgaoilidhean iomlan	4,762	4,978	5,217	5,747
Caithteachas	£000an	£000an	£000an	£000an
Caithteachas cuidhteachadh gualain	25	25	23	19
Tasgadh gus sgaoilidhean a lùghdachadh	17	70	498	154

Tha tasgadh gus sgaoilidhean a' lùghdachadh a' gabhail a-steach caithteachas calpa leis a' Mhuinntireachd agus bho na Seirbheisean Thogalaichean Tabhartas-Mar-Chuideachadh. Thathar air na h-àireamhan ath-thaisbeanadh gus riadh air pròiseactan calpa a ghabhail a-steach far a bheil sin iomchaidh.

Thuit sgaoididhean taigh-glainne bhon Mhuinntireachd Rìoghail agus an Taca uile am-bliadhna. Than na h-earrannan a leanas a' mineachadh nam prìomh adhbharan airson an atharrachaidh. Chaidh sgaoididhean bho stòran fo smachd na Muinntireachd a lùghdachadh ochd sa cheud. Chaidh seo a chuidteachadh le àrdachadh ann an siubhal oifigeil thall thairis às leth an Rìghaltais, a tha air taobh a-muigh smachd na Muinntireachd. Tha seo a' ciallachadh nach deach na sgaoididhean iomlan a lùghdachadh ach ceithir sa cheud.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Chaidh targaid a shuidheachadh ann an 2007 gus sgaoididhean a lùghdachadh, às aonais an Taca aig Highgrove, 25 sa cheud ro 2012. Chaidh lùghdachadh 21 sa cheud a chòileanadh ro 2010. Chaidh an Taca fhàgail às oir cha robh na figearan air a shon rim faotainn ann an 2007.

Formatted: Gaelic (Scotland)

#### Siubhal

Bliadhna gu 31 Am Màrt	2010	2009	2008	2007
Sgaoididhean CO <sub>2</sub> e	tunnaichean	tunnaichean	tunnaichean	tunnaichean
Siubhal oifigeil thall thairis	1,479	1,253	962	929
Siubhal oifigeil san RA san adhair agus air an rèile	287	405	466	565
Siubhal oifigeil gu h-iomlan	1,766	1,658	1,428	1,494
Siubhal eile	468	413	711	1,014
Sgaoididhean CO <sub>2</sub> e bho shiubhal	2,234	2,071	2,139	2,508
Caithteachas	£000an	£000an	£000an	£000an
Caithteachas air siubhal adhair agus rèile oifigeil	692	1,710	1,157	1,485

Gheibhear an tuilleadh fiosrachaidh air siubhal oifigeil air taobh-duilleig 42. Tha a h-uile seòrsa siubhal luchd-obrach agus siubhal prìobhaideach am Mòrachdan Rìoghail an lùib "siubhal eile".

Tha a' mhòr-chuid de ghualan a tha air a sgaoididhean le siubhal air sgàth turais cèin le Am Mòrachdan Rìoghail air iartais bho Oifis nan Dùthchannan Cèin agus a' Cho-fhlaitheis. Air sgàth grunnan turais Eòrpach (nam measg don Danmhairc, An Fhraing, A' Ghearmailt, A' Phòlainn, Poblachd nan Seic agus don Ungair) agus dà thuras fada a-null thairis (gu Canada agus Afganastan) bha àrdachadh 18 sa cheud ann an sgaoididhean am-bliadhna.

Thuit truailleadh bho shiubhal oifigeil san RA san adhair agus air rèile, a tha fo smachd dhìreach na Muinntireachd, 29 sa cheud air sgàth a bhith a' cleachdadh phlèanaichean nas èifeachdaiche agus a' atharrachadh an Trèana Rìoghail gu bhith a' ruith air bith-dìosal a tha air a dhèanamh à ola còcaireachd caithe.

Formatted: Gaelic (Scotland)

Gus cuideachadh le buaidh siubhal eile na Muinntireachd, tha càraichean A' Phrionnsa a' ruith air bith-connadh air an dèanamh à ola còcaireachd caithe agus fion a bharrachd. Thathar a' brosnachadh luchd-obrach gus còmh-dhail poblach a chleachdadh far a bheil sin iomchaidh agus tha goireasan ann do luchd-obrach a tha a' tighinn a dh'obair air baidhsagal no den cois.

#### Teasachadh agus solais

Bliadhna gu 31 Am Màrt	2010	2009	2008	2007
Cleachdadh lùth	MWh	MWh	MWh	MWh
Dealan – a' tighinn bho chonnadh fosail	267	272	386	788
Teasachadh – gas agus ola	1,740	1,910	2,100	2,125
Suim a' tighinn bho chonnadh fosail	2,007	2,182	2,486	2,913
Dealan – stòran ath-nuadhachail	527	504	383	29
Teasachadh – stòran ath-nuadhachail	1,008	825	79	–
Suim bho stòran ath-nuadhachail	1,535	1,329	462	–
Cleachdadh lùth gu h-iomlan	3,542	3,511	2,948	–
Sgaoididhean CO <sub>2</sub> e bho teasachadh agus solais	tunnaichean	tunnaichean	tunnaichean	tunnaichean
	484	530	656	917
Caithteachas air lùth	£000s	£000s	£000s	£000s
	196	187	150	153

Tha cleachdadh teas ath-nuadhachail air a thuairmse a' cleachdadh diofar leughaidhean meatair, cleachdadh connaidh agus àireamhachadh teasachadh àite.

Formatted: Gaelic (Scotland)

**SEE NEXT PAGE FOR LEFT-HAND SIDE TEXT**

## FOR LEFT-HAND SIDE OF PAGE 51 (English PDF)

Sgaoilidhean CO<sub>2</sub>e (Tunnaichean)  
Briseadh sìos de sgaoilidhean CO<sub>2</sub>e airson siubhal

Formatted: Gaelic (Ireland)

Siubhal eile  
Siubhal oifigeil san RA san adhair agus air rèile  
Siubhal oifigeil a-null thairis

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Tha sgaoilidhean gualain 2010 air an obrachadh a-mach a rèir Poileasaidh Aithisge Gualan na Muinntireachd agus tha sgaoilidhean na Muinntireachd air a bhith air an dearbhadh gu neo-eisimeileach.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig [www.princeofwales.gov.uk](http://www.princeofwales.gov.uk)  
2007

### Cleachdadh lùth a rèir stòras (MWh)

Teasachadh – stòrasan ath-nuadhachail  
Dealan - stòrasan ath-nuadhachail  
Teasachadh – gas agus ola  
Dealan – air fhaighinn bho chonnadh fosail

51 | SGRÙDADH BLIADHNAIL AMR 2010

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Tha Muinntireachd an Teaghlach Rìoghail ag amas air a sgaoidhean gualain bho chleachdadh lùth a lùghdachadh le bhith ag àrdachadh lùth-èifeachdas agus tro bhith a' cleachdadh barrachd lùth ath-nuadhachail. Ann an 2009-10 chaidh a thuairmse gun deach 43 sa cheud (2008: 38 sa cheud) de lùth airson teasachadh agus solais fhaighinn bho stòrasan ath-nuadhachail. Nam measg sin bha sliseagan fiodha, dealan bho stòrasan ath-nuadhachail agus teas bho pumphaichean teas èadhair agus talmhainn.

Tha Muinntireachd an Teaghlach Rìoghail cuideachd air an luchd-obrach a chuideachadh le lùghdachadh am buaidh le bhith a' cur a-steach pumphaichean teas stòras-talmhainn ann an taighean an luchd-obrach air oighreachd Highgrove agus le bhith a' toirt comhairle do luchd-obrach tron Urras Sàbhaladh Lùth rè Seachdain Sàbhaladh Lùth.

Ann an 2010-11 tha dùil aig Muinntireachd an Teaghlach leantainn oirre a' lùghdachadh eisimeileachd air connadh fosail le bhith a' cleachdadh barrachd pumphaichean stòrasan èadhair agus talmhainn agus le bhith a' cur an sàs panalan grèine fotobholtaic.

#### Stòrasan nàdair

Tha a' Mhuinntireachd ag amas air feum mhòr a dhèanamh de na stòrasan a tha air an toirt dhuinn le calpa nàdarach nam measg sin uisge ùr, stuthan amh agus an comas air sgudal agus truilleadh ionnanachadh.

#### Sgudal

Chuir a' Mhuinntireachd air chois tional sgudal bìdh fa-leth am-bliadhna gus lùghdachadh a thoirt air an t-suim sgudail a bha a' dol gu lionadh-fearainn. Tha rùsgan glasraich, cnàmhan bheathaichean agus a' chuid as motha de chorrann bìdhe eile air an tional le iomairt sòisealta ionadail agus air an tionndadh gu tothar gàrraidh do bhuidhnean coimhearsnachd agus airson a chleachdadh air lotaichean ann an ceann a deas Lunnainn gus torradh bìdh sheasmhach àrdachadh.

Tha diofar stuthan air an tional airson ath-chuairteachadh aig gach ionad-còmhnaidh, a' toirt tuilleadh sgudail air falbh bho lionadh fearainn.

#### Uisge

Bliadhna gu 31 Am Màrt	2010	2009	2008	2007
Cleachdadh uisge	m <sup>3</sup>	m <sup>3</sup>	m <sup>3</sup>	m <sup>3</sup>
Cleachdadh uisge air a thomhas gu h-iomlan	5,926	4,773	8,113	7,548

	£000an	£000an	£000an	£000an
Caitheachas air uisge	16	13	15	13

Tha tomhas caitheamh uisge air a dhol suas am-bliadhna oir tha uisge air a chleachdadh aig Llwynywermod ann a-nis.

Tha diofar cheumannan ann airson uisge giollaichte prìomh phìoban a lùghdachadh, a leithid a bhith a' cruinneachadh uisge às an adhair agus ath-chuairteachadh uisge glas aig Highgrove agus Birkhall. Tha uisge gòc siolaichte air àite uisge ann am botail a ghabhail aig coinneamhan. Tha stuthan glanaidh bith-mhillidh càirdeil don àrainneachd gan cleachdadh cuideachd gus truilleadh uisge a lùghdachadh.

Formatted: Gaelic (Scotland)

#### Cleachdadh pàipeir

Bliadhna gu 31 Am Màrt	2010	2009	2008	2007
Cleachdadh pàipeir cg cg cg cg				
Cleachdadh pàipeir gach ball den luchd-obrach (FTE) 35		46	44	56

Tha buill den luchd-obrach air am brosnachadh gus clò-bhualadh agus dèanamh leth-bhreacan a lùghdachadh agus gus clò-bhualadh dà-thaobhach a chleachdadh cho fada 's a ghabhas. Bithear ag òrdachadh pàipear ath-chuairtichte agus nithean oifis eile a tha càirdeil don àrainneachd nuair a bhios iad rim faotainn.

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

## An Taca

Tha ùir fallain, beò na phàirt cudromach de chalpa nàdarraich na Talmhainn. Tha làimhseachadh cùramach riatanach a thaobh fàs, buan bìdh agus airson 's gum faod ùir leantainn air a' stòradh tòrr gualain. 'S e measgachadh de mhèinnearan agus gualain agus fuigheall bheathaichean as motha a th' ann an ùir. Tha ùir fallain a tha air a chumail suas gu math a' toirt taic do fàs lusan gun feum air connadh fosail dian a bhith air a chur ann.

Tha nòsan tuathanachais traidiseanta agus seasmhach, a leithid cuairteachadh bàrr a thathar a' cleachdadh air an Taca bho chionn còrr agus 25 bliadhna a' meudachadh ùir fallain agus, le bhith ag obair le nàdair, tha e na chuideachadh gus an calpa nàdarraich a dhìon agus fheabhasachadh.

Tha beathaichean mar mhairt-feòla nam pàirt cudromach de chuairteachadh bàrr. Tha na h-achaidhean a' cleachdadh lùth na grèine gus gualain dà-ogsaid agus uisge a thionndadh gu lùth ann an cumadh feòir, clòbhair agus lusan eile. 'S e seo an diathad nàdarraich do chroth, a tha a' cur seachad mu leth na bliadhna a-muigh. Chan e a-mhàin gu bheil an dòigh-beatha seo nas fheàrr don chroth ach tha an todhar, còmhla ri clòbhair a tha a' stèidheachadh naitrodean, a' toirt torrachd don ùir airson bàrr cuairteachaidh a leithid cruithneachd agus coirce.

Le bhith a' toirt todhar chruidh agus stuthan-lusan a-steach don ùir an dèidh an ìre togail-torachais, faodaidh suimean mòra gualain a bhith air an stòradh, a' lùghdachadh sgaoilidhean ghasaichean taigh-glainne gu h-iomlan. Tha sgaoilidhean iomlan air an lùghdachadh barrachd bho nach eilear a' cleachdadh todhar fuadain làn connadh fosail agus puinnseanan bhiastagan.

Tha dòighean stiùireadh fearainn leithid an fheadhainn a tha air an cleachdadh air an Taca a' cur barrachd gualain ris anns a' chiad chorrà dheichead. Tha an Taca air a bhith air a ruith air stèidh fàs-bheairteach airson grunn dheicheadan agus thathas a' meas gu bheil a' chuid as motha den stòradh gualain air tachairt mu thràth, le dòighean tuathanachais fhathast a' cuideachadh dìon stocan gualain. Tha a bhith a' cumail suas callaidean agus iomall achaidhean cuideachd ag àrdachadh a' ghualain a tha air a stòradh an dà chuid anns an ùir agus anns na lusan os cionn na talmhainn. Tha an clàr gu h-ìosal a' toirt tuairmse air cleachdadh lùth agus sgaoilidhean taigh-glainne co-cheangailte ris an Taca; mus do ghabh sinn cunntas air an stòradh a bharrachd seo. 'S e rud ùr a th' ann a bhith a' toirt tuairmse agus iomradh air sgaoilidhean tuathanais.

Bliadhna gu 31 Am Màrt	2010	2009	2008	2007
Sgaoilidhean CO <sub>2</sub> e	tonnaichean tunnaichean tunnaichean tunnaichean			
Cleachdadh lùth	309	335	324	310
Beathaichean agus todhar	1,808	2,043	2,083	1,941
Bàrr agus stòran eile	76	148	164	220
CO <sub>2</sub> glacte ann am fearann coillteach	(149)	(149)	(149)	(149)
Sgaoilidhean CO <sub>2</sub> e iomlan	2,044	2,377	2,422	2,322
Lùth	MWh	MWh	MWh	MWh
Caitheamh lùth	1,053	1,100	1,078	994
Stòrasan nàdarraich eile	Mt	Mt	Mt	Mt
Caitheamh uisge, 000an liotairean	13,873	15,936	15,692	19,570

Tha na figearan airson 2007 agus 2009 air an ath-thaisbeanadh gus poileasaidhean cunntasachd a chur a rèir a chèile, gus factaran atharrachail a cheartachadh a th' air an cleachdadh airson dìosail agus dealan agus gus tuairmsean ùra air caitheamh lùth a chur an sàs.

'S e an dìosail a tha tractaran a' cleachdadh ann an treabhadh a tha an lùib cuid mhath de chleachdadh lùth agus bìdh seo ag atharrachadh gach bliadhna a rèir buaidh na sìde (ùir fliuch no tioram) agus a rèir nan dòfar ìrean de chuairteachadh bàrr. Chaidh crann treabhaidh "min till" a chur an sàs am-bliadhna agus thathar an dùil gun lùghdaich e an dìosail a thathar a' cleachdadh le bhith a' lùghdachadh na tha de dh'ùir air a thionndadh rè an treabhaidh. Tha innealan iomlaid-teas lùth-èifeachdach agus teas tearmach grèine a' cuideachadh le lùghdachadh cleachdadh dealain san taigh-bainne.

Tha sgaoilidhean air tuiteam aig an taca air sgàth atharrachaidhean ann am meud an treud bhainne agus cur aoil air na h-achaidhean. Tha meudachadh bith-iomadachd na phrìomh phàirt de ar tuathanachas fàs-bheairteach. Tha callaidean agus iomallan feòir a' toirt àrainnean do chreachadairean nàdair a tha a' cuideachadh gus smachd a chumail air biastagan agus tha iad nan tèarmann do dh'fhìadh-bheatha. Chan eil puinnseanan bhiastagan fuadain, a dh'fhaodas buaidh a thoirt air fiadh-bheatha cho math ri biastagan air an cleachdadh.

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

## CO<sub>2</sub>e (Tunnaichean) An Taca

Sgaoilidhean (agus stòradh )CO<sub>2</sub>e ann an tunnaichean  
Le prìomh stòrasan/sink.

- Caitheamh lùth
- Beathaichean agus todhar
- Bàrr agus stòrasan eile
- CO<sub>2</sub>e glacte ann am fearann coillteach

# EÀRR-RÀDH

## CÙRAMAN NAN CEANNARDAN STIÙIRIDH

### Sir Micheal Peat

*Prìomh Rùnaire Priobhaideach*

- An urra ris a' Mhuinntireachd agus an Oifis
- Gnothaichean bun-reachdail, stàite agus sheirbheisean
- An Eaglais (an Eaglais Chaitligeach Ròmanach san àireamh)
- Cathraiche air The Prince's Charities Foundation
- Diùcachd na Còirne
- Duchy Originals Limited
- Na h-Oighreachdan Priobhaideach
- Pròiseact Choilltean-uisge a' Phrionnsa
- Cathraiche air Urras Àrd-stiùbhard Thaigh Dhùn Phris an Alba

### Mark Leishman

*Rùnaire Priobhaideach*

- Stiùireadh na h-Oifise Priobhaidich
- Poileasaidh prògram agus a' cumail sùil air co-gheallaidhean
- Alba
- Slàinte
- Foghlam

### Comann-dair Sgèithe Richard Pattle

*Maighstir Muinntireachd an Teaghlaich Rìoghail*

- Marasgladh a' chlàr-ama is solarachd
- Oifis an Eachraiche
- Stiùireadh air fàilteachadh is aoigheachd
- Sgiobachd agus luchd-obrach taigheasach
- Na h-ionadan-còmhnaidh 's na gàrraidhean
- Tèarainteachd is dìomhaireachd
- Uallach Sòisealta

### Leslie Ferrar

*Ionmhasair le cuideachadh bho Chlara Pearce, Rianadair Ionmhais agus Leas-ionmhasair, Polly McGivern, Ionmhasair-cuideachaidh (Lagh is Malairt), Mimi Watts, Ceann Sgiobachd is Rianachd, agus David Hutson, Ionmhasair-cuideachaidh is Rianadair nan Clàr*

- Uallach airson gnothaichean ionmhais, cunntasachd agus tasgaidh
- Sgiobachd
- Teicneòlas-fiosrachaidh
- Cunntasan
- Tasglainn agus rianachd chlàran
- Foillseachadh, gnothaichean malairt, cùnnraidh is lagha
- Cathraiche air A G Carrick Earranta
- Stiùiriche Duchy Originals agus Traditional Arts Earr.
- Marasgladh ionmhais aig Carthannais a' Phrionnsa
- leis an Stiùiriche, The Prince's Charities
- Urras Carthannas nan Stàitean Aonaichte
- An Tac

### Paddy Harverson

*Rùnaire Conaltraidh, le cuideachadh bho Phatrick Harrison*

*Rùnaire nam Meadhanan*

- Gnothaichean nam meadhanan uile airson Prionnsa
- Na Cuimrigh, Ban-diùc na Còirne, nam Prionnsaichean Uilleam agus Eanraig agus Diùcachd na Còirne

### Clive Alderton

*Rùnaire Priobhaideach airson Cùisean Cèin agus a' Cho-fhlaitheis*

- Cùisean Cèin agus a' Cho-fhlaitheis, agus tursan a-null thairis
- Leasachadh eadar-nàiseanta
- Coimhearsnachdan mion-shlòigh, cinneachail agus creideimh
- Na Poilis
- Sgoil Ealain Traidiseanta a' Phrionnsa
- Gnothachas Eadar-nàiseanta Òigridh a' Phrionnsa
- Urras Àisianach Bhreatainn
- Stèidheachd Turquoise Mountain, Afganastan

### Manon Williams

*Rùnaire Priobhaideach na Cuimrigh*

- A' Chuimrigh, agus buidhnean Cuimreach a' Phrionnsa
- An àrainneachd thogte, agus Stèidheachd a' Phrionnsa don Àrainneachd Thogte
- Dualchas, agus Urras Ath-ùrachaidh a' Phrionnsa
- Sgoil Tarraing a' Phrionnsa
- Na h-Ealain, le Ealain & Gnothachas agus Stèidheachd a' Phrionnsa do Chloinn & na h-Ealain
- PRIME-Cymru

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Ireland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

Formatted: Gaelic (Scotland)

<p><b>Benet Northcote</b>  <i>Leas-rùnaire Priobhaideach</i>  - Gnothachas cunntachail, a' gabhail a-steach Gnothachas sa Choimhearsnachd, Prògram a' Phrionnsa Gnothachas agus an Àrainneachd, In Kind Direct agus Buidheann Stiùirichean Corporra na RA air Atharrachadh Gnàth-shìde  - Àiteachas agus cùisean dùthchail  - An àrainneachd nàdarra agus iasgach</p>	<p><b>Màidsear Will Mackinlay</b>  <i>Eachraiche</i>  - Na Feachdan Armaichte agus Seann Saighdearan  - Prògram, leabhar-là, siubhal agus solarachd  - In-sealbhachadh  - Seirbheisean Èiginn  - Spòrs, luchd-rannsachaidh siubhail</p>	<p>Formatted: Gaelic (Ireland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Ireland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Ireland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Ireland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Ireland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Ireland)</p>
<p><b>Amanda MacManus</b>  <i>Rùnaire Priobhaideach Cuideachaidh (pàirt-thìde)</i>  - Eagrachadh agus co-òrdanachadh air gnothaichean, obair-charthannais agus leabhar-là Ban-diùc na Còirne</p>	<p><b>Virginia Carington</b>  <i>Leas-cheannard na Muinntireachd</i>  - An Cruinneachadh Rìoghail  - Litrichean pearsanta agus coinneamhan pearsanta</p>	<p>Formatted: Gaelic (Scotland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Scotland)</p>
<p><b>Joy Camm</b>  <i>Rùnaire Priobhaideach Cuideachaidh (pàirt-thìde)</i>  - Eagrachadh agus co-òrdanachadh air gnothaichean, obair-charthannais agus leabhar-là Ban-diùc na Còirne</p>	<p><b>Jamie Lowther-Pinkerton</b>  <i>Rùnaire Priobhaideach don Phrionnsa Uilleam 's don Phrionnsa Eanraig</i>  - Toirt comhairle do na Prionnsan mu dhreuchdan, taic airson carthannais agus gnothaichean eile agus cur air dòigh co-gheallaidhean oifigeil</p>	<p>Formatted: Gaelic (Scotland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Scotland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Scotland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Scotland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Scotland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Scotland)</p>
<p><b>Sophie Densham</b>  <i>Rùnaire Priobhaideach Cuideachaidh</i>  - Eagrachadh agus co-òrdanachadh air gnothaichean, obair-charthannais agus leabhar-là Ban-diùc na Còirne</p>	<p><b>CARTHANNAIS A' PHRIONNSA</b>  <b>Sir Tom Shebbeare</b>  <i>Stiùiriche, Carthannais A' Phrionnsa</i>  - Ro-innleachd agus co-òrdanachadh, Buidhnean-carthannais A' Phrionnsa, togail-airgid agus riaghladh gu h-àraidh  - Àrd-stiùiriche air Stèidheachd Carthannais a' Phrionnsa</p>	<p>Formatted: Gaelic (Scotland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Scotland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Scotland)</p>
<p><b>Jonathan Hellewell</b>  <i>Rùnaire Priobhaideach Cuideachaidh</i>  - Urras a' Phrionnsa  - Ceann a Tuath na h-Èireann  - Ciorramachd  - Seann daoine, agus PRIME  - Roinn Conaltraidh, fo cheannas Claudia Holloway, Ceann Conaltraidh</p>	<p><b>Justin Mundy</b>  <i>Stiùiriche, Aonad Seasmhachd Eadar-nàiseanta A' Phrionnsa</i>  - Prògraman agus Pròiseactan Seasmhachd, nam measg Pròiseact Coilltean-uisge A' Phrionnsa agus Pròiseact Cunntasachd airson Seasmhachd A' Phrionnsa  - A' cumail sùil air agus a' co-òrdanachadh airson obair eadar-nàiseanta Carthannais A' Phrionnsa, nam measg an fheadhainn a tha ag obair ann an Sìona, na h-Innseachan, Romania agus Afganastan</p>	<p>Formatted: Gaelic (Scotland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Ireland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Ireland)</p>
<p><b>Sarah Kennedy-Good</b>  <i>Rùnaire Priobhaideach Cuideachaidh</i>  - An Co-fhlaitheas  - Coimhearsnachdan mion-shlòigh, cinneachail agus creideimh</p>	<p><b>Justin Mundy</b>  <i>Stiùiriche, Aonad Seasmhachd Eadar-nàiseanta A' Phrionnsa</i>  - Prògraman agus Pròiseactan Seasmhachd, nam measg Pròiseact Coilltean-uisge A' Phrionnsa agus Pròiseact Cunntasachd airson Seasmhachd A' Phrionnsa  - A' cumail sùil air agus a' co-òrdanachadh airson obair eadar-nàiseanta Carthannais A' Phrionnsa, nam measg an fheadhainn a tha ag obair ann an Sìona, na h-Innseachan, Romania agus Afganastan</p>	<p>Formatted: Gaelic (Scotland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Ireland)</p> <p>Formatted: Gaelic (Ireland)</p>
<p><b>Chantelle Naidoo</b>  <i>Rùnaire Priobhaideach Cuideachaidh</i>  - An Co-fhlaitheas  - Coimhearsnachdan mion-shlòigh, cinneachail agus creideimh</p>		

Formatted: French (France)

Formatted: French (France)

Formatted: French (France)

## CARTHANNAIS A' PHRIONNSA

'S e th' ann an Carthannais a' Phrionnsa eagrachaidhean nach bi ag obair airson prothaid air a bheil Prionnsa na Cuimrigh na Cheann-suidhe; Chaidh 18 de na 20 carthannas a chur air stèidh leis A' Phrionnsa fhèin.

Formatted: Gaelic (Scotland)

'S e a' bhuidheann an iomairt charthannais air iomadh cuspair as motha san Rìoghachd Aonaichte, a' togail còrr is £100 millean a h-uile bliadhna. Tha na h-eagrachaidhean an sàs ann an tòrr raointean, nam measg cothrom is iomairt, an àrainneachd thogte, gnìomhachas cunntachail, foghlam is slàinte. A bharrachd air seo, tha Am Prionnsa air sia iomairtean sòisealta a chur air chois a bheir an cuid phrothaidean do luchd-carthannais.

Tha na buidhnean-carthannais a' nochdadh feallsanachd fad-ùine is innleachdail Prionnsa na Cuimrigh 's bidh iad a' feuchainn ri aghaidh a chur ri easbaidhean nach deach dèiligeadh riutha fhathast.

Airson barrachd fhaighinn a-mach tadhlaibh air: <http://princescharities.org>

## COTHROM IS IOMAIRT

The Prince's Trust

[www.princes-trust.org.uk](http://www.princes-trust.org.uk) Fòn: +44 (0) 20 7543 1234

Freephone 0800 842 842

The Prince's Scottish Youth Business Trust

[www.psybt.org.uk](http://www.psybt.org.uk) Fòn: +44 (0) 141 248 4999

PRIME

[www.primeinitiative.org.uk](http://www.primeinitiative.org.uk)

[www.primebusinessclub.com](http://www.primebusinessclub.com) Fòn: +44 (0) 20 8765 7833

PRIME-Cymru

[www.prime-cymru.co.uk](http://www.prime-cymru.co.uk) Fòn: +44 (0) 1550 721 813

Formatted: French (France)

## FOGHLAM

The Prince's Drawing School

[www.princesdrawingschool.org](http://www.princesdrawingschool.org) Fòn: +44 (0) 20 7613 8568

The Prince's School of Traditional Arts

[www.psta.org.uk](http://www.psta.org.uk) Fòn: +44 (0) 20 7613 8500

The Prince's Teaching Institute

[www.princes-ti.org.uk](http://www.princes-ti.org.uk) Fòn: +44 (0) 20 3174 3106

The Prince's Foundation for Children & the Arts

[www.childrenandarts.org.uk](http://www.childrenandarts.org.uk) Fòn: +44 (0) 20 3326 2230

## AN ÀRAINNEACHD THOGTE

The Prince's Foundation for the Built Environment

[www.princes-foundation.org](http://www.princes-foundation.org) Fòn: +44 (0) 20 7613 8500

The Prince's Regeneration Trust

[www.princes-regeneration.org](http://www.princes-regeneration.org) Fòn: +44 (0) 20 7462 6440

Turquoise Mountain Foundation

[www.turquoisemountain.org](http://www.turquoisemountain.org) Fòn: +44 (0) 1764 655 226

The Great Steward of Scotland's Dumfries House Trust

[www.dumfries-house.org.uk](http://www.dumfries-house.org.uk) Fòn: +44 (0) 1290 425 959

Formatted: French (France)

Formatted: French (France)

Formatted: French (France)

Field Code Changed

Formatted: French (France)

## GNOTHACHAS CUNNTACHAIL

Business in the Community

[www.bitc.org.uk](http://www.bitc.org.uk) Fòn: +44 (0) 20 7566 8650

Scottish Business in the Community

[www.sbcscot.com](http://www.sbcscot.com) Fòn: +44 (0) 131 451 1100

The Prince of Wales International Business Leaders Forum

[www.iblf.org](http://www.iblf.org) Fòn: +44 (0) 20 7467 3600

In Kind Direct

[www.inkinddirect.org](http://www.inkinddirect.org) Fòn: +44 (0) 20 7714 3930

Arts & Business

[www.AandB.org.uk](http://www.AandB.org.uk) Fòn: +44 (0) 20 7378 8143

The Prince of Wales's Business & the Environment Programme

[www.cpi.cam.ac.uk/bep](http://www.cpi.cam.ac.uk/bep) Fòn: +44 (0) 1223 332 772

Formatted: French (France)

## SLÀINTE

The Prince's Foundation for Integrated Health  
[www.fih.org.uk](http://www.fih.org.uk) Fòn: +44 (0) 20 3119 3100

## IOMAIRT SHÒISEALTA

Duchy Originals  
[www.duchyoriginals.com](http://www.duchyoriginals.com) Fòn: +44 (0) 20 8831 6800  
North Highland Initiative  
Airson cheistean, cuiribh post-dealain gu:  
Robert Gray (argee6@hotmail.com)  
[www.mey-selections.com](http://www.mey-selections.com) (bathar)  
[www.northhighlandsscotland.com](http://www.northhighlandsscotland.com) (turasachd)

The Highgrove Shop  
[www.highgroveshop.com](http://www.highgroveshop.com) Fòn: +44 (0) 1666 505 243

Traditional Arts Ltd  
[www.traditionalarts.co.uk](http://www.traditionalarts.co.uk) Fòn: +44 (0) 20 7033 4950

Turquoise Mountain Arts  
[www.turquoisemountainarts.af](http://www.turquoisemountainarts.af) Fòn: +93 (0) 799 34 17 25

Formatted: French (France)

Formatted: French (France)

Formatted: French (France)

Formatted: French (France)

Field Code Changed

Formatted: French (France)

Formatted: French (France)



